

Glasgow University Special Collections

MS Gen 1363. Glasgow University Ossianic Society, Minute Book, Vol. 1 (1831-49)

[seo air a' chòmhdach]

Minute Book of the Ossianic Society

Duilleag aghaidh [seo ann am peansail]

co dhiu is motha tha do chumhachd

Ag gaol na beatha air gnaths.... mhic an duine

[ann an ince donn:]

Scottish Herald Newspapers 1st paper, July 20th 1844

[ann am peansail]

Mr Alasdair Mac an t-Saoir, Às...

Mr Mac na Cearda

Mr MacLeod

Mr Calum Mac an t-Saoir

Mr MacMhaoilein

Mr Mac a Chleirich

Donald M'Farlen

Niel M'Intyre against

Robert M'Taileir

Donald M'Fadyen for

[MS Gen 1363/1]

An Comunn Ossianach

1831-2

Air do na h-oileanaich o' Ghaidhealtach na h-Alba cruinneachadh an ceann a chéile, 'sa Bhliadhna so, ann an Oil-thigh Ghlaschuidh, agus air dhoibh an comhairle chuir ri cheile mu thiomchioll a bhuannachd a bhiodh dhoibh comunn a chuir air chois chum deasboireachd anns a chanain Ghaelach, choinnich iad air oidhche shonruichte chum Comunn Riaghluidh a roghnachadh agus an deigh do chuid dhiubh leudachadh air an tairbhe a dh' fhaodadh a sruthadh o' bhi deasboireachd anns a Ghaelic bha iadsan a leanas air an comharrachadh a mach gu bhi nan luchd – riaghlaidh a Chomuinn

Alastair Stiubhart o' Bhochuidir

Alastair Stiubhart o' Ghleanndaruell

Aonghas Mac a Mhaister o' Arrun

Domhnall Mac'ntSaoir

Iain MacLaurinn o Chanada

Iain Mac a Phearsain

Chaidh Alasdair Stiubhart a chomrarrachadh a-mach gu bhith na runchleireach agus Donnacha Cleireach gu bhi na Ionmhasair.

[MS Gen 1363/2]

Air an ath latha chaidh na Riaghailtean a leanas a tharraing a-mach leis an luchd-riaghlaidh agus air dhoibh bhi air an leughadh leis an Run-chleireach, bha iad air an lan dearbha leis a' Chomunn.

Na Riaghailtean

- I. Gum bu an Comunn so air ainmeachadh an Comunn Ossianach
- II. Nach bi h' aon sam bith na bhall de'n Chomunn so ach Oileanaich Ghaidhealch, agus iadsan a dh' fheudas a bhi air an gabhail a stigh leosan.
- III. Gum paigh gach neach air da bhi air a ghabhil stigh na bhall de'n Chomunn so ochd sgillinn-deug
- IV. Gun coinnich an Comunn so na h'uile Diluain air seachd-uairean a dh' oidhche.
- V. Gum bi bonn-cheist air a sonrachadh airson deasboireachd chum na h' ath-oidhche.
- VI. Gum bi fear caithreach, da oraidiche agus da fhear-fhreagart air an comharrachadh a-mach gach oidhche.
- VII. Gum bi neach air a chuir air leth gach oidhche chum oraid a sgrìobhadh air steigh sam bith a roghnuicheas e fein agus gum feum an oraid cheudna a bhi air a leughadh mun toisich na deasboireachd.

[MS Gen 1363/3]

- VIII. Mas e 's nach bi iadsan a lathair a bhitheas air an comharrachadh am mach chum labhairt theid sea sgillinn a dh' umhladh a chuir orra agus bithidh iadsan nach freagair nuair a theid an t' ainm-chlair a ghoirm, air an umhladh ann an "ceithir feoirinnean", agus bithidh an t-ainm chlair air a ghairm aig deich mionaidean an deigh seachd uairean.
- IX. Nach fheud ceist dhiadhaireach sam bith a bhi air a tabhairt air uchdair buird, agus nach fheud dearbhadh sam bith o'n Sgrìobtur a bhi air a thabhairt an aghaidh.
- X. Cha bhi coigrich sam bith air an leigeil stigh do'n Chomunn so.
- XI. Feumaidh gach neach air dha a bhi air a dheanamh na bhall de'n Chomunn so a bhi umhal do na riaghailtean.
- XII. Feumaidh gach neach a bhi fo cheannsal do fhear na-caithreach, agus ma thachaireas do dhithis eirigh comhladh, bithidh e an comas fear na-caithreach breith a thabhairt co dhiu a labhaireas, agus ma bhitheas gainne do fhir labhairt, feudaidh fear na-caithreach aon air bi a chomharrachadh a-mach gu labhairt.
- XIII. Gum fosgail fear-na-caithreach no neach a shonruicheas easan gach oidhche an Comunn le h' urnuigh.
- XIV. Chan fheud na fir labhairt no na fir-fhreagairt bhi nas fhaide na cuig mionaidean deug agus aon sam bi eile nas fhaide na deich mionaidean ann an toirt seachad an smuaintean.

[MS Gen 1363/4¹]

Alistair Stiubhart
Alasdair Stiubhart
Domnhall Macintsaoir
Eoin MacLaurainn bho Chanada
Domhnull M' Eachair² CeanlochGilb
Eoin M~~ae~~ Leomhan
Dughal Stiubhart mac Dhughil, Loch Tatha, Ceann More
Adhamh Gordon
Paruig Macanaba
Alister Campbell
Tearlach MacIllebh Rath
Iain Cleireach
Deorsa R. Macraing
Eoghan MacLachin
Padruig Caimbeul
John D. Campbell
Alastair Mac an t-Saoir³
Iain Machd Phail
Iain Mac a' Phearsain
Aonghas Mac a' Mhaistair
Domhnull MacRatha
Dughall MacIlle Sheathainnaich
Iain MacTavish
Somhairle Camashron
Paruig MacDhomhnull
Tearlach Caimbeull
Domhnul Morrison
Iain MacFarlain
Tearlach MacDhomhnuill
Archd M'Dougall

¹ Tha ainmean nam ball sgrìobhte air an duilleag seo. Tha '+' sgrìobhte an dèidh cuid de na h-ainmean, a' comharrachadh, is dòcha gur ann le'n làimh fhèin a bha an cuid ainm sgrìobhte. Tha cuideachd figearan leithid '2-9' agus '2-6' air a sgrìobhadh ann am peansail ri taobh cuid de na h-ainmean sin.

² Chan eil an t-sloinneadh seo soilleir. MacEachairn no MacLachain

³ Chaidh mearachd, is dòcha a dhèanamh leis an t-ince an seo oir ha buaileag mòr dhubh far a bheil an 'S' ann an 'Mac an t-Saoir'.

[MS Gen 1363/5]

1^d Mionaid

Air an dara-la-deug do mhios meadhonach a gheamhraidh⁴, choinnich an Comunn Ossianach ann an Oil-thigh Ghlaschu agus air do Mhaighistair Iain Mac-a-Phearsain a chathair a ghabhail, leubh e a cheist, a tha air a sonruchadh gu deasboireachd orra, “co dhiu ’s sonadh, an staid phosda no an staid shingilte, agus air do dhaoine uaisle moran a labhairt air gach taobh, nuair a chaidh a cuir, bha an Comunn fagus do bhi aon inntinneach gun i an staid phosda ’s sonadh.

Chaidh an sin a cheist [“]cho dhiubh’s mo a tha do shonas: ann an seilbh no ann an duil[”] a shonruchadh chum na h’ ath-oidhche agus na daoine uaisle a leanas gu bhith nan luchd dreuchd – Mr Alasdair Stiubhart o’ Bhothchuidir, na fhear-caithreach, Mr Alasdair Stiubhart o’ Ghleann Daruel na oraidiche, Mr Aonghas Maca’ Mhaighistir agus Iain Mac a’ Phearsain nam fir-labhairt agus Mr Donnacha Cleireach agus Domhnall Mac an-tSaoir nam fir freagairt.

Alasdair Stiubhart, sgrìobh

II. Mionaid.

Ai r an naothadh la-deug do mhios meadhonach a gheamhraidh⁵ choinnich an Comunn Ossianach ann an Oil-thigh Ghlaschu, agus air don chathair a bhi air a gabhail le Mr Alasdair Stiubhart o Bhothchuidir, leubh Mr Alasdair Stiubhart o’ Ghleann Daruel, oraid air a mhath a rinn cuairteachadh an *Teachdaire Ghaidhealaich* do na Gaidheail. Bha moran deaschainnt agus solas air a leigail ris innte. Chaidh an sin

[MS Gen 1363/6]

a cheist a bha air a sonruchadh a’ leubhadh le fear na Cathrach. Labhair Mr Mac a Mhaighistir air taobh duil air mhor ro-thuigseach agus ionnsuichte. Thug Mr Mac anTsaoir freagairt air gu guineach deasbhriathrach an taobh seilbh. Labhair moran do dhaoine uaisle eile air gach taobh. An sin air don cheist a bhi air a cuir choisinn taobh na duil. Chaidh na daoine uaisle a leanas a chuir air leth airson luchd dreuchd air an ath oidhche, Mr MacMhaighistir na Fhear-cathrach, Mr Stiubhart o Bhothchuidir na Oraidiche, Mr Stiubhart o’ Ghleann Daruel agus Mr MacDhughail o’ Chintire nam fir-labhairt agus Mr Domhnall Macantsaoir agus Donnach Cleireach nam fir-freagairt. Se a cheist a bha air a sonruchadh, ‘a bheil e fìor gun robh bocain agus taibhsean anns a Ghaedhealtachd.

Alasdair Stiubhart, Run-sgrìobh

III. Mionaid

Air an naothadh latha do cheud mhios na bliadhna 1832,⁶ choinnich an Comunn Oisianach, mar is abhaist, anns an Oil-thigh. Agus air do Mr Mac-a-Mhaighistair a chathair a ghabhail, leubh Mr Stiubhart o Bhothchuidir oraid air murt Ghadhaig (?), ris an d’ eisd an Comunn le moran toil inntinn. An deigh sin leubh Fear-na-cathrach a cheist a bha air a sonrachadh chum deasboireachd orra. Labhair Mr Stiubhart o’ Ghleann Daruel gu deasbhriathrach, ionnsuichte an aghaidh

⁴ 12 Dùbhlachd 1831 (12/12/1831).

⁵ 19mh Dùbhlachd 1831 (19/12/1831)

⁶9mh dhan Fhaoilleach 1832 (09/01/1832).

[MS Gen 1363/7]

nam bocan. Thug Mr Domhnul Macantsaoir freagairt air taobh nam bocan agus dh-fheuch e ri leigeil ris gun robh taibhsean, bocain, daoine beag agus sithrichean gu tric ri fhaicinn feadh gach luin⁷ measg ghleanntaibh na Gaidhealtachd. Labhair daoine uaisle air gach taobh don cheist agus an deigh moran naidheachdan⁸ uamhasach a bhi air an innseadh air gach laimh, chaidh breith a thoirt mu dheireadh nach eil e idir fìor gu bheil taibhsean feadh na Gaidhealtachd. Chaidh an sin na daoine-uaisle a leanas a chuir air leth gu bhi nan luchd dreuchd aig an ath choinneamh. Mr Stiubhart o' Ghleann Daruel na fhir-cathrach, Mr MacLaurinn na oraidiche, Mr Stiubhart Bhochuidir agus Mr MacIllebharrath nam fir labhairt agus Mr Domhnul Macant-saoir agus Mr Maclain nam fir freagairt. Si a' cheist: "An robh e ceart do na Gaidheail eiridh ann am aobhar Thearlaich Stiùbhart."

Alasdair Stiubhart, Run-sgrìobh

IV. Mionaid

Air an tseachdamh-la-deug do cheud mhios na bliadhna 1832,⁹ choinnich an Comunn Oissianach mar as abhaist, ann an Oilthigh Ghlaschu agus air do Mr Stiubhart Ghleann daruel a chathair a ghabhail, leubh e a cheist a chaidh a chuir seachad chum deasboireachd orra. Labhair Mr Stiubhart Bhochuidir gu dileas, tairchuisseach an aghaidh a Phrionnsa agus nan Gaidheail agus na dheidh air an taobh eile, Mr MacIllebharrath, a chuir sìos na h' argumentian a bha air an tabhairt air an aghaidh.

[MS gen 1363/8]

Le Mr Macantsaoir air taobh nan Gaidheail, Chaidh moran deaschainnt agus fileantachd fheuchainn air gach taobh, agus chaidh a thoirt mu dheireadh le barrachd aon gun robh e ceart do na Gaidheail eiridh ann an aobhar Thearlaich.

Alasdair Stiubhart, Run-sgr.

Chaidh na daoine-uaisle a leanas a shonruchadh gu bhi nan luchd dreuchd, Mr Iain MacLaurinn na fhear cathrach, Mr MacIlleain na oraidiche, Mr MacDhughail o' Bhraidhealbann agus Mr Mac a Phearsain nam fir labhairt agus Mr Mac-a-Mhaighistair agus Mr MacDhughail o' Chintire nam fir-fhreagairt. Agus a cheist "co dhiubh a fhearr posadh, og no sean? A chuir seachad airson na h' ath choinneamh.

A. Stiubhart

V. Mionaid

Air an treas la fichead do cheud mhios na bliadhna, 1832,¹⁰ choinnich an Comunn Oissianach anns an Oil-thigh mar is abhaist agus an deigh do Mr Iain MacLaurinn a chathair a ghabhail, leubh Mr MacIlleain oraid dheasbhriathrach agus ionnsuichte air a mhath mhor a dheanadh e do na Gaidheail aite oilein Gaelic a bhi ann an Oilthighean na h-Alba. Thug i moran toil intinn don Chomunn gu leir. Chaidh an sin a cheist "Co dhiu is fhearr posadh og no sean" a leubhadh le fear-na—cathrach. Chaidh moran argumaidean a thabhairt air aghaidh gach taobh ach mu dheireadh thug iadsan a bha airson posadh sean buaidh, nuair a chaidh lamhan

⁷ Lòin/lòin - is dòcha lochan beag.

⁸ Tha dà 'nn' dha-rìribh aig toiseach an fhacail seo.

⁹ 17mh dhan Fhaoilleach 1832 (17/02/1832)

¹⁰ 23mh dhan Fhaoilleach 1832 (23/02/1832)

[MS Gen 1363/9]

a thogail, le barrachd aon. Ghabh na fir-labhairt taobh an t'sean phosaidh ach bha iad a cunnt[adh] gu robh easan a bha posadh aig deich bliadhna fichead sean! Chaidh an sin na daoine uasal a leanas a shonrachadh gu bhi nan luchd dreuchd aig an ath choinneamh. Mr MacIlleain na fhear-cathrach, Mr MacDhughail o' Bhraidealbuinn na oraidiche, Mr Gordan agus Mr Cleireach nam fir labhairt, Mr MacIllebrath agus Mr Macantsaoir nam fir fhreagairt. Si a cheist a bha air a sonrachadh chum na h-ath choinneamh "Am bu choir do neach fanntuinn gu h-iomlan o' dheoch laidir?"

Alasdair Stiubhart, Runchleir

VI Mionaid

Air an deicheamh la fichead do cheud mìos na bliadhna 1832¹¹ choinnich an Comunn Oissianach anns an Oil-thigh mar is abhaist agus air do Mr Maclain a chathair a ghabhail an aite Mr MacIlleain, a chaidh a shonrachadh mar fhear chathrach, leubh Mr MacDhughail o' Bhraidealbuinn oraid air a mhath a dh'eireadh o' leabhraichean Gaelig a bhi air an sgaoileadh measg na Gaidhealtachd agus gu sonruichte an Teachdaire. Chaidh an sin ceist a "am bu choir do neach fantuinn gu h-iomlan o' dheoch laidir?" a chaidh a chuir air bheulaibh na coinneamh. Labhair moran dhaoine uasal air gach taobh don cheist agus mu dheireadh chaidh breith a thoirt "nach bu choir do neach fantuinn gu h-iomlan o dheoch laidir. Chaidh an sin na daoine uasal a leanas a chomharachadh amach gu bhi nan luchd dreuchd aig an ath choinneamh: Mr MacDhughail o' Bhraidealbuinn na

[MS gen 1363/10]

fhear cathrach, Mr MacaPhearsain na oraidiche, Mr Stiubhart, o' Ghleann Daruel agus Mr MacLaurinn nam fir-labhairt agus Mr Stiubhart o' Bhoichuidir agus Mr Alasdair Macantsaoir nam fir fhreagart. Si a cheist a bha air a sonrachadh chum na h-ath oidhche, "Am bu choir do leabhraichean sgeulachdan a bhi air an leubhadh?"

Alasdair Stiubhart, Bunchleir

VII Mionaid

Air an t-seathamh latha do dhara mìos na bliadhna 1832,¹² choinnich an Comunn Oissianach chum deasboireachd ann an Oilthigh Ghlaschu air don chlar ainm bhi air a leubhadh le Mr Stiubhart, thug Mr Macaphearsain seachad oraid mu thimchioll nan daoine uaisle urramach a tha air a bhi ainmeil airson an gradh don Ghaidhealtachd. Bha i air fad ro chreideasach don duine uasal agus thug i moran toillintinn agus eolas don Chomunn gu leir. Chaidh an sin a cheist a leubhadh le fear na cathrach, "Am bu choir do leabhruichean sgeulachdan a bhi air an leubhadh?" Air don cheud fhear labhairt a bhi air falbh labhair Mr McLaurinn air taobh nan sgeulachdan. Thug Mr Stiubhart o Bhoichuidir freagairt air nan aghaidh agus dh' fheuch e ri leigeil ris gu bheil iad neo-fheumail agus ro-chunnartach. Chaidh moran a labhairt air gach taobh agus mu dheireadh chaidh breith a thoirt nach

¹¹ 30 dhan Fhaoilleach 1832 (30/01/1832)

¹² 7mh dhan Ghearran, 1832 (7/02/1832)

bu choir dhoibh a bhi air an leubhadh. Chaidh an sin na daoine uaisle a leanas a shonruchadh gu bhi nan luchd-dreuchd aig an ath choinneamh, Mr Macaphearsain
[MS Gen 1363/11]

Na fhear-cathrachd, Mr MacDhughail o' Cheanntir na oraidiche – Mr MacIllebharrath agus Mr Lachain nam fir labhairt agus Mr Domhnull Macantsaoir agus Mr MacDhughail o' Bhraighdealbunn nam fir-freagairt. Chaidh a cheist “am bu choir do litreachadh na Gaelig a bhi air atharrachadh?[" a chuir air leth chum na h' ath oidhche.

Alasdair Stiubhart, Runchl.

Mionaid I, 1832-3

Air an naochadh latha do cheud mhios a gheamhraidh¹³ choinnich an Comunn Oissianach ann an Oilthigh Ghlaschu chum an Comunn a ro-orduchadh. Bha Mr Stiubhart o Ghleanndaruel anns a chaithir agus gu deigh dha innseadh gu deaschainnteach cia airson an do choinnich an Commun – labhair daoine uaisle eile mun mhath mhor a dheireadh¹⁴ bho labhairt anns a Ghaelic - chaidh a cheist a leanas a shonruchadh chum na cheud choinneamh – an deasboireadh gu bhi anns a Bheurla – co dhiu [']sfhearr, searmoinean a bhi air an labhairt no air an leubhadh? Choinnich an Commun air Diluain an dara latha deug a chum deasboireachd mun cheist chudromach so. Bha Mr Al. Stiubhart o Dhuine anns a chathair, Mr Leomhan agus MacDhughail nan oraidichean agus Mr Maclain + Gordon nam fir freagairt. Bha moran deaschainnt air gach taobh don cheist agus chaidh barail a thabhairt gun e labhairt shearmoinean seol as fear agus as mothadh a dhrumochius¹⁵ air an t'sluagh.

[MS Gen 1363/12]

Chaidh a cheist a leanas a shonruchadh chum na h'athoidhche. An coir do bhas bhi air fhulang airson ciont air bith? Mr Leomhan na fhear cathrach, Mr Stiubhart na fhear labhairt & Mr MacDhughail na fhear fhreagairt. Chaidh buidheachas a Chommuin a thabhairt le aon inntinn do Mr Stiubhart airson a chur ann an sgrìobhadh gnothuichean a Chommuin. Chaidh a roghnachadh gu bhi¹⁶ na Runchleireach rithist.

Air an naochadh latha deugh do cheud mhios a gheamhruidh¹⁷ choinnich an Commun Oisseanach – leubh Mr Domhnull Mac antsaoir oraid anabarrach mhath air staid Bardachd anns a Ghaelic. Bha deasboireachd mhath air a cheist “am bu choir do dhuine sam bith a bhi air a chuir gu bas airson ciont *gu bas*¹⁸?” Bha Mr Stiubhart na fhear labhairt agus Mr MacDhughail na fhear fhreagairt. Chaidh a cheist a bheil staid na Gaeltachd nas fhèrr air a cheart uair na bha I ciad bliadhna roimh so? Mr D Macatsaoir na fhear cathrach, Mr Macaphearsain na fhear labhairt agus Mr MacLaurinn na fhir fhreagairt.

Alastair Stiubhart, Runc

¹³ 9mh dhan t-Samhain 1832 (09/11/1832) & Diluain an 12mh dhan t-Samhain (12/11/1832).

¹⁴ Dh' èireadh

¹⁵ Ghreimicheas

¹⁶ i.e. dh' aontaich e gum bitheadh e na rùn-chlèireach a-rithist.

¹⁷ 19mh dhan t-Samhain 1832 (09/11/1832).

¹⁸ Tha an sgrìobhaiche air stuctur anns an seantans atharrachadhach an seo. Bu chòir dha bhith air dubhadh às an dà fhacail a tha agamsa an seo sa chlà Eadailteach ach dh' fhàg e staigh iad.

Air an treas latha do dhara mìos a gheamhraidh¹⁹ ann an Oilthigh Ghlaschu leubh Mr MacCuairidh oraid air bardachd na Gaidhealtachd. Bha i so deasbhriathrach, lan do smuaintibh ard inntinneach agus thug i moran toil inntinn do'n Chomun. Air do'n cheist bhi air a leubhadh

[MS Gen 1363/13]

Le fear na cathrach, labhair Mr Macaphearsain air taobh na Gaidhealtachd mar a tha i air a cheart am, gu sonruicht a air a staid spioradail agus thhaobh ionnsuch²⁰ – labhair Mr Stiubhar airson Mr MacLaurinn air an taobh eile. Leig e fhaicsinn gun robh na Gaidheil moran na shonadh ceud bliadhna roimh so, bha iad gun mhoran anam agus cha robh ach beagan obair ri dheanamh. Ma tha iad ni sonadh air a cheart uair, ciod an reusan airson a bheil iad, gach bliadhna, fagail an duthaich. Air do dhaoine uaisle eile labhairt air gach taobh, agus moran argumaintean a thabhairt air an aghaidh, chaidh a thabhairt gu bheil staid na Gaidhealtachd ni'fearr air an son na riamh roimh so. Chaidh a cheist a leanas a shonruchadh a mach chum na h' ath oidhche " A bheil e ceart agus math cumhachd bhi aig daoine mor na rioghachd eaglaisean a bhuileachadh air na ministearan a thoilicheas iad fein?["] An deasboireachd a mach gu bhi nan luchd dreuchd –

Mr MacIllebharrath na fhear cathrachd
Mr Macaphearsain na oraidiche
Mr MacCuaraig agus D. Macantsaoir na fir labh.
Mr Stiubhar agus MacDhughail nam fir fhreag.
Alasdair Stiubhart, RunC

Air an deicheamh latha do dhara mìos a gheamhruidh²¹ choinnich an Commun ann an Oilthigh Ghlaschu air don chathair a bhi air a gabhail le Mr MacIllebharrath, leubh Mr Macaphearsain oraid anabarrach mhath - mar bhruadar – bha i lan do ghnathaichean na Gaidhealtachd – bha i deasbhriathrach agus thug i moran toilinntinn don Chomun gu leir.

[MS Gen 1363/14]

Air don cheist bhi air a leubhadh le fear na cathrach, labhair Mr Mac a Mhaistair airson Mr MacCuaraig an aghaidh cumhachd a bhi aig ard uaislean na rioghachd ministearan a thabhairt seachad chum eaglaisean. Leig e fhaicinn gu bheil e neo cheart airson an t-sluaigh – agus gu bheil e g' oibreachadh gu h'olc anns an eaglais. Dh'fheuch e mar an ceudna gu bheil an sluagh fein comasach air 'n inntinnean a shonruchadh. Labhair Mr Stiubhart air an taobh eile don cheist – leigil ris gum bitheadh e ro chunnartach air a cheart am cumhachdan uaislean a dheanamh air falbh – nach bitheadh iad cho ullamh chum an eaglais a dhionadh bho na naimhdean fiadhaich a tha an drathast a g' eiridh suas na h'aghaidh, mar fhiadh bheathaichean na n' athrach²² leis am fìor run a saltairt chum an Iar. Leig e ris mar an ceudna gu bheil na ministerean a tha air an suidheachadh le uaislean an cumantas nis tapaidh agus nis ionnsuichte na iadsan a tha air an sonruchadh leis an t'sluaigh.

¹⁹ 3mh dhan Dùbhlachd 1832 (03/12/1832).

²⁰ Ionnsachadh / fòghlam

²¹ 10mh dhan Dùbhlachd 1832 (10/12/1832).

²² Chan eil toiseach an fhacal seo soilleir: is math dh' fhaoidte 'màthrach'?

Chaidh leigail ris mar an ceudna gum bitheadh moran sgaoileadh – arramach agus dealachadh a tachairt agus gum bitheadh an Eaglais Albannach air a deanamh air falbh gu h’ uile le cumhachd ministeirean a shonruchadh bhi aig an t-sluagh. Labhair Mr D. Mac an tsaoir gu h’ionnsuichte air an taobh eile a bfeuch ri leigeil ris gun robh Iain Knox, an duine urramaichte, an aghaidh patronage – fhreagair Mr MacDhughail e gu guineach tapaidh ann an cainnt ro ghasta agus le moran argumaintean. Labhair moran dhaoine eile

[MS Gen 1363/15]

air gach taobh agus air deigh labhairt gu leth uair an deigh deich uairean, chaidh breith a thabhairt gum bu choir do phatronage bhi air a deanamh air falbh gu tur. Bha moran do chainnt agus do argumaintean ro mhath air an labhairt – agus, thug an deasboireachd mor thoilintinn do gach aon a bha san eisdeachd feuchainn gu bheil an Commun Oissianach ionnsuichte agus thapaidh. Chaidh a cheist “co dhiu sin’ spiocairean no an duine struidheil fear comhthionail as fhearr?["] a chomharrachadh amach chum na h’ath oidhche.

Mr Mac a Phearsain na fhearcath.

Mr McLaurinn na oraidiche

Mr Caimbeul & Mr Camashroin nam fir labh.

Mr M[ac]Phail & Macantsaoir [fir labh.]

Chaidh daoine uaisle araidh a ghabhail stigh nam buill don Chomunn

Alasdair Stiubhairt, A.M.

Runchleireach

Air an t’seachdamh latha deug do mhios deirionnach na bliadhna, ochd ceud deug agus dha deug thar fhichead²³ choinnich an Commun Oissianach ann an Oilthigh Ghlaschu. Bha Mr Macaphearsain anns a chathair. Leubh Mr McLaurinn oraid ro mhath a thug moran toillintinn don Chomunn. Chaidh a bha air a son rachadh chum deasboireachd a thabhairt seachad le fear na cathrach. Labhair daoine uaisle le moran snas agus deaschainnt an gach taobh agus chaidh breith a thabhairt gur e m’ fear stroidheil duine comhthionail s’ fearr. Chaidh a cheist a leanas a shon-

[MS Gen 1363/16]

chum na ceud choinneamh an deigh na bliadhna ur an deasboireachd anns a chanain Bheurla “Am bu choir na h’ Easbuigean a dhruideadh amach a tigh na morairean ?["]

Mr M[ac]Laurin na fhear cathrachd

Mr M[ac]Lachainna oraidiche

Mr D Caimpeul agus Mr MacDhomhnuill, fir lab.

Mr Macille Sheathainich & Mr MacTavish, Fir fhreag.

Chaidh na daoine uaisle a leanas a chomarrachadh ammach gu bhi nan luchd riaghlaidh a chommuinn agus a chum nitheannan a shonruchadh mu thimchioll na suipeir Oissianach a a bheil a

²³ 17 Dùbhlachd 1832 (17/12/1832).

t’Olla ionnsuichte M[ac]Leoid, ministear Champsie, gu bhi na aigghlair²⁴ le run a chommuin. Tha e gu bhi air iarraidh dhionnsuidh na suipeir, mar urram airson a mhath mhor a tha e air deanamh don Ghaidhealtachd – ann an cuir ionnsudh air chois na measg

Mr Macaphearsain
Stiubhart
MacLaurinn
MacDhughail

Mr D Macantsaoir
A. Macantsaoir
MacLachain
Laomhan
Alastair Stiubhart, A.M.
Runchleireach

[MS Gen 1363/17]

VI Mionaid

Air an ochdamh la do cheud mios na bliadhna 1833²⁵ choinnich an Comman Oissianach ann an Oilthigh Ghlaschu. Leubh Mr MacLachain oraid a thaobh seanndachd na Gaelic. Bha moran e[ol]lais agus rannsachadh innte. Thug I moran toil inntinn don chuideachd. Air don fhear cathrach, Mr MacLaurinn a cheist leubh, labhair Mr D. Caimbeul an taobh nan Easbuigean agus thug e sin chuir moran argumaintean feuchainn nach bu choir air cuir amach as a pharlamaid. Thug Mr MacIlleSheathanaich freagairt agus bha e robh ionnsuichte feuchain ri leigeail rus gum bu choir an cuir a mach. Labhair Mr Stiubhart an aite Mr P. MacDhomhnuill air taobh easbuigean agus leig e ris gum bitheadh e cunnartach do eolas agus don t-soisgeul an cuir a-mach a chionn gur iad ana criosdui[gh]ean, Papanach agus an seorsa sin a tha, mar is cumanta, toileach an cuir a-mach. Thug Mr MacTavish freagairt air gu guineach tapaidh. An deigh moran deaschainnt air gach taobh, thug na h’easbuigean ro oirdhearc agus rourramach buaidh. Chaidh a cheist a leanas a shonruchadh chum na h’ ath choinneamh – “An robh e ceart do

[MS gen 1363/18]

Na Gaidheail eiridh ann an aobhar Phrionnsa Thearlaich?["]

Alastair Stiubhairt A.M. R.S. (?)

An Dinneir Oissianach

Air iartas a Chommuin riaghlaidh, sgrìobh an Runchleireach dhionnsuidh an Olla Urramach T. MacLeoid chum innseadh dha gum bitheadh an Commun Oissianach anabarrach na chomain nan digeadh e chum bhi na Fhear Cathrach aig an Dinneir. Chuir an T’Olla fios freagairt air ais dhionnsuidh an Runchleireach gun robh e moran an comain a Chommuin Oissianaich airson an caoimheacas agus gum bitheadh e ro thoileach bhi nan cuideachd chum na h’ oidhche shonruichte. Chaidh litrichean cuiridh chum na dinneir a sgrìobhadh chum moran dhaoine uaisle agus air a cheathramh²⁶ latha deug do cheud mios na bliadhna 1833,²⁷ shuidh sios aig bord chum an dinneir

²⁴Chan eil seo soilleir. Cruth air choireigin, is dòcha den fhacail ‘aoigh’. Air Aoi gheailachd aig a’ Chomann?

²⁵8mh dhan Fhaoilleach 1833 (08/01/1833).

²⁶Rinn an sgrìobhaiche brochan air an fhacal seo is tha e doilleir a leughadh air thàillibh rias de dh’ ince dubh. Sgrìobhe ‘14’ os a chionn.

²⁷14mh latha dhan Fhaoilleach 1833 (14/01/1833).

ann an Tigh-Osda Earraghael, corr agus ceud duine uasal Gaidhealach. Bha an t’Olla Urramach MacLeoid, ministear Champsie, anns a’ chathair, le Coirneil MacNeil Bharra, ceann-feadhna Chloinn Neil agus Mr MacFarlain, ministair Shaddel, ann

[MS Gen 1363/19]

an Cinntire air a laim-dheas, agus air a laimh chli, Mairsair MacIlleain Lochbuidhe agus Caipitain Caimpeul, R.N. Bha Mr L. MacIlleain aig ceann eile a bhuird le Mr MacEacharain air a laimh dheas agus Mr MacLaurinn, ministear Ghlaschu air a laimh eile. Bha moran dhaoine uaisle urramach agus ionnsuichte aig a Bhord bho gach ceann don Ghaidhealtachd. Cha robh riamh ann an Albuinn leithid do choinneamh. Si Ghaelic shaitheannt bhinn cheolach chaidh labhairt air fad s’ cha b’ ionnan i’sa Bheurla. Bha gach tuirse agus trioblaid air am fuadachadh fad air falbh agus cridhealas agus aoibhneas a dealradh anns gach puing. Bha n t’Olla e fein lan divearsain agus chum e a choinneamh air fad ri na h’oidhche lan solais agus toilintinn. Cha ghabh an cridhealas innseadh. Labhair Mr MacFarlain a Shaddal, gu h’ anabarrach math. Bha gach suil sileadh dheur nuair a bha e labhairt ach sann le aoibhneas. Thainig a Ghaelic gu ri brimheolach ²⁸ a iomadh beul air an oidhche – cha robh fios co bu deas orra. Cha robh aon aca measg a burrain focal Bheurla a labhairt san am agus iad ann nach

[MS Gen 1363/20]

burrainn comhradh ach gann anns a Bheurla re tri no ceithir lathachan. Bann mar thachair do na Ossianaich agus don cairdean. Labhair oganaich a Chommuin Oissianaich gu ro dheasbhriathrach. B’ iomadh deoch slainnte chaidh òl le gairdeachas agus iolach ait – gu sonruicht an Comunn Oissianach agus mar an ceudna an Eaglais Albannach a chaidh a thabhairt seachad le Mr D. McIntsaoir gu inntinneach, deas-bhriathrach. Bha gach bois air leusachadh agus gach slugan air tuchadh a feuchainn an gradh don eaglais agus don ministairibh. Cha ruig leas na oraidean ionnsuichte chuir sios an so. O’ leoir a radh gun robh iad air leigeail fhaicinn gu soilleir a math mor a tha n’ Comunn so air deanamh agus an onair a tha aig na daoine uaisle chuir air chois e. Feudaidh na Daoine Uaisle a leanas a bhi air an ainmeachadh a labhair de mhuintir a chomuinn, ged bha iomadh aon eile sa Chomunn a labhradh cheart cho maith nam bitheadh iad air feudainn cothrom.

M. Macaphearsain
D. Macintsaoir
A. Stiubhart
Lachain

Mr MacLaurinn
MacIlle Sheathainich
Mac a’ Mhaistair
MacDhughail

Mr Camashron

[MS Gen 1363/21]

Chaidh comhradh bho’n *Teachdaire Ghae’dhealach* a thabhairt seachad le Mr MacLaurinn o’ Chanada mu Fhionnla Piopair ann an deise Ghaidhealach agus a Phiop fuidh achluis agus le bean Fhionnla, M. MacDhughail. Thug so seachad moran toil inntinn. Cha robh aon nach sruthadh dheur agus ruthadh na aodain g’aireachdain. Cha d’thug Shakespeare e fhein riabh tuille toil inntinn nathug an comhradh so. Bha orain agus naidheachdan ann am pailteas. Bha piopair fear Bharra anns an eaidh Ghaidhealach cluiche chuid mhor don oidhche ann an seomar eile fa[i]sge do laimh – agus n’

²⁸ Brioghmhorachd ?

deigh deoch slainte Choirnail Stiubhart a Ghart bhi air a h' oladh le cuinneas,²⁹ chluich e portain mun cuairt air a bhord. Nis, feumaidh sgur do innseadh mun dinneir, a bha ro onarach do Mr Mac ne Ceairt. Bha gach aon lan, toilicht agus sealtuin air adhairt le moran aoibhneas chum na h' ath choinneamh. Bha gach Paipear Naidheachd ann an Glaschu feuchainn co b' airde thogadh nan Oissianach agus na Gaelic. Bithidh gach latha na bliadhna gus an dig an ath choinneamh. Chaidh an t'oran a leanas a dheanamh le bard [air choir]eiginn a bha sa chuideachd a chruthachadh na Gaelic agus thabhairt onoir air a Chommun. Chaidh a thabhairt seachad le Mr Macaphearsain.

Alastair Stiubhart, A.M....

[MS Gen 1363/22]

Duanag don Chommun Oisseanach Le Bard

1

Deoch slainte' Chomuinn Oissianach
'Sé sin an Communn solasach
Commun glan na Oissianach
A sheasadh coir na Feinne.

Tha tighinn fothain &c.

2

Se so an Commun Dealasach
Tha smuain a ghaoil gan teannachadh
Bi suain aig Gaoill a bhaile so
Mun dealaich iad ri cheile

3

Mo bheannachd aig na fleasgaichean
Na Gaidheail ghasda theas-chridheach
'Ga bheil an comhradh deaschainnteach
Gun eisamail don Bheurla

4

'Se Gaelic cainnt nam finneachan
'Se Gaelic cainnt nan cridheachan
'Si dhuisgeas blas is cinneadas
Cha n'ionnan isa Bhéurla

²⁹Coibhneas ?

[MS Gen 1363/23]

5

Si so an cànan mhaithearail
O s' caoimhnail agus baighail i³⁰
S' maith gu deanamh manrain i
Gu bhrath cha leig sinn éug i

6

Lionaibh mar a b' abhaist duibh
Air gloineachan le gairdeachas
Gu aiseiridh na Gaelic
'S buille bàis na Béurla.

Fonn: tha tighinn fodham eiridh &c, &c.

[MS Gen 1363/24]

VII Mionaid

Air [an] a[o]n lath thair fhichead do cheud mhios na bliadhna, choinnich an Commun ann an Oilthigh Ghlaschu. ³¹Bha Mr Lachan anns a chathair. Agus air do Mr Leomhan gun bhi deas chum oraid a leubhadh, chaid[h] a cheist a leanas a leubhadh chum deasboireachd, “An robh e ceart do na Gaidheail eiridh ann an aobhar Thearlaich[?]” Labhair Mr MacLaurinn gu diochiollach an taobh nan Gaidheal. Labhair Mr Stiubhart nan aghaidh feuchainn ri leigil ris nach robh e ceart. Bha moran deaschainnt aig na daoine uaisle a lean air gach taobh gu sonruichtt Mr Macaphearsain, Mr McIntsaoir agus Mr MacDhughail. Ach bha cridheachan a Chommuin air taobh Thearlaich agus nan Gaidheail – agus le sin thug an taobh sin buaidh. Chaidh a cheist “An robh bocain agus taibhsean anns a Ghaeltachd riabh[?]” a shonruchadh chum na h’ath choinneamh.

Mr Leomhan, fearcathrach

Mr D. S. MacDhughail, oraidiche

Mr D. M[ac]Intsaoir }
Cleireach } Fir labhairt

Mr Macaphearsain }
- Macillebhrath } Fir-freagairt

³⁰Os coibhneil agus bàidheil i.

³¹21mh dhan Fhaoilleach 1833 (21/01/1833).

[MS Gen 1363/25]

DiS. Air an ochdamh latha don mhios so chaidh chaidh cuig copaidhean do Dhain Oissian Mhic Fhinn a thabhairt don Chommuin le Mr L. MacIlleain – feuch air a ghradh agus a dhe[i]dh ghean don Ghaelic agus don Chommuin. Thug Mr Stiubhart buidheachas seachad ann an ainm a Chommuin airson caoimheas McIlleain – agusmar onair dha. Chaidh a dheanamh le aon run, na bhall den Chommuin fhad sa mhaireas iad beo le cheil.

Mionaid VII

Air an ochdamh latha fiche do cheud mìos na bliadhna 1833³² choinnich an Communn Oissanach ann an Oilthigh Ghlaschu. Bha Mr Leomhan anns a chathair. Chaidh a cheist “An robh bocain agus taibhsean agus sithichean riabh anns a Ghaeltachd?” a leubhadh le fear na cathrach. Bha moran deaschainnt air gach taobh agus mu dheireadh chaidh breith a thabhairt gun robh bocain & c. anns a Ghaeltachd. Chaidh a cheist “An robh e ceart na Papanach a dheanamh saor?” shonruchadh chum na h’ ath choinneamh.

Mr Cleireach fear C.
- Gordan Oraid

Mr Macaphearsain & A. M[ac]Intsaoir, Fir labhairt
Mr Stiubhart & MacLaurinn, Fir Fhreagairt

Alastair Stiubhart R[unc]le[ireach]

[MS Gen 1363/26]

9 Mionaid

4^{la} Feb 1833

Chruinnich an Communn Oissanach mar is abhaist ann an Oilthigh Ghlaschu. Bha Mr Cleireach anns a chathair. Leubh Mr MacDhughail oraid ro gheur agus ionnsuichte mar chomhradh eadar dithis dhaoine – caraid agus namhaid don Eaglais Albannach – agus leig caraid na h’Eaglais ris gu soilleir aingidheachd agus neocheartas nam naimhdean a tha n’drathast g’eiridh suas na h’ aghaidh. Thug an comhradh moran toilintinn don Chommuin agus chaidh iarraidh air Mr MacDhughail a ghiulan air aghaidh ann an Gaelic chum a leubhadh aig an ath choinneamh agus gheall e gun deanadh e sin. Chaidh a cheist an robh e ceart na Papanach dheanamh saor leubhadh. Bha moran deaschainnt air gach taobh, ach air do phairt do na daoine uaisle a bha labhairt air taobh nam Papanach an Communn fhagail much deachd a cheist a chriochnachadh thug an taobh nach robh e ceart na Papanach dheanamh saor buaidh le barrachd, aon. Chaidh na riaghailtean a chuir seachad mar an ceudna:

1^{ct} Nach fheud ach daoine uaisle Ghaidhealach bhi air an tabhairt steach chum deasboireachd a Chommuin Oisineachd

2^{dara} Gum paigh gach neach da sgillinn airson gach tarruing a bhitheas e air falbh bhon Chommuin, mar tabhair e seachad deagh lethsgheul.

Chaidh a cheist co dhiu s’ sonadh n’ duine bochd nan n’duine beartach a shonruchadh chum na h’ ath oidhche

A Stiubhart Runchl...

³²28mh dhan Fhaoilleach 1833 (28/01/1833).

[MS Gen 1363/27]

10 Mionaid

Choinnich an Commun Oissianach ann an Oilthigh Ghlaschu air ain aon latha deug do dhara mìos na bliadhna 1833.³³ Bha Mr MacDhughail anns a chathair. Leubh Mr Leomhann oraid a thug mor thoilintinn don Chomun. Bha n' deasboireachd mu thimchioll na ceist – co dhiu s' sonadh n' duine bochd nan duine beartach?

Chaidh a cheist co dhiu s' sonadh n' staid phosda nan staid shingilte? Shonrachadh chum na h' ath choinneamh. Chaidh na daoine uaisle a leanas a chomharrachadh amach gu bhi nan luchd dreuchd aig an ath oidhche.

Iain MacPhail, fear-cathrach

Adhamh Gordan Oraidiche

Alastair Macantsaoir & Dughall MacIllesheathanaich, fir labhairt

Domhnall MacLachain & Dughall MacDhughail, Fir-fhregairt

Alastair Stiubhart, Runch.

[MS Gen 1363/28]

Mionaid XI

18^{la} dara mìos 1833

Air do chuid mhor do muintair a Chommuin Oissianaich sgrìobhadh chum an Run-chleireach g' iarruidh nach bitheadh coinneamh aig a Chomun air an oidhche so – cheann gu robh iad toileach an deasboireachd eadar Mr Borthwick & Thomson chluinntinn, mu thimchioll nan traillean Innseanach, cha deach a cheist a bha air a sonruchadh chun na h' oidhche so a chonnsuchadh.

A. Stiubhart, RC.

Mionaid XII

25^{la} dara mìos 1833³⁴

Choinnich an Commun Oisseanach air an oidhche so ann an Oilthigh Ghlaschu. Bha Mr Adhamh Gordon anns a chathair. Leubh Mr McPhail oraid anabarrach mhath a thug moran toilintinn seachad. Bha Ghaelic fìor mhath agus ro oirdheirc. Chaidh n' sin a cheist “co dhiu s' sonadh, n' staid phosta no'n staid shingilte[?]” leubh[adh] le fear na cathrach. Labhair Mr D. MacDhughail, A. Stiubhart, MacIllebhreith air taobh n' staid shingilte. Mr MacIlle Sheathanaich, MacLaurinn [agus] MacFarlain airson n' staid phosda. Chaidh breith thabhairt le aon run airson na staid phosda. Chaidh a cheist leanas shonruchadh chum na h' ath oidhche: “Am bu choir na traillean anns na h' Innseabh Breattunnach dheanamh saor air ball.”³⁵

Mr McPhail, Fear cathrach

Mr Macphearsain, Oraidiche

Mr MacMhaistair & Stiubhart, Fir labhairt

Mr MacIlleSheathanaich & MacFarlain, Fir-fhregairt

Alastair Stiubhart, R.C.

³³ 11mh dhan Ghearran 1833 (11/02/1833).

³⁴ 25mh dhan Ghearran 1833 (25/02/1833).

³⁵ 'air ball' = anns a' bhad/ anns a' mhionaid

[MS Gen 1363/29]

Mionaid XIII**4^{la} treas mios, 1833**

Choinnich an Commun Oissianach ann an Oilthigh mar is abhaist. Bha Mr Macphail anns a chathair – agus air don mhionaid mu dheireadh a bhi air a leubhadh leis an runchleireach chaidh a cheist a bha air a cuir seachad chum deasboireachd leubhadh le fear na cathrach. Labhair Mr MacMhaighstair gu h' ionnsuichte an aghaidh nan traillean dheanamh saor gu ball. Labhair Mr MacFarlain gu deasbhriathrach, teas-chridheach airson an deanamh saor air ball. Thug Mr Stiubhart freagairt air agus lei ris gum bitheadh e cunnartach agus neo cheart do na traillean fein air a cheart am. Labhair Mr MacIllbhrath air an taobh eile agus Mr MacTavish freagairt air - na dheidh sin thaining Mr D. Mantsaor gu tapuidh-deas. Labhair n'sin, Mr Stiubhart agus Mr MacFarlain rithist agus chuir Mr Mac a Maghaistair crìoch air an deasboireachd a bha anns a chainnt Bheurla. Chaidh a cheist a leanas shonruchadh chum na h' ath choinneamh: "An dean Commun stuama feum don chom-thional["]? Mr MacMhaighstair na fhear cathrach, Mr _____³⁶ oraidiche. Mr Gordon agus Stiubhart fir labhairt. Mr Domhnull Macntsaoir agus Mr Iain MacLaurinn, fir fhreagairt.

Alasdair Stiubhart, RC.

[MS Gen 1363/30]

An ceathramh mionaid deug.

Air an aon la deug sa mhios meadhanach an Earraich, sa bhliadhna aon mhìle ochd ceud deug trì deug thar fhichead,³⁷ Choinnich an Commun Oissianach san Oilthigh mar bu nòs. Bha Maighistir MacMhaighstair ann sa chathair. Air don Runchleireach chlar a ghairm, a mhionaid mu dheireadh a leubhadh agus cunntas a thoirt air gnothuichibh a Chommuinn, leig e ris gun robh a mhiann air a dhreuchd mar run-chleireach a leigeil dheth air dha a bhi a cheann a chuid 's mo de dha bhliadhna a lionadh na h' oifig chudromach sin.

Air do Mhaighstair MacThavish ghluasad chaidh taing a thoirt do Mhaighstair Stiubhart le aon run a Chommuinn airson a threibhdhireachd agus a dhillseachd ann an gnothuichean a Chommuin airson gluasad cho teann a reir nan riaghailtean. Air do Mhaighstair Stiubhart taing a thoirt seachad, dh' fhag e a chathair sin a lion e cho fada mar Runchleireach araon cho onarach dha fein agus don Commun.

Chaidh air ball Run chleireach eile airson na h' ath bhliadhna a thaghadh agus a steidheachadh.

Air do fhear na cathrach a cheist a leughadh mu

[MS Gen 1363/31]

aite Mr A[dha]mh Ghordon, Labhair Mr Stiubhart mar cheud oraidar. Labhair e gu geur tapaidh agus air san thug Mr Domhnull Macant-saoir gu ullamh, deasbhriathrach, freagairt. An sin labhair in dara oraidair, agus air san thug Mr Domhnull Macantsaoir gu ullamh deasbhriathrach freagairt. An sin labhair in dara oraidair agus air san thug Mais[t]i[r] Martain MacAntsaoir freagairt. Rinn e feum de argumaideibh laidair a dhfheuch Am Mr MacFarlain gu deasbhriathrach, mar a b abhaist, a thilgeadh bun os cionn. Na dheigh sin chaidh a cheist a chuir agus breith a thoirt an aghaidh nan Comuinn stuama.

³⁶ Tha cuideigin air sgrìobhadh thairis air an seo agus cha ghabh e a leughadh.

³⁷ 11mh dhan Mhàrt, 1833 (11/03/1833) ?

Si cheist airson na ath oidhche – [“]am bheil arm seasmhach feumail [?”] a chuid oradair, Maighr. Camshron. An dara Maighr. MacLaurinn a cheud fhear freagairt, Maighistir MacFurlainn agus an dara [beàrn ann an seo] Maighistir Mac Tabhais na fhear cathrach.

Ian Mac Laurinn, Runchleirich
Bho Chanada n America
February³⁸
11th
1833

[MS Gen 1363/32] *Chan eil dad air an duilleag seo.*

[MS Gen 1363/33] *Chan eil dad air an duilleag seo.*

[MS Gen 1363/34] *Chan eil dad air an duilleag seo.*

[MS Gen 1363/35]

Air a cheud Dimairt do mhios deireannach an Earraich, sa bhliadhna ochd ceud deug tri deug thar fhichead,³⁹ choinnich buill a chomuinn Ossianich ann an seomar Mhai[ghi]s[tir] Leomhann agus Mhaclachain chum an comhairle chur re cheile agus smuainteachadh air an doigh 's fearr dhoibh duaisean a thoirt seachad an ath bhliadhna. Air do Mhaighistir Mac a Phearsain a bhi air a ghairmeadh a lionadh na cathrach shonruich agus shocraich iad mar a leanas:

1. [*Chan eil dad sgrìobhte an seo ri taobh àireamh 1*]
2. An dara leabhar de Aneid Virgil, am bard Romhanach air eadar theangachadh gu Gailic Albannaich.^{3^{as}} Beatha Rìgh Daibhidh, Rìgh Israel
4^{mh}. A cheud earrann de Shubhachais Duil, le Francis Campbell am bard – so air eadar theangachadh on Bheurla gu rannachd Ghaidhealach.

Tha iad air fad gu bhi air an cuir suas dh ionnsuidh run chleireach a Chomun agus cuisean air an seoladh dh ionnsuidh an Ollaimh Urramaich Leodaich, Ministear Champsie agus na duaisean onarach air an ainmeachadh aig an dinneir Osianach aig toiseach na bliadhna, ochd ceud deug agus ceithir deug thar fhichead.

[MS Gen 1363/36]

Riaghailtean nan Onoirean

Mur sgrìobh tuille agus aon air an aon ni chan eil duais onarach ri fhaotainn – Ma sgrìobhas dithis ghibh an oraid 's fearr an duais – no triuir an dithis 's fearr, no cuid, an tri 's fearr, agus mar sin sios.

E. MacLaurinn, R.C.

[MS Gen 1363/37] *Chan eil dad air an duilleag seo.*

[MS Gen 1363/38] *Chan eil dad air an duilleag seo.*

[MS Gen 1363/39] *Chan eil dad air an duilleag seo.*

³⁸ An e mearachd a bh' aig an rùn-chlèireach ùr an seo leis a' mhìos? Oir ràinig iad a' Mhàrt mas do thòisich e na dhreuchd ùr!

³⁹ Giblein ?1833 (04/1833?)

[MS Gen 1363/40] Chan eil dad air an duilleag seo.

[MS Gen 1363/41]

Buill a Chomuinn Oiseanaich
Sa bhliadhna [1833-]1834

Air iartas a h' athair, chaidh Bhaintighearna uasal og a leanas a chuir sios mur bhall do'n Chomunn Oiseanach:

An Oigh Uasal, Sine Robestan do Shìol Rìoghail Mhic Alein

Maisdearan⁴⁰

Alastair Stiubhart o Ghleannd Ruail
Alasdair Stiubhart, A.M., o Bhochuddair
C. MacLaurainn, R.C, o Chanada
Domhnull Macantsaoir
Domhnull MacLachair
Dughall Stiubhart MacDhughail
Gilliaspuig MacTabhais
Domhnull Caimbeul
Domhnull Leeaumuin
E. MacIllein
Niall MacMhuirich
Tearlach Mac Leoid
Donmhnnull McDhomhnnull
Iain Caimbeul
Donnacha Mac Illealain
Seumas Beaton

[MS Gen 1363/42] - cha robh dad air an duilleag seo

[MS Gen 1363/43]

I. Mionaid.

Air anseathamh latha de mhios meadhanach a gheamraidh, sa bhliadhna ochd ceud deug tri deug thar fhichead,⁴¹ choinnich an Comunn Oiseanach'n cuirt no seomar saor nam Modhannaibh 'n Ard Oil Thigh Ghlaschu.⁴² Chaidh a chathair a ghabhail, leth uaire n' deighsheachd le Maisteir Domhnull Mac an t-saoir,

A cheist – An robh na Gaedheil ceart an eiridh suas le Prionnsa Tearlach Iomhair Stiubhart? Labhair Maisdeir Dughall S. MacDhughail gu deasbhriathrach, blathchridheach air taobh nan Gaidheil. Thainig Mr Stiubhart air bord na dheigh san, agus, ma thainig, cha bann gun fe[a]r a d[h']

⁴⁰ maighstirean

⁴¹ 6mh dhan Dùbhlachd 1833 (06/12/1833).

⁴² Chan eil e soilleir càit an robh seo. Is dòcha on fhacal 'mòd' a tha 'modhannaibh' tighinn agus gur e rudeigin mar university court office a bha an sgrìobhadair a' mineachadh.

fheuch e ri's gach argumaid a thug Mr MacDh a thilgeadh bun os cionn le na leanas, a dhfheuchas an do rinn e so.

Air an taobh eile labhair gu cudthromach, deas-bhriathrach mur a labhairt Mr Gilleas[baig] Mc Dhughail agus airson gu ard chainnteach gun seasamh, thug Mr MacLachair freagrach anachart taobh labhair Mr [*beàrn ann an seo*] Dh' fheuch e ri dheanamh a mach gun robh e'n aghaidh riaghailtean ana rioghachd gu'm suidheadh Papanach air cathair Bhreatuinn. Thainig Mr MacIll'Mhichail (no murt fhear nan con) air aghaidh a feuchainn nach robh e soilleir gum bu Phapanach Tearlach.

[MS Gen 1363/44]

A reir cleachdamh a Chomuinn, cheartaich Mr Mac Dhughail an deasboireachd le labhairt a nis. Chaidh a cheisd a chuir agus breith a thabhairt gun robh e ceart do na Gaeidhil eirigh suas le prionnsa Tearlach.

E. MacLaurainn, R.C.

II. Mionaid

Air a cheathramh la deug de mhios meadhanach a gheamhruidh⁴³ choinnich an Comunn Oiseanach n Oilthigh Ghlaschu. Air do Mhai[gh]stir Tearlach MacilleBhrath a chathair a ghabhail, leugh e a cheist a leanas chum deasboireachd leis a Chomun: "Am fearr searmonachadh leis no as easbhuidh a phaipeir - Labhair Mr Beith n toiseach, agus as fheuch e gu soilleir gum bi liubhart nan searmoinibh a b' fhearr araon don t'sluagh agus, don mhinisteir fein, don t-sluagh do bhri gum bheil e cinnteach gun gabh iad tuilleadh seadh nuair chi iad am ministeir fein labhairt tuilleadh luach – agus don mhin[isteir] fein do b fios gum bheil inntinn air a lionadh le barrachd eolais agus cainnte. Labhair Mr MacilleMhichael air an taobh eile mar argumaid air taobh a phaipeir. Thug e suas air mar daoine diadhaigh urramach a leanas,

[MS Gen 1363/45]

an diadhair urramach sin nach mairreann, Anndra MacThomais (Sith do anam), ministeir 'n t-soisgeul n Duneidinn agus an t-Ollamh Chamers, agus ainm no dha eile [(]cha thoirt mi aite san leabhar so do ainm aon don Chomun thoileach naimhdean eaglais na H'Alba, cha dean mi idir e). Na dheigh so thainig Mr Stiubhart air aghaidh agus dh' fheuch e ri argumaidean Mr MhacIllMhi[cheil] a thoirt gu neoni; 'e tu sir', labhair Mr D.S. MacDhughail le uile oraidiche agus inntinn air taobh a phaipeir. Ach gu cuin, samhach ach lan argumaid, dh eirich Mr MacMacMhaighstir agus thug e freagradh air Mr McDhughail. Labhair Mr MacThabhaist agus thuirt e gun robh e n' dochas gum leigeadh buil[!]e a chomuinn leis na ministearan nach b urrainn feum dheanamh dh' easbhuidh a phaper leor feum a dheanamh dheth.

Thanaig Mr Macaphearsain air aghaidh a chuir crìoch air a cheist agus gu deas bhriathrach mur a labhairt, dhe gum be cleachdamh na h' eaglais t' am nan abstol, gus an linn so, sa searmonachadh le roghnamh an spioraid gun fheum sam bith a dheanamh do phaipeir.

⁴³14^{mh} dhan Dùbhlachd 1833 (14/12/1833).

Chuir fear-na-cathrach a cheist agus chaidh breith a thoirt gur e n doigh 's fearr searmonachadh dh' easbhuidh a phaipeir.

E. MacLaurainn, R.C.

[MS Gen 1363/46]

III Mionaid

Air an fhicheadamh latha do mhios meadhanach a gheamhraidh,⁴⁴ choinnich an Comunn Oiseannach ann'n Oilthigh Ghlaschu. Air don ainm chlar a ghairmeadh agus a chathair air a ghabail le Mr Ghourdonn – chaidh a cheist chum deasboireachd ainmeachadh “ Am bu choir coir Eaglaise a bhuileachadh a dheanamh air falbh gu buileach”. Cha robh MacPhearsain, a cheud oradair, a lathair – chaidh Mr Ghunn, an dara oradair, air aghaidh a deanamh a mach gum bu choir stad a chuir air buileachadh eaglaisean.

Lean Mr Stiubhart air an taobh eile gu deas-bhriathrach – mar a b abhaist a feuchainn gum bu choir buileachadh eaglaisean a bhi mar a bha e den bhliadhna 1712, seachd ceud deug agus a dha dheug. Air an taobh eile labhair Mr Beith a feuchainn gum bheil buileachadh eaglais aoraon an aghaidh Eaglais na H'Alba agus gun theagamh an aghaidh Eaglais Chrìost.

Thanaig Mr MacThabhaish air aghaidh agus gu goirid geur bhriathrach reusan no dha airson an eaglais a shuidheachadh mar a bha i sa bhliadhna 1712. Labhair Mr Beith a[ir] ais agus dh' fheuch le argumaidean laideir a dheanamh a

[MS Gen 1363/47]

Mach gum bu ghliocas an sin do dheanamh air falbh le eaglais n' Albba – labhair Mr Dughall S. McDhughail le mor ughdarras agus deaschainnt, chaidh crìoch a chuir air an deasboireachd agus cheist a chuir sios chum a bi air a deasboireachd aris air Di fhaoin mu dheireadh de cheud mhios na bliadhna – A cheist airson an ath oidhche – Am bheil bataichean smuide airson math do Ghaeltachd na Alba

E. MacLaurainn, R.C.

IV. Mionaid.

Air an aon la' deug de cheud mhios na bliadhna⁴⁵ choinnich an Comunn Oiseannach ann 'n Oilthigh Ghlaschu air do'n Chomunn a thuigsinn nach b'urrainn do Mhr. Stiubhart, am fear cathrach, tighinn air aghaidh, shonruich iad Mr Domhnull Mac ant-saoir gu bhith na fhear cathrach. Air don run chleireach dol thairis air a ghairm chlar, agus a mhionaid mu dheireadh a leughadh, leugh fear na cathrach a cheist a lean chum deasbad oirre.

“An do rinn Bata smuide feum do thir nam beann [?]”

Labhair a cheud oradair, Mr D. Cleireach, a deanamh a mach gun robh iad a chum maith don Ghailtachd. Air an taobh eile labhair Mr D.S. MaDhughail – thuirt e gur e a bhairilsa gun robh luchd aiteachadh nam beann na bu shona agus mar an ceudna na bu dhiadhaidh – mum faca iad bata smuide riamh. So tha iad, an thainig

⁴⁴20mh dhan Dùbhlachd 1833 (20/12/1833).

⁴⁵11mh dhan Fhaoilleach 1834 (11/01/1834).

[MS Gen 1363/48]

a ghleadhraich Ghallda, mhi chneasda sin nam measg. An aghaidh so labhair Mr Gilleas[buig] MacDhughail, car uine mhor, a feuchainn le moran argumaidean gun do rinn iad math mor do luchd aiteachadh nan eileanadh agus nam beann's nan gleann.

An sin dheirich Mr MacLachan agus le mor ughdarras agus gu deas bhriathrach rinn e mach gun robh eileanaibh deas agus na h' eilean[an] eile mu thuath nis leannainneach ann 'n nithibh spioradail no na aitean anns bu ghnath leis na bataichean smuide seoladh.

Labhair Mr Beith air taobh nam bata. Thug Mr MacLachan a ris freagradh air. An sin, lean Mr MacMhaighistir a toirt freagradh air Mr MacLachan agus le argumaidean ladair a deanamh a mach gun robh, gum bheil, agus gun dean iad math mor de chor nam beann.

Air an taobh eile, labhair Mr MacIlleMhichail agus air do Mr Camshron leasan a radh, chuir e crìoch air an deasbaboireachd.

Chuir fear na cathrach a cheist agus chaidh aontachadh le aon run a Chomuinn gun do rinn bata smuide feum mor do Ghailtach na' Alba.

Le fear-riaghlaidh an ath-oidhche, Mr G. MacDhughail, Mr Beith, oraidich = A cheud oradair, Mr Camshron, dara MacMhaighister, a cheud fhear fhreagairt MacLachain, dara fear D. Macantsaoir.

E. MacLaurainn, R.C.

[MS Gen 1363/49]

Air an t-seachdamh la' deug do cheud mhios na bliadhna,⁴⁶ choinnich an Comunn Oiseaneach anns an Oilthigh mar bu nos. Air do Mhr. Gill[easbuig] MacDhughail a chathair a ghabhail, ghairm e air Mr Beith gu oraid a leughadh. Cha robh Mr B[eith] deas agus air dha maitheanas iarraidh agus fhaotainn on Chomunn, aig a' cheart am a gealltuinn oraid a leughadh ann an uine ghearr. Leugh an run-chleireach riaghailtean a Chomuinn agus chaidh e thairis air an ainm-chlair agus a mhionaid mu dheireadh. Leugh fear na cathrach a cheist "Am bheil 'm barrachd cumhachd ann an ionnsuchadh no eolas no'm beartas?"

Mr Somhairle Camshron a cheud oradair. Labhair e gu deaschainnteach gu dearbh a deanamh a mach gun bheil ionnsuchadh na's luachmhoir na t-or as deirg dreach. Thuirt e gun robh iad'n so & iomadh airte & Ardnamurchan nan stuchd & Muile nan gleann, bho Shuaineart agus Lochaber nam beann" agus nach eil iad gann a thainig a Pheairt. Tha (chaidh e air a fhaide) iad nas mear a thanaig nis faide na haiteachan sin a dhainnichte mi a chainnt eadhon thar stu[a]dhaibh nan tunn, nach do mhealaich no nuallan na stoirm, no beuchdaibh mara air airde gun arcadh (?) an line⁴⁷ – sann o thug e iad gu cinnteach, treorra na siuil bheachda, bhaidealach an aghaidh nan Orann fada feadanach, 's nuair chaidh 'n long 'n' ordugh's na siubhal, bheireadh i duilleach a beinn 's darach & coill 's chomhachag mhor chiarraibh dreach bliadhna air ain aigann, bheiridh i heig air a beal mor's glass air a h' urlar's thainig, o nall gu h' Albainn bheag bheadarach n graidh.

Chaidh Mr MacLachain air aghaidh air an taobh eile, a deanamh a mach gur e an duine labhair 's mo cumhachd, thuirt e fear a beartas bhaca tuinn a dh'fhas cho measail i. An sin lean Mr Dd MacIntsaoir agus gu deasbhriathrach thug e freagarradh air Mr MacLachi... Dheirich Mr Mac Mhaighistair, agus gu Maighistireil rinn e a mach gur fear colas na beartas – thuirt e ur colas agus gliocas nan Breatannach a dh' fhag e mearail iad agus a thug aite cho onorach dhoibhe.

⁴⁶ 17mh dhan Fhaoilleach 1834 (17/01/1834).

⁴⁷ Air an sadail timhcheall air uachdar na mara mar àrcan?

[MS Gen 1363/50]

M' measg nan sloigh air gach taobh agus anns gach aite 'n theid iad. Labhair Mr Mac ant-saoir a ris agus thuir e gun robh e comasach gum feadhach mach gach tarraing agus planc a fhuineadh do loingear a dheanamh a mach le cunntas, a mach burra' dha cuir suas a dheasbuid le airgiod.⁴⁸

An sin, labhair Mr Stiubhart agus le moran argumaidean air arraon a eachruidh nan Greugach, nan Normanch agus Bhreatannach & multiades (?) nan aon Mhìle airm Ghreugach gu ailt dubh nan traillean againn fein a deanamh a mach gur e ti eolas a rinn feum dhoibh 's gach cas.

Thainig D.S. MacDhughail air aghaidh agus thoisich [e] gu ealamh fileanta [is] laimhsich e argumaidean no dha a deanamh a mach gur maith a agus feumail n' ni beagan airgiod.

Chuir Mr Beith crìoch air an deasboireachd. Chaidh a cheisd a chuir agus breith a thoirt gur fearr lonnsuchadh air airgiod – n gum bheil tuillea cumhach n' eolas no m' beartas.

E. MacLaurainn, R.C.

Air a chuigeadh là fichead do cheud mhìos na bliadhna⁴⁹ choinnich 'n Comunn Oiseanach san Oilthigh mar a b annsa. Labhair Mr MacLachar 'n aite Mr Mhic Phearsain air taobh luchd deanamh air falbh buileachadh eaglaisean.

Lean Mr Camshron air an taobh eile a feuchainn nach bu ghliocas buileachadh eaglaisean a dheanamh air falbh gu buileach. Labhair Mr Beith air n taobh eile, thug e air uachdar buird moran arg[umaidea]n ladair a deanamh a mach gu'm bu ghliocas de eaglais na' Alba a nis so chuir gu buileach air falbh. Thuir e gun robh am ann san robh Eaglais na ' Alba na h-eagal

[MS Gen 1363/51]

[eagal] do naimhdaibh eadhoin nuair bu ghnath leis _____⁵⁰ n Comunn ri Aoradh Dhe a chumail suas na theaghlach. Deanamh air falbh buileachadh eaglaisean agus tha 'n t'am im fagus 's n thigh n'Diaghair Urramach sin, fear sgrìobhaidh Bearla, Cnocs, agus Melville, 's iadsan sa cheart Chomunn ris sit[h]igh⁵¹ a nis fo bhratach Eaglais na [h-] Alba.

Lean Mr Stiubhart air [a]n taobh eile a feuchainn ri argumaidean Mr Lachain agus [Mgr] Bheith, bun oscionn, labhair e car uine mhor a deanamh a mach gun robh e cunnartach buileachadh eaglaisean a dheanamh air falbh gu buileach. Thanaig Mr D McAntSaoir agus thug e freagradh air moran de na thuir Mr Beith agus Mr MacAntSaoir. Chuir Mr Beith crìoch a nis air a cheist agus chuir fear na cathrach a cheist agus thuir e gun robh 'n aireamh co-ionnan air gach taobh. Chuinnt e 'n gach taobh a ris agus thug e fear breith gun bu ghliocas buileachadh eaglaisean fhagail mur a tha e a cheana.

Chaidh taing le aon run a Chomuinn a thoirt do fhear na cathrach airson a ghiulain sa chathair !!

A cheist airson na [h-] 'a[th] oidhche

An coir do Pharlamaid Bhreatuinn no uachdranach no rioghachd roghnadh leosan leis in bu mhiann lomroladh agus dol do rioghdachaibh mach.

⁴⁸ Cruth structur na Beurla air an seo: that he could fit out each nail and plank that went into the ship and could back his boast with cash.(?) An dùil an robh an còmhradh seo is a' Bheurla is air aithris anns a' Ghàidhlig

⁴⁹ 25mh dhan Fhaoilleach 1834 (25/01/1834).

⁵⁰ Chan eil seo soilleir. Na litrichean an seo coltach ri 'peh,' 'poil.' Is dòcha droch sgrìobhadh air 'toil' neo 'rùn' bho cho-theacs an abairt ?

⁵¹ Suidhidh ?

[MS Gen 1363/52]

Air a cheathramh la' deug de cheud mhìos 'n earraich⁵² choinnich'n Comunn Oiseanach san oilthighmur a b abhaist. Chaidh MacThabhaish air aghaidh mar a cheud mar a cheud oradair n' aite Mr Mhic Ile Mhichail, a reusonachadh gu ladair a tagradh taobh na munntir a tha dol a dhionnsuich Rioghachdan eile – Labhair Mr J. Caimbeul air an taobh eile air san thug Mr Lachain gu ladair, deasbhriathrach, freagradh, labhair e moran mu bhochdain na' Alba agus dh' fheuch e ri dheanamh a mach 'm feum a tha dol a mach gu duthaich chum deanamh do mhoran –

Labhair Mr MacPhail air 'n taobh eile agus air san thug Mr Lachain freagradh a ris. Labhar e ri uine mhor a deanamh a mach le argumaidean ladair gur e gliocas ard uachdranaibh na rioghachd cuideachadh leosan leis m bu mhiann dol air nul thar cuanntabh. Thug Mr Camshrom freagradh gu deasbriathrach, ionnsuichte mar a bu ghnath leis n sin lean MacLauruinn agus air san thug MacPhail freagradh gu ullamh, ard bhriathrach. Lean Mr M'Lachain air n taobh eile. Chuir Mr Thabhaish crìoch air a cheisd agus chuir fear na cathrach a chuir agus chaidh

[MS Gen 1363/53]

Chuir fear na cathrach a chuir agus chaidh breith le aon run a chomuinn a thoirt gum bu choir cuideachadh leosan leis m bu mhiann dol nunn thair cuanntaibh.

Le aon run a chomainn chaidh taing a thoirt do Mr Beith airson a ghiulain cothromach sa chathair. 'S i a cheist chum deasboireachd airson na h' ath oidhche, n i staid phosta no 'n staid neo phosda 's sona? Mr M' Lachain na na fhear cathrach.

E. MacLairainn, R.C.

[MS Gen 1363/54] - *[Chan eil dad air an duilleag seo.]*

⁵²14mh dhan Ghearran no Mhàrt 1834.

[MS Gen 1363/55]

Buill a Chomuinn Oiseanaich sa Bhliadhna 1834-35

Alasdair Stiubhart A.M. (IIIIII)
Alasdair Stuart (III)
_____ M' Dhiarmaid (III)
_____ Russel (II)
Aonghas Mac a' Mhaighistir (IIIIII)
Donnachadh Cleireach (II)
Dughall S. M' Dhughail (III)
Gilleaspuig M' Dhughail (IIIIII)
Padr: Caimbeul (IIIIII)
Iain Calder (IIIIII)
_____ Mac Pharlain (III)
_____ Leomhann (IIIIII)
_____ McPhail (I)
_____ McTavish (III)
Seumas Carment (II)
_____ Russell (II)
Sim Friseal (III)
Somhairle Camshron (I)
Tearlach McDhomnuil (IIIIII)
_____ McRath
John Caimbeall
Seumas Mein
Uilleam Mac Dhonuil
Iain Caimbeul

[MS Gen 1363/56] - [*Chan eil dad air an duilleag seo.*]

[MS Gen 1363/57]

Public meeting, Argyle Hotel

A meeting of the Glasgow Ossianic Society called by public advertisement was held in the large hall of the Argyle Hotel on Friday the twenty second of November one thousand eight hundred & thirty four years. L. Mackinnon esquire, one of the honorary members of the society in the chair.

Resolutions

1st. Moved by Mr Stewart, A.M. and seconded by Captain McDonald. That this meeting express the strongest attachment to the place of their births and feel the deepest interest in the promotion of every object that tends to ameliorate the state of the Highlands.

2nd. Moved by D. S. McDougall and seconded by Count (?⁵³) Fitzgerald. That the Gaelic Messenger⁵⁴ was productive of the most beneficial results throughout the Highlands and that it is most desirable that it should be resumed.

3rd. Moved by Mr Alexander Stewart and seconded by Mr John McFarlane. That in order to facilitate its dissemination it would be of highest importance that permission should be obtained from his Majesty's ministers to transmit it

[MS Gen 1363/58]

Post free to all parts of Scotland.

After the meeting was over and a vote of thanks given to the chairman, Mr McLean begged the meeting to resolve itself with a committee of the whole house, which being done, he then moved that as the Reverend Doctor McLeod of Campsie had done [so mu]ch for the literature and moral outlook of his native country he should be presented with a portrait of himself. Which was seconded by Mr McPherson and adopted with enthusiastic applause by the meeting; so much so that ten pounds were subscribed for the portrait in less than as many minutes.

The following gentlemen were then appointed a committee with power to add to their number to memorialise his majesty's ministers regarding the above mentioned resolutions, viz.,

The Very Revd Principal Baird, Edinburgh
[The Very Revd Principal] McFarlane, Glasgow
Dr McLeod, Campsie
Mckinnon, esqr. Glasgow
R. McDonald, W.S., esqr of Staffa.

[MS Gen 1363/59]

Mionaid I. 1834-5

Air an naothamh latha thar fichead do cheud mhios a Gheamhraidh,⁵⁵ choinnich an Communn Oissianach an tigh na cuideachd stuama, Sraid Earraghael, Maighistir Alastair Stiubhart o Bhoichuidir, M.A., gu bhi anns a chathair.

Se cheud ni chaidh chuir an ceill runchleirich thaghadh, n, ait Mhaighistir MhicLaurin. Agus air ball chaidh Dughal Stiubhart McDhughail a roighneadh chum na h'oifig sin. Chaidh cheist a leanas a shonruchadh mar connal (?⁵⁶) connspaid chum na h' ath choinneamh: " Am bu choir na h' Easbuigean a dhruideadh amach o ard thigh comhairle na rioghachd".

Maighistir MacThavish na fhear cathraich.

[Maighistir] Stiubart o Ghleanndaruel a cheug fhear labhairt

⁵³ Grant Fitzgerald? Ach tha an sgrìobhadh nas coltaiche ri 'Count'

⁵⁴ An Teachdaire Gaelach

⁵⁵ 29mh dhan t-Samhain 1834.

⁵⁶ Chan eil seo soilleir. An dàrna cuidh "connadh" air no cruth den fhacail "conn". Bhon co-theacs, adhbhar no cùis deasbaid.

[Maighistir] Stiubart o Bhochuidir [a cheud fear] freagairt
[Maighistir] Camashron, n dara fear labhairt
[Maighistir] A.MacDhugail [an dara fear] freagairt

Chaidh na daoine uaisle a leanas a shionruchadh gu bhi na breitheamhan, agus nan luchd riaghlaidh trid na bliadhna so,

Mr Stiubhart, A.M.
[Mr.] A. McDughaill
[Mr] MacPharlaine
[Mr] Leomhann
[Mr] Camashron
[Mr] Stiubhart
[Mr] Cleireach

Dughal McDhughail, runchleireach

[MS gen 1363/60]

II. Mionaid

Choinnich an Comunn Oissineach mar bu ghna ann an ard Oilthigh Ghlaschu air a chuigeamh latha do dhara mios a gheamhraidh.⁵⁷ Maighistir MacThavish anns a chathair. Air don cheist bhi air a cuir n ceill de fear na cathraich, “Am bu choir na h Easbuigean a dhruideadh a mach o ard thigh comhairle n Rìgh”.

Dh’ eirich Mr Stiubhart o Ghleanndaruel agus thagair e air taobh nan easbuigean ann [a]n oraid anabarrach deasbhriathrach fhada lan do argumaidibh soilleir, laidir agus freagrach, leigeil ris cho feumail sa bha e thaobh a cho cheangail a tha eadar [a]n Eaglais agus [a]n rioghachd gum bith lamh aig nah’ Easbuigean ann [a]n deanamh nan l[a]ghanan sin leis [a]m bheil n’ Eaglais [a]n rioghachd araon air [a]n riaghlachadh. Thug Maighistir Stiubart, A. M., freagairt thapaidh air na thug a cheud fhear labhairt air adhaidh, dearbhadh gu b’ fhear[r] gu mor do na h. Easbuigean, bhi gabhail earann do ghnothuichean spioradail nan sgireachdan achd na bhi n tigh na h. ard chomhairle, chionn gun robh na leoir do dhaoine mor, ionnsuichte, sin cheana, gus [a]n lagh, [a]n da chuid a dheanamh, agus a chuir [a]n gnìomh. Thainig [a]n sin Mr Camashroin air aghaidh agus labhair e gu innleachdach as leath nan Easbuigean.

[MS gen 1363/61]

.....⁵⁸ freagairt ghuineach Sgairteil air Mr Camashroin n’ aghaidh na Easbuigean. Agus [a]n sin, air do mhoran eile do bhuill a Chomuinn [a]m beachd a thoirt air a cheist, chaidh breith a thoirt gum bu choir na h. Easbuigean a dhruideadh a mach a tigh na h. ard chomhairle.

Chaidh a cheist a leanas a shonruchadh airson na h’ ath oidhche: “An robh e chum buannachd do rioghachd na h Alba i bhi air a ceangal ri rioghachd Shassunn.”

⁵⁷ 5mh dhan Dùbhlachd 1834.

⁵⁸ Tha an ince air seargadh an seo. Chan eil mi cinnteach mura leughadh seo ach ‘Thug Gilleaspuig McDhughail’ sgrìobhte an seo?

Air an oidhche so chaidh leabhar ur da'n ainm "An Nuadh Oranaiche Gaelach" a th' air a chuir a-mach fuidhe⁵⁹ thearmain a Chomuinn Oiseanaich le Mr Iain Mac Choinnich, a chuir uaidheasan a dh' ionnsuidh a Choimuinn, mar chomharra air a mhor speis dhoibh agus le aon run a Chomuinn, chaidh iarraidh air an Runchleireach sgrìobhadh a dh' ionnsuidh Mr Mhic Choinnich a dh' aideachadh a chaoimhneis, sa thairgse an taing dha air-son a shuairceis. Do bhrìgh 's nach ceaduicheadh uine do'n Run chleireach, Mr Dughall Mac Dhughail, frithealadh gu bunaiteal teach air a Chomunn aig an uair shuidhichte, chaidh Somhairle Camshron a shonrachadh na aite san: agus a thaobh 's gu faca 'n Comunn iomchuidh gu [a]m biodh leabhar na mionaidean air a gleidheadh ann an Glaschu re

[MS gen 1363/62]

An t' shamraidh, chaidh Mr Dughall Mac Dhughail ainmeachadh gu curan a ghabhail dheth, chionn nach robh an Run – chleireach Somhairle Camshron an comhnuidh tamh s bhaile.

Chaidh na daoine uaisle a leanas a ghabhail a stigh na'm ball do'n Chomunn.

Mr Alasdair Russel
 [Mr] Sim Frisseal
 [Mr] Iain Calder
 [Mr] Seumas Russel
 [Mr] Seumas Carment
 [Mr] Iain Caimbeul

Air iartas o Mhr Alasdair Stiubhart, A.M., leis an d' aontaich an Comunn, chaidh an riaghailt ur so a dheanamh – Gu'm biodh gach aon leis 'm bu mhiann a bhi na bhall do'n Chomunn air a thairgse aig coinneamh agus air a ghabhail a stigh aig am an ath choinneamh – na'm biodh sin air fhaicinn iomchuidh: agus, mar an ceudna, thaobh luchd oraidean, gu'n rachadh dithis ainmeachadh air an oidhche so, aon gu oraid a sgrìobhadh airson na ceud oidhche coinneamh, agus an t' aon eile airson na h' ath oidhche, Is gu 'm biodh an riaghailt so air a cumail suas. Chaidh Mr Alasdair Stiubhart o Ghleann

[MS gen 1363/63]

Daruel ainmeachadh airson na ceud oidhche agus Mr Gilleaspuig Mac Dhughail airson na h-ath oidhche.

Airson na H' ath oidhche	{	A. Stiubhart, A.M. Free Chu na F. C.	John Mac Tavish, F. C.
		A. Stiubhart, Oradiche	
		Mr McPhail	} Fir cheist
		Mr Cleireach	
		Mr MacTavish	} Fir freagart
		Mr Leomhann	

Somhairle Camshron, Run Chl[èireach]

⁵⁹Bhuaithe ?

[MS gen 1363/64]

III. Mionaid.

Air an dara-latha deug do dharna mios a gheamhraidh⁶⁰ choinnich an Comunn Oiseanach an ard Oilthigh Ghlaschu, Mr Stiubhart ann sa chathair. Leubh Mr Alasdair Stiubhart o Ghleanndaruel oraid mu “Chraobh sgaoileadh a creideamh chrìosdail” a thaitinn ris a Chomunn gu sonruichte math o’n doigh phongail ionnsuichte ’s ’n do leig e ris suim na h’ oraid buadhachadh a chreideamh Chrìosdail thar gach saobh-chreideamh agus iodhal-aoradh.

Air do’n cheist “An robh a cheangail ri Sasunn chum buannachd Alba?” a bhi air a leubhadh o’n chathair, dheireich Mr Iain MacPhail mar cheud fhear labhairt a deanamh a-mach gu robh an ceangal ann an iomad seadh chum buannach Albainn; gu h’ araidh thaobh ’s gu robh Albainn a nis sealbhachadh sith agus samhchair o gach cogadh, aimhreit, stri, eas aonach agus falachd a bha gu soilleir ri fhacinn mu a deachaidh i fein agus rioghachd Shasunn a thaobh ri cheile le banntaibh a cheangail.

Fhreagair Mr MacThavish gu pongail, tapaidh, mu chaidh a radha leisean, agus thug e, mar an ceudna,

[MS gen 1363/65]

air aghaidh agus lean air taobh eile na ceiste. Dheiridh an sin Mr Cleireach, an dara fear labhairt, ’s cha d’ fhag e bheag ri cheile do na chaidh a radh le Mr McThavish – gu soillear a dearbhadh buannachd a cheangail. Airsan, thug Mr Dughall MacDhughail freagairt gu fileanta, sgartheil, a riasladh na chaidh a thabhairt air aghaidh le luchd tagraidh a cheangail.

Na’n deigh san labhairt aon no dha do bhuill a chomuinn air gach taobh; ’n uair chriochnaichidh an deasboireachd, chaidh gairm air a Chomunn ’m breith thabhairt seachad, ’s fhuaireas an [cuid] bu lionmhor a fabhar a cheangail.

Chaidh a’ sin a cheist “Am bu choir na ludhaich a bhi air an deanamh saor?” a shonrachadh fa chomhair deasboireachd na h’ ath oidhche, Mr Leomhann gu bhi sa chathair.

Oraidiche

Mr Alasdair Stiubhart, A.M.

Mr Alasdair Stiubhart

}

Fir labhairt

Alasdair Russel

Sim Friseal

}

Fir fhreagairt

Dughall MacDhughail

Alasdair Stiubhart, F. Cathrach
Somhairle Camshron, Runchleireach

⁶⁰ 12 Dùbhlachd 1834

[MS Gen 1363/66]

IV. Mionaid

Air an naoithamh latha deug do mhios meadhan a gheamhraidh⁶¹, choinnich an Comunn Oiseanach ann 'n Oilthigh Ghlascho, Mr Leomhann ann sa chathair. Leubh Mr Gilleaspuig MacDughuill oraid "An Oilean," a lan thaitinn air a Chomuinn a leigeil fhaicinn cho feumail'sa bha ionnsachadh do shean 's do 'dh og.

Air do 'n cheist "Am bu choir na Iudhaich 'bhi air an deanamh saor" ?a bhi air a cur bho'n chathair, labhair Mr A. Stiubhart gu laidir air taobh na 'n Iudhach. Na dheigh san, 'dheirich Mr Frisseal a tagradh nach bu choir an deanamh saor – airson thug e Mr Russel freagradh – thainig a sin Mr Dughall MacDughuill air aghaidh, a dearbhadh nach robh coir aca air tuilleadh saorsa na bha iad a cheana sealbhachadh agus nach robh e iomchuidh a thabhairt dhaibh. N' deigh do chuid eile do bhuill a Chomuinn a'm barail a thabhairt seachad, chaidh crìoch air an deasboireachd air do bhreith bhi air a thabhairt nach bu choir na Iudhaich a bhi air an deanamh saor.

[MS Gen 1363/67]

Air an oidhche so chaidh le aon run a chomunn Mr Iain MacChoinnich a ghabhail a stigh mar bhall urramach do'n Chomunn Oiseanach.

Chaidh a cheist "Co dhiu a bha tuilleadh math na uilc a sruthadh 'o ghloir["] – mhiannachadh" a shonrachadh airson na h' ath oidhche. Mr Alasdair Stiubhart gu bhi sa chathair.

Mr Iain MacPhail na oraidiche

Mr Seumas Carment's

DonnchadhCleireach

}

Fir labhairt

Iain McPharlane

Iain Leomhann

}

Fir freagairt

Alasdair Stiuart, F. C.
Somhairle Camshron, R.C.

Air a cheathramh – latha fichead do mhios meadhanach a gheamhraidh⁶², choinnich luchd riaghlaidh a Chomuinn ann's an Oilthigh air iarrtas a chinn-shuidhe, Mr Stiubhart, A.M., agus chunnaic iad iomchuidh gu'm biodh a cheathramh latha deug do mhios mu dheireadh a gheamhruidh air a shuidheachadh airson treas dinneair bhliadhnaidh a Chomuinn Oiseanaich ann an Tigh – Osda Earraghaeil; agus gu'm biodh fios air a thabhairt mu dheighinn ann am paipeir naidheachd.

Alasdair Stiubhart, C. S.

⁶¹ 19 Dùbhlachd 1834⁶² 24 Dùbhlachd 1834.

[MS Gen 1363/68]

V. Mionaid

Air an naoidhe latha do cheud mhios na bliadhna MDCCCXXXV,⁶³ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlascho, Mr Stiuart ann sa chathair.

Leubh Mr Alasdair Stiubhart, A.M., oraid “Air a chunntas a tha Maois a tabhairt mu chruthachadh an t’shaoghail,” a lan thaitinn ris a Chomunn.

Air do’n cheist “Co dhiu a bha tuilleadh math, na uilc a sruthadh o ghloir-mhiannachadh” a bhi air a cur bho’n chathair, dheirich Mr Carment, a cheud fear labhairt, a deanamh a mach gun robh tuilleadh uilc no math a sruthadh o ghloir – mhiannachadh, ’s a tabhairt moran argumaidean air an aghaidh a dhaingneachadh na cuise.

Na dheigh san, dh-eirich Mr McPharlane air an taobh eile, a tabhairt freagairt air na chaidh a radha le Mr Carment. Lean an sin na aghaidh san Mr Cleireach, an dara fear labhairt, ’s air san thug Mr Leomhann freagradh. N deigh do’n deasboireachd a bhi air a cumail suas ri tamuil le buill eile a Chomuinn, chaidh crìoch oirre le breith a bhi air a thabhairt seachad gu robh tuilleadh math na uilc a sruthadh o ghloirmhiannachadh

[MS gen 1363/69]

Bh....dh a⁶⁴ bucho[ir] do dh- arm [seas]mhach a bhi san rioghachd?” a chomhurrachadh airson na h-ath oidhche.

Mr Gilleaspuig Mc Dhughail gu bhi sa chathair.

Mr Dughall McDhughail na oraidiche.

Mr Aonghas MacaMhaighstir [agus Mr] Alasdair Stiubhart [nam] Fir fhreagairt

[Mr] Padruig Caimbeul [agus Mr] Alasdair Stiuart [nam] Fir fhreagairt

Air an oidhche so chaidh, bocsa de dh’ iarann geal maille ri bata-dreuchdann-airgid; adhairc cinn-airgid air a deanamh na bocsa snaoisein; bocsa ghrann, h-aon deug do bhoineadean breachd, agus Faclair Gaelic Phadruig Mhic Pharlane, a liubhart thairis do’n Chomunn Oiseanach le Mr Donnachadh MacNil, aon de bhuill a Chomuinn. Sin da’m buineadh am bocsa – ’s e t-ainm dhaibh “Comunn na Fìor Ghael” an Glascho, ach cha do choinnich iad o’n bhliadhna 1823. Ghabh an Comunn Oiseanach am bocsa ’s na bh’ I ann gu lan thoileach, agus chaidh iarraidh air an Run-chleireach sgrìobhadh a dh-ionnsuidh Mr Mhicnil a thairgse dha ar taingsan airson a chaoimhneis: aig an am cheudna chaidh Mr MaNill a ghabhail a stigh na bhall urramach do’n Chomunn Oiseanach.

Alasdair Stiuart, F.C.
Somhairle Camshron, R.C.

⁶³9 Faoilleach 1835.

⁶⁴ Chaidh bàrr duilleag an leabhraìn a mhilleadh le bùrn aig àm air choireigin agus tha an sgrìobhadh air seargadh.

[MS gen 1363/70]

VI. Mionaid

Air an t-seathadh latha deug do cheud mhios na bliadhna,⁶⁵ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlascho, 's do bhrìgh 's nach d-thainig Mr G. MacDhughail air adhart aig an am, shuidhichte, chaidh Mr A. Russ[el] a ghairm do'n chathair. Air do'n cheist a bha air a chomharrachadh chum deasboireachd na h-oidhche a bhi air a cur, dh-eirich Mr P. Caimbeul, a cheud fhear labhairt, a dearbhadh air seadh no dha, nach bu choir arm seasmhach a bhi san rioghachd. Lean e Mr Stiubhart, A.M., air an taobh eile, a tabhbairt freagairt air argumaidean Mhr Caimbeul. Na dheigh san thanig Mr Stiuart air aghaidh a daingneachadh na chaidh a radha leis a chiad fhear labhairt, 's a nochdadh barrachd argumaidean air an taobh sin, ach orra sin thug Mr Mac a Mhaighistir lan fhreagradh. 'N uair a chaidh crìochan an deasboireachd, feudar a radha, gu robh an Comunn aon-inntinneach ann a bhi a togailan guth gu'm bu choir Arm seasmhach a bhi 's an rioghachd.

'S i cheist a chaidh a shonrachadh airson na h-ath oidhche " a bheil achd mu dheireadh Ard sheanadh Eaglais na h-Alba a thaobh gairm Ministear gu sgìreachd buannachd[ail]?["]

[MS Gen 1363/71]

Mr Cleireach gu bhi na oraidiche.

Mr Stiubhart, A.M., na fhear cathrach

Mr Cleireach [agus] Mr Gilleaspuig MacDhughail [nam] Fir labhairt
Somhairle Camshron [agus] [Mr] Alasdair RusselAlasdair Russel, F.C.
Somhairle Camshron, R.C.**An Dinneir Oiseanach**

Air an aon latha fichead do cheud mhios na bliadhna⁶⁶ chaidh treas dinneir bhliadhnail a Chomuinn Oiseanaich a chumail ann an seomar mor tigh osda Earra Ghaeil, an t-Ollamh McLeod Champsie, dara ceann suidhe a Chomuinn Oiseanaich aig ceann a bhuid, Mac Allasdair Innisdriudhuich air a laimh dheis, is Caimbeulach na h-Oitèir air a laimhe chli. Mr Lachlan McIlleathain aig a cheann eile, an Caiptein McIlleathain as an Eilein Sgiathanach air a laimh dheis, 's Mr Mac a Phearsain a Denny air a laimh chli. Bha moran do dhaoine uaisle measail 'o gach ceann' do'n Ghaeltachd mun cuairt do'n bhord. Is iomadh deoch slainte rioghail a chaidh ol agus oran sunndach a chaidh a shuinn. Bha Piobaire san lan eideadh Ghaelach a spaidsearachd air ar beulaibh 's a cluich air a phiob mhoir puirt cliutach ar dinnearan. Bha 'n conaltradh na h-oidhche gu leir ann sa

⁶⁵ 16 Faoilleach 1835⁶⁶ 21 Faoilleach 1835

[MS gen 1363/72]

Ghaelic gu sgeanail, pongail, gu'n measgachadh Beurla 's gu 'n truailleadh 's iadsan a bha togail deoch-slaime labhair iad gu deas fileanta, gu'n mheang, gu'n chearb, a dearbhadh mar so, buannachd a Chomainn Oiseanaich dhoibhsan a bhuineadh dha.

Bha gach aon a bha an lathair lan toilintinn – cha robh smal na gruaman air gnuis, gach aon a beachdachadh le tlachdan air na chunnaic 's air na chuala iad. 'S coir a radh gu robh a chuir a chuireadh air ar beulaibh ro chluiteach do Mr Macnaceaird, fear an taighe. Am measg na deochan slainte, cuimhneachain a chaidh ol, feudar an fheadhainn so' leanas ainmeachadh, a bha air an labhairt seachad le buill a Chomainn Oiseanaich. An Comunn Oiseanach leis an Ollamh McLeod, ga'n d-thug an Run-chleireach taing an ainm a Chomuinn sa, thug seachad aig an am cheudna deoch slainte son na n Gael an duthchann ceinn.

[*chaidh deoch slàinte a mholadh mu*] Eaglais na h-Alba, [/*e*] Mr Stiubhart, A.M.

[*chaidh deoch slàinte a mholadh mu*] Am prìomh cheannard MacFarlane, 's Oilthigh Ghlaschu, [/*e*] Mr Cleireach

[*chaidh deoch slàinte a mholadh mu*] Soirbheachadh do'n Ghaelic, [/*e*] Mr MacIlleathain

[*chaidh deoch slàinte a mholadh mu*] Marcus Dhughlais, Ard Cheann Suidhe Chomuinn Oiseanaich le Mr Aonghas MacMhaighistir

Deoch cuimhneachain Shenelair Stiubhart Gharth, 's na'n Gairgeach Gaelach, [/*e*] Mr Dughall S. McDhughail

[Deoch slàinte] An Ollamh Stiubhart, Luss, 's Eadar- theangairean na sgrìobtur, [/*e*] Mr McPhearsaing

[Deoch slàinte] Oisein 's na 'm Baidan (?) Gaelach – [/*e*] Mr Carment.

[MS gen 1363/73]

VI. Mionaid

Air an treas latha fichead do cheud mhios na bliadhna⁶⁷ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlaschu. Mr Stiubhart, A.M. anns a cathair. Leubh Mr McPhail oraid, "Mudheibhinn beatha an duine" a lan thaitinn ris a Chomunn.

Air do'n cheist "A bheil achd mu dheireadh Ard Sheanadh Eaglais na h-Alba a thaobh gaeirm ministear gu sgìreachd buannachdail?" a bhi air a cur, dh-eirich Mr Cleireach a dhearbhadh gu robh e chum buannachd; 's a thabhairt freagairt airsan, sheas Mr Camshrom air a thaobh eile, na dheigh san thainig Mr Gilleaspuig MacDhughail air adhart, a deanamh a mach gu robh an t-achd so buannachdail; airson thug Mr Russel freagradh. 'Nuair a chaidh crìoch air an deasboireachd, thug an Comunn breth nach robh an t-achd buannachdail.

'Si cheist a chaidh ainmeachadh airson na h-ath oidhche, "Co dhiubh bu choir do luchd riaghlaidh na rioghachd suidhe: seachd no trì bliadhna sa pharlamaid?"

Mr McPhail gu bhi na fhear cathrach

Mr A Russel gu bhi na oraidiche

⁶⁷ 23 Faoilleach 1835

[Mr] Stiuart [agus Mr] Cleireach [nam] Fir labhairt

[Mr] Friseal [agus Mr] McTavish [nam] Fir freagairt

Alasdair Stiubhart
Somhairle Camshron, R.C.

[MS Gen 1363/74]

Chaidh Mr Alasdair McDhiarmaid agus Mr Tearlach McRath a ghabhail a stigh air an oidhche do na'm buill do'n Chomunn Oiseanach.

VII. Mionaid.

Aor an t-seatha latha do cheud mhios an Earraich,⁶⁸ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlascho. Mr McPhail ann sa chathair. Air do'n cheist airson deasboireachd na h-oidhche a bhi air a cur, dheirich Mr Stiuart a cheud fhear labhairt a dhearbhadh nach bu choir do luchd riaghlaidh na rioghachd suidhe sa Pharlamaid na b' fhaide na tri bliadhna, air an d thug Mr Friseal freagradh; na dheigh san thainig Mr Cleireach air aghaidh ris an taobh eile, 's do bhrìgh 's nach robh an dara fear freagairt a lathair, sheas Mr Camshron a suas na aite, a thagradh gu'n robh e iomchuidh luchd riaghlaidh na rioghachd a shuidhe seachd bliadhna sa pharlamaid, & sin deigh do'n chuid a bhi air a deasboireachd gu h-ealanta air gach taobh chaidh breth a thabhairt gum bu choir dhoibh suidhe re sheachd bliadhna.

Si cheist a chaidh a chuir mu choinneamh na h-ath oidhche, "A bheil an t-Achd sin da'n goirear an coitcheann

[MS Gen 1363/75]

"An t-Achd ath-leasachadh – a chaidh a chionn ghoireaid a dhealbh leis a Pharlamaid ceart agus cothromach.[“]

Sim Fricseall gu bhi na fhear-cathrach

[Mr] Carment [agus Mr] MacFarlane [nam] Fir labhairt

[Mr] D.S. McDhughail [agus] [Mr] Stiuart [nam] Fir freagairt

Air do Mr D.McDhughail a leigeil ris do'n Chomunn gu'n robh a nise leabhar-lann ga 'chuir ri cheile airson a Chomuinn Oiseanaich, 's mar 'n ceudna a dhurachd gu'n thugadh gach aon do'n Chomunn seachad leabhar airson toiseachadh, dh-aontaich iad leis gu leir le mor thlachd as thaitinn a chuir riuthe gu sonruichte.

Iain MacPhail, F.C.
Somhairle Camshron, R.C.

⁶⁸ 6mh dhan Ghearran, 1835

[MS Gen 1363/76]

VIII. Mionaid.

Air an dara latha deug do cheud mhios an Earraich, choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlascho, Mr Friseal ann sa chathair. Leubh Mr A. Russel oraid - Mu dheidhinn “Ealain thomas ’s aireamh” - a thaithinn ris a Chomunn. Air do cheisd deasboireachd na h-oidhche a bhi air a cur ro’n chathair, labhair Mr Carment, a cheud fhear labhairt, a leigeil ris gu’n robh an t-Achd Athleasachaidh ceart agus cothromach, air an d’thug Mr D. McDhughail freagradh; ‘sa chionn ’s gu’n d’ thainig air Mr Macfarlane an Comunn fhagail, mu ’n a thanig am dha labhairt, sheas Mr A. Russel na aite mar dhara fear labhairt; ‘s na dheigh –san thainig Mr Stiuart air adhaidh air an taobh eile. Air do’n deasboireachd a bhi seachad chaidh breth a thabhairt nach robh an t-Achd Athleasachadh ceart agus cothromach. ‘Si cheist a chaidh a chuir mu choinneamh na h-ath oidhche, “An robh e ceart do na Gaeil eiridh le Prionns’ Tearlach?”

Mr A. Russel gu bhi sa chathair.

[Mr] D. McDhughail [agus] [Mr] S. Camshron [nam] Fir labhairt
[Mr] D. Cleireach [agus Mr] A. Stiuart [nam] Fir freagairt

Shim Friseal, F.C.
Somhairle Camshron, R.C.

[MS Gen 1363/77]

IX Mionaid.

Air an aon-latha-fichead do cheud mhios an Earraich,⁶⁹ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlascho, Mr Al. Russel ann sa chathair. Air do’n cheist “An robh e ceart do na Gaeil eiridh le Prionns’ Tearlach?” a bhi air a cur, labhair Mr D. McDhughail a cheud fhear labhairt air taobh na’n Gaeil a deabhadh gu robh e ceart dhoibh eiridh leis a Phrionnsa; air-san thug Mr Cleireach freagradh; na dheigh san labhair Mr Camshron air an taobh eile air an d-thug Mr Stiuart freagradh. Air do’n cheist a bhi air a deasboireachd gu h-ealanta air gach taobh, chaidh breth a thabhairt gu robh e ceart do na Gaeil eiridh an aobhar Phrionns’ Tearlach.

‘Si cheist a chaidh a chomharrachadh airson na h-ath oidhche “An coir do luchd riaghlaigh na rioghachd gealladh a thabhairt gu’m bi an giulan’s Pharlamaid mar a b’ aill leosan a tha ga’n cuir suas mar an riochdairean?”

Mr Carment gu bhith na fhear-cathrach
[Mr] McPhail [agus Mr] P. Caimbeul [nam] Fir labhairt
[Mr] Stiubhart, A.M. [agus Mr] Friseal [nam] Fir freagairt

Alastair Russel, F.C.
Somhairle Camshron, Run chleireach

⁶⁹ 21mh dhan Gearran 1835

[MS gen 1363/78]

X. Mionaid

Air an t-seathamh latha do dhara mios an Earraich, choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlascho [le] Mr Carment ann sa chathair. 'N uair a chaidh ceist deas bhriathrachd na h-oidhche a leubhadh o'n chathair, dheirich Mr McPhail, a cheud fhear labhairt, a dhearbhadh nach bu choir ceangal sa bith a bhi orrasan tha dol suas do'n Pharlamaid; 's na dheigh labhair Mr Stuart an aite Mr Stiubhart, A.M., nach robh an lathair. Air an taobh eile sheas Mr. D. McDhughail an aite Mr P. Caimbeul nach robh a' lathair. 'Nuair a chaidh crìoch air an deasboireachd, feudar a radh gu robh an Comunn aon sgeulach ann a bhi tabhairt am breth nach bu choir dhoibhsan a tha dol do'n pharlamaid ead fein a cheangal le geallaidhean da'm luchd ainmeachaidh. Si cheisd airson na h-ath oidhche, Co dhiu's roghainnaiche, a bheatha aonaranach na bheatha chaidreamhach?

Mr McDhughail na fhear cathrach

[Mr] Stiuart [agus] [Mr] S. Russel [nam] Fir labhairt
[Mr] McThavish [agus Mr] McRath [nam] Fir freagairt

Seumas Carment, F.C.
Somhairle Camshron, R.C.

[MS gen 1363/79]

XI. Mionaid

Air an treas latha deug do dhara mios an Earraich,⁷⁰ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlascho. Air an oidhche so leubh Mr Macarothaich aireamh de dhain spioradail a bha mhiann air a chlo-bhualadh, sa thaobh 's gu robh toile aige an Comunn Oiseanach a dheanamh an dichioll a chuideachadh leis na oidheirp. 'S air alt's gu'm biodh cothrom aca air barail a thabhairt air na dain, thaining e lathair agus leubh e cuid dhiubh. Thaitinn iad ris a chomunn 's thug iad taing do Mhgr Macarothaich a chionn tighinn air adhart ga'n leubhadh dhoibh.

Mar an ceudna air an oidhche so, thug Mr McDhiarmaid da leabhar do leabhar-lann a Chomuinn Oiseanaich, Mr Tearlach MacDhonuill, fear eile agus Mr D. McDhughail, fear eile. Thug an Comunn taing dhoibh airson a suarceis. Air a choinneamh mu dheireadh chaidh iarraidh air Mr D. McDhughail leabhraichean Gaelic a cheannach (air son leabhar lann a Chomuinn) ann an aon de na aiteachan sin sa bheil iad a reichd leabhraichean le co-thairgse. Cheannaich e trì leabhraichean, agus thug an Comunn taing dha airson mar chur e n gnìomh an gnothach a chaidh earbsa ris. Bha n uine air a tabhairt suas cho mor leis na gnothuichean a thainig air beulaibh a chomuinn 's gu fac iad iomchuidh an deasboireachd a leagail

[MS Gen 1363/80]
gus an ath oidhche.

D.S. MacDhughail, F.C.
Somhairle Camshron, R.C

⁷⁰13mh dhan Mhàrt 1835.

XII. Mionaid

Air an t-sheachdamh latha thar fhichead do mhios meadhanach an Earraich,⁷¹ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oil-thaigh Ghlaschu, Mr D. McDhughail ann sa chathair. Chaidh na riaghailtean a leanas a leasachadh a thaobh na'n oraidean a tha ri bhi air a sgrìobhadh re an t-Shamruidh.

1. Riaghailt – gu'm bi tri oraidean air an sonruchadh a mach gu bhi air a sgrìobhadh an am an t-samhruidh le buill a Chomuinn Oiseanaich – gu'm bi te dhiubh na bardachd.

2. Gu'm bi te do na oraidean mu "Shinnsearachd a Ghaeil," te eile mu "na nithean a tha gu sonruichte comharrachadh a mach Bardachd Oisean" 's gum bi an oraid bhardachd mu "I-Challum-Chille." Nach fhaid a h-aon dhiubh bhi ni's fhaide na ghabhas leubhadh ann an uair de dh' uine; 's gu'm bi iad air a 'n tabhairt a stigh don Run chleirich a Chomunn Oiseanaich air a cheud latha do dharna mios a gheamhruidh, no roimhe sin sa bhliadhna 1835.⁷²

3. Gu'm bi na daoine uaisle a leanas na'm breitheamhan: darna ceann-suidhe a chomuinn; an t-Ollamh MacLeoid Champsie; Mr McNeachduinn, ministear Chillebride an Arruin.

[MS gen 1363/81]

Agus Mr McDhomhnuill, Fear Staffa, s gu'm bi e n comas na'n daoine uaisle seo tuilleadh a chuir ri'n aireamh ma chi iad sin iomchuidh.

4. Gu'm bi duais onarrach air a tabhairt seachad de gach aon do'n da oraid is fear air gach ceann oraid a chaidh ainmeachadh, ach gu'm bi comas aig na briteamhan an t-aireamh a mheudachadh, mu chi iad sin freagarach.

5. Gu'm bi na riaghailtean so air an cur ann sa phaipeir naigheachd sin ris an abrar a 'Herald,' 's gu'm bi na duaisean onarrach air an liubhart aig an Dinneir Oiseanaich 'sa bhliadhna 1836, agus nach fhaod.

6. Agus nach fhaod ball urramach do'n Chomunn feuchainn ri aon de na duaisean onarrach so a bhuannachd.

Air do na riaghailtean so bhi nis a socrachadh chaidh a cheisd a chuireadh mu choinneamh na h-oidhche a dheasboireachd agus thugadh breth gur I staid chaidreamhach's roghainniche. Si cheist airson na h-ath oidhche, "Am bu choir comas a bhi aig an t-sluagh gu iomlan a'm ministerir fein a thaghadh?"

Mr Cleireach gu bhi na fhear – cathrach

Mr Carment na oraidiche

[Mr] Carment [agus Mr] MacPhail, [nam] Fir labhairt

[Mr] A. Stiuart [agus Mr] Mc a Mhaighstir [nam] Fir freagairt

D.S. MacDhughail, F.C.
Somhairle Camshron, R.C.

⁷¹ Dihaoine 27mh dhan Mhàrt 1835

⁷² Dimàirt, 1d latha dhan Dùbhlachd, 1835.

[MS Gen 1363/82]

XIII. Mionaid

Air a cheud Di h-aoine do mhios mo dheireadh na h-Earraich,⁷³ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlasgho, Mr Cleireach ann sa chathair. Leubh Mr Carmant oraid mu dheibhinn “Ciuil” a lan thaitinn ris a Chomunn. Air do’n cheisd a chaidh a chur mu choinneamh a h-oidhche a dheasboireachd gu h-ealanta air gach taobh chaid[h] breth a thabhairt nach bu choir comas a bhi aig an t-sluagh gu h-iomlan a’m ministear a thaghadh. Chaidh na daoine uaisle a leanas a dheanamh na’m buill urramach do’n Chomunn, Mr Niall McChoinnich ministear Feirt,⁷⁴ Mr Iain Mc Laurainn o’ Chanada, Mr Alasdair Stiubhart, A.M., o Bhochuidir

Donnachadh Cleireach, F.C.
Somhairle Camshron, A.M., Run chleireach

[MS gen 1363/83 - chan eil dad sgrìobhte air an duilleag seo]

[MS Gen 1363/84]

Buill a Chomuinn Oiseanaich ‘sa bhliadhna 1835-36

1. Alasdair Stiuart
2. Donchadh Cleireach
3. Dughall S. MacDhughail
4. Gilleaspuig McDhughail
5. Iain Maccobhainn
6. ——— MacFarlane
7. ——— MacPhail
8. ——— MacThavish
9. Niall Meinnearach
10. Seumas Carment
11. Sim MacIntoisich
12. Somhairle Camshron
13. Tearlach MacRath
14. Donull Maclonmhuinn
15. Dughall MacIlletheanaich
16. Lachlann Maclonmhuinn

⁷³ Dihaoine 3mh dhan Ghiblein 1835

⁷⁴ Tha am facal seo air a ghànrachadh le meall ince agus duilich a leughadh ach tha e coltach ri ‘Feirt.’ Peart?

[MS gen 1363/85]

I. Mhionaid, 1835-36

Air an fhicheadamh latha de cheud mhios a Gheamhruidh,⁷⁵ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlaschu, Mr Iain MacThavish ann sa chathair. Chaidh gairm air Mr Dughall S. MacDhughail gu cunntas a thabhairt air gnothuichean a chaidh a dheanamh ann san t'shamradh le cuid de dhaoine uaisle bhuineadh do'n Chomann Oiseanach ach chaidh a chuis a leigeil seachad gus an ath oidhche coinneamh.

Chaidh a cheist a leanas a shonruchadh airson deasboireachd na h-ath oidhche: "Bheil roinn an fhearainn na Ghabhailaichean buannachdail do'n Ghaeltachd?"

Mr Carment gu bhi na fhear-cathrach

[Mr] McPhail [agus Mr] D.S. MacDhughail [nam] Fir labhairt

[Mr] Stiuart [agus Mr] McThavish [nam] Fir freagairt

Eoin Mac Tavish

Somhairle Camshron, A.M., R.C.

[MS Gen 1363/86]

II. Mionaid

Air an t-sheachdamh lath thar fhichead de cheud mhios a' Gheamhraidh⁷⁶, choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlascho, Mr Carment ann sa chathair. Bha cheist air a deaspad gu h-ealanta leis na daoine uaisle labhair air gach taobh, leig iad fhaicinn an mineolas air staid na Gaeltachd araon san aimsir a dhalbh agus as an am a tha lathair. Bha Mr McPhail agus Mr MacDhughail a dearbhadh nach robh na Gabhailaichean mora buannachd[ail] do'n Ghaeltachd agus Mr Stuart 's Mr McThavish a tabha[inn] freagradh orrasan. 'N uair a chaidh moran a radh air ga[ch] taobh thug an Comunn am barrail nach robh na Gabha[i]lichean buannachdail do'n Ghaeltachd. 'Se cheist a chaidh a chuir a-mach airson na h-ath oidhche "a bheil Paipearan naigheachd buannach[dail]"⁷⁷

Mr A. Stiubhart gu bhi na fhear-cathrach

[Mr] A. MacDhughail [agus] [Mr] Carment [nam] Fir labhairt

[Mr] Camshron [agus Mr] Cleireach [nam] Fir freagairt

Chaidh Mr Iain McDhonnell agus Mr Iain McEobhain a ghabhail a stigh na'm buill de'n Chomann Oiseanach an oidhche so. Aig an am cheudna chaidh ainmeanan na'n daoine uaisle leanas a bha air an ainmeachadh mar buill de n Chomunn le cuid de dhaoine uaisle bha...

⁷⁵ 20mh dhan t-Samhain 1835

⁷⁶ 27mh dhan t-Samhain 1835

⁷⁷ Tha crìoch an fhacal seo air a dhol far na duilleig.

[MS Gen 1363/87]

A bha chomhnuidh ann an Glascho san t-Shamradh a chuir air beulaibh a Chomuinn le Mr Dughal S. McDhughail.

Mr Thaddeus Conellan a Eirinn

[Mr] Iain McChoinnich

[Mr] Donall McFarlane

[Mr] Alasdair Maca Reothaich

[Mr] Iain McDhonuill, InbhirNiss

[Mr] Iain McDhonuill 21 Sraid Earraghaeil

[Mr] Iain Caimbeul, 60 Sraid Mhaxwell

[Mr] Alasdair Camshron, Sraid Mhic a Chananaich

[Mr] Eachann Granndach

[Mr] Alain Fullarton

Chaidh a sin an gabhail a stigh na'm buill do'n Chomunn Oiseanach.

Seumas Carment, F.C.
Somhairle Camshron, R.C.

[MS gen 1363/88]

III. Mionaid

Air a cheathramh latha de dharna mìos a Gheamhraidh⁷⁸ choinnich an Comunn Oiseanach ann san Oilthigh, Mr McEobhainn ann sa chathair (thaobh's nach robh Mr Stiuart a lathair aig an am). Chaidh a cheist, "A bheil Paipeirean Naigheachd buannachdail" a dheasbad gu sgoinneil, foghlumte air gach taobh an darna h-aon a dearbhadh an uilc a tha sruthadh a phaipearan naigheachd, 's an t-aon eile leigeil fhaicinn an fheum a bha iad a deanamh. Thug an Comunn am breth gu'n robh iad buannachdail. 'Si cheisd a chaidh a chuir a mach airson na h-ath oidhche "a bheil fath eagail ann gu'm bi atharrachdadh cunnartach no ceannairc san rioghachd?"

Mr McPhail gu bh na fhear – cathrach

[Mr] Carment [agus Mr] D. S. McDhughail [nam] Fir labhairt

[Mr] Stiuart [agus Mr] Cleireach [nam] Fir freagairt

Aig a choinneamh so, thairg Mr D. Cleireach a bhi cuidhteas a bhi na ionmhasar agus thain[i]g Mr Camshron a bhi cuidhteas san Run-chleireachd.

[MS Gen 1363/89]

Ach le aon run a Chomuinn chaidh an taghadh a ris agus taing a thabhairt doibh air son mar a chuir iad an dleasnas an gnìomh do'n Chomunn san am a dhalbh.

Iain MacEobhain, F.C.
Somhairle Camshron, R.C.

⁷⁸ 4 Dùbhlachd 1835

IV. Mionaid

Air an aon-latha-deug de dharna mìos a gheamhraidh,⁷⁹ choinnich an Comunn Oiseanach ann san Oilthigh, Mr McPhail ann sa chathair. Air do'n cheist "A bheil fath eagail ann gu'm bi atharrachadh cunnartach no ceannairc san rioghachd a bhi air a leughadh, labhair na daoine uaisle a chaidh a shonruchadh amach air gach taobh, gu deas foghlumte, 's nuair a chuireadh crìoch air a chuis, thug an Comunn am barail gu'n robh fath eagail gu'm biodh atharrachadh cunnartach san rioghachd. Si cheist a chuireadh a mach airson na h-ath oidhche, "An robh e ceart da na Gaeil eiridh le Prionns Tearlach?"

Mr McRath gu bhi na fhear cathrach

[Mr] Stiuart [agus Mr] McEobhain [nam] Fir labhairt

[Mr] Camshron [agus Mr] McPhail [nam] Fir freagairt

[MS gen 1363/90]

Chaidh Mr Niall Meinnearach a ghabhail a stigh na bhall de'n Chomunn air an oidhche so.

V. Mionaid.

Air an ochdamh latha de mhios deireannach a gheamhraidh⁸⁰ choinnich an Comunn Oiseanach ann san Oilthigh, Mr Carment ann sa chathair. Bi cheist "An robh e ceart do na Gaeil eiridh le Prionns' Tearlach?" 'S an deigh dhith bhi air a deaspad, thug an Comunn am breth gu robh e ceart do na Gaeil eiridh an aobhar Thearlaich.

'Si cheist airson na h-ath oidhche, "Co dhiu 's urramaiche, feallsanachd naduir, na feallsanachd na h-inntinn?"

Mr A. McDhughail gu bhith na fhear cathrach.

[Mr] Stiuart [agus Mr] McAntoisich [nam] Fir labhairt

[Mr] McPhail [agus Mr] Camshron [nam] Fir freagairt

Chaidh Mr Stiuart, Carment, McPhail, D. McDhughail, A. McDhughail

[MS gen 1363/91]

McEobhain, Caimbeul, Cam'ron, ainmeachadh na'm luchd riaghlaidh, le comas tuilleadh a chuir ri'n aireamh a chuir gnothuichean an ordugh thaobh na Dinneireach.

Somhairle Cam'ron, A.M., R.C.

⁷⁹ 11 Dùbhlachd 1835

⁸⁰ 8 Faoilleach 1836

VI. Mionaid

Air a choigeamh latha deug de mhios deireannach a gheamhraidh⁸¹, choinnich an Comunn Oiseanach ann 's an Oilthigh, Mr Gilleaspuig MacDhughail ann sa chathair. Air don luchd labhairt a cheist a dheaspad gu h-ealanta air gach taobh, thug an Comunn am breth gur e feallsanachd na h-inntinn 's urramaiche. 'Si cheist airson na h-ath oidhche "An robh e ceart do Bhanrighinn Ealasaid Banrighinn Mairi chuir gu bas?"

Mr Cleireach gu bhi na fhear cathrach.

A. Stiuart na oraidiche.

[Mr] Dughall MacIlletheanaich [agus Mr] G. MacDhughail [nam] Fir labhairt

[Mr] McEobhain [agus Mr] McThavish [nam] Fir freagairt

Chaidh tri de na leabhraichean sin tha tabhairt cunntas

[MS Gen 1363/92]

air Cuideachd I Challum Chille, 's air na nithean sin a tha iad a deanamh, a chuir a dh' ionnsuidh a Chomuinn le Mr Donull Gregarach, Run-chleireach Cuideachd I a Duneidin,⁸² chaidh an gabhail le mor thlachd leis a Chomuinn, 's chaidh iarraidh air an Run-chleireach sgrìobhadh a dh'ionnsuidh Mhr Gregarach a thairgse dha'n taingsan air son a shuairceis; chaidh aig an am cheudna, Mr Gregarach a dheanamh na Bhall urramach de'n Chomunn. Chaidh Mr Sim Macan Toisich a ghabhail a-staigh mar bhall de'n Chomunn air an oidhche so.

Somhairle Cam'ron, Run Chleireach

[MS gen 1363/93]

VII. Mionaid

Air an darna latha thar fhichead de mhios deireannach a gheamhraidh⁸³, choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh, Mr Tearlach MacRath anns a chathair. Leubh Mr A. Stiuart oraid "An uachdranachd na cogais" a lan thaitinn ris a Chomunn. Chaidh a sin a cheist "an robh e ceart do Bhanrighinn Ealasaid Banrighinn Mairi chuir gu bas?" a leubhadh 'n chathair. Labhair na daoine uaisle a chaidh a chomharrachadh a-mach air gach taobh, deas foghlamaichte. 'Si bhreth a thug an Comunn nach robh e ceart do dh' Ealasaid Mairi chuir gu bas. 'Si cheist airson na h' ath oidhche "co chiu' s buannachdail do rioghachd: tuathachanas na malairt."

Mr A. Stiuart gu bhi na fhear cathrach.

S. Carment, na oraidiche is na cheud fhear labhairt [agus Mr] S. Cam'shron. An darna fear labhairt

[Mr] S. Macantoisich [agus Mr] F.McRath [nam] Fir freagairt

Chaidh Mr Donull, Mclonmhuinn agus Mr Iain MacLaoimain a ghabhail a staigh nam buill den chomann air an oidhche seo.

Somhairle Cam'ron

⁸¹15mh dhan Fhaoilleach 1836.

⁸²Is e an leabhar seo do fhuair an Comann trì leth-bhreacan. D. Gregory, *History of the Western Highlands and Islands of Scotland* (Edinburgh, 1836). Chaochail Gregory goirid an dèidh seo. Is e an 'Iona Club' cuideachd I Chalum Cille. Dh' fhoillsich iad cruinneachadh de phàipearan Gregory fon tiotal *Collectanea de Rebus Albanicis* (Iona Club, Edinburgh, 1847).

⁸³22mh dhan Fhaoilleach 1836.

[MS gen 1363 94 – chan eil dad air an duilleag seo ach cuisdeanan beaga (àireamhan a-mhàin) ann an ince agus am peansail]

[MS gen 1363/95]

VIII.

Air a choige la' de cheud mhios an Earraich,⁸⁴ choinnich an Comunn Oiseanach san oilthigh le Mr A. Stiuart anns a' chathair. Leubh Mr Carment oraid mu dheidhinn "sgoilearachd" a lan thatinn ris a Chomunn. Air do'n cheist a bhi air a deaspoireachd chaidh breth a thabhairt gur e malairt 's buannachdaile [*na tuathanachas*].

Cheist airson na h-ath oidhche, "Co dhiu 's muga buaidh air an inntinn, oraideachd na bardachd?"

Mr Carment gu bhi na fhear cathrach.

A. Stiuart [agus] I. McPhail [mar] F[h]ir labhairt

I. McThavish [agu] J. McEobhain [nam] Fir fhreagairt

Somhairle Cam'ron, R.C.

[MS gen 1363/96]

IX.

Air an darna la deug de cheud mhios an Earraich⁸⁵ choinnich an Comunn Oiseanach ann 's an Oilthigh, Mr Carment 'sa chathair. Chaidh a cheist a dheaspad gu deasbhriathrach, ealanta, air gach taobh,'s thug an Comunn am breth gur e oraideachd 's muga buaidh air an inntinn. 'Si cheist airson na h-ath oidhche am bu choir anfas⁸⁶ fhogradh as na sgoilean?

Mr D. Cleireach - fear cathrach.

[Mr] Sim Macintoisich [agus Mr] Donull Macionmhuinn, Fir labhairt

[Mr] Alasdair Stiuart [agus] [Mr] Iain MacPhail, Fir fhreagairt

Mr Iain MacPhail gu bhi mar an ceudna na oraideach.

Somhairle Cam'ron, R.C.

⁸⁴ 5mh dhan Ghearran, 1836

⁸⁵ 12mh dhan Ghearran 1836

⁸⁶ Anfas = Eagal mòr

[MS 1363/97]

X. Mionaid.

Air an naoi la deug de cheud mhios an Earraich⁸⁷ choinnich an Comunn Oiseanach ann's an Oilthigh, Mr D. Cleireach ann 'sa chathair. Leubh Mr McPhail oraid mu dheighinn "Aonaranachd" a lan thaitinn ris a Chomunn. Air do'n cheist a bhi air a deaspad, thugadh breth nach bu choir anfas fhogradh as na sgoilean. 'Si cheist airson na h-ath oidhche "Co dhiu 's fear[r] – clann fhoghlum ann sa sgoil no aig an tigh?"

Mr D. Cleireach gu bhi na fhear cathrach.

[Mr] D. Cleireach [agus Mr] D. Macilletheanaich, Fir labhairt

[Mr] A. Stiubhart [agus Mr] I. McThavish, Fir fhreagairt

Chaidh Mr Lachunn Mclonmhuinn a ghabhail a stigh na bhall de'n Chomunn air an oidhche so.

[MS gen1363/98]

XI. Mionaid

Air a cheathramh la de dharna mios an Earraich⁸⁸ choinnich an Comunn Oiseanach ann 's an Oilthigh, Mr Iain McPhail ann sa chathair. A cheist, "co dhiu 's fear[r], clann fhoghlum sa sgoil no air an Tigh?" Air do'n deaspoireachd a bhi air a cnuasachadh, thug an Comunn breth gu'm b' fear[r] clann a chuir do'n sgoil na foghlum air an tigh.

'Si cheist airson na h-ath oidhche "Bheil feum air Parlamaid na Morairean air athleasachadh?"

Mr Cleireach gu bhi sa chathair

[Mr] Carment [agus] [Mr] Cam'ron, Fir labhairt

[Mr] Stiuart [agus Mr] Macintoshich, Fir fhreagairt

[MS gen 1363/99]

XII. Mionaid

Air an naoi' la' de dharna mios an Earraich⁸⁹ choinnich an Comunn Oiseanach ann 's an Oilthigh, Mr Donull Macionmhuinn ann 's a chathair. Air do'n cheist a bhith air a deaspoireachd thug an Comunn breth nach robh feum air Tigh Parlamaid nam Morairean air ath leasachadh. Si cheist airson na h-ath oidhche; "An robh an ceangal ri Sasunn buannachdail do dh' Albuinn?"

Mr J. Carment gu bhi na fhear cathrach

[Mr] D. Macionmhuinn [agus] [Mr] J. MacEiver (?)⁹⁰ [nam] Fir labhairt

J. MacThavish [agus Mr] D. Cleireach, Fir fhreagairt

⁸⁷ 19mh dhan Ghearran 1836

⁸⁸ 4mh dhan Mhàrt 1836

⁸⁹ 19mh dhan Mhàrt 1836

⁹⁰ Chaidh an sgrìobhaiche thairis air seo dàrna thrub le peann agus chan eil e buileach soilleir an e seo an t-ainm a th' ann.

[MS gen 1363/100]

XIII. Mionaid

Air a choigeamh là thar fhichead de dharna mìos an Earraich,⁹¹ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Oilthigh Ghlaschu – Mr Carment 'sa chathair. Air do'n cheist a bhi air a deaspoireachd thugadh breth nach robh an ceangal ri Sasunn buannachdail do dh' Albinn. Si cheist airson na h-ath oidhche "A bheil e ceart coir bhuileachadh Eaglais a chuir air falbh gu cuibhte?"

Mr Gilleaspuig MacDhughail, fear cathrach

[Mr] S. Carment [agus Mr] S, Macintoshich, Fir labhairt

[Mr] A. Stiuart [agus Mr] D. MacDhughail, Fir fhreagairt

Chaidh Mr Iain Macachananaich, ministear kingarth, a ghabhail a stigh na bhall urramach.

Somhairle Cam'rom, Run-chleireach

[MS gen 1363/101]

XIV Mionaid

Air a cheud latha de mhios mu dheireadh an Earraich⁹² choinnich an Comunn Oiseanach ann 's an Oilthigh, Mr Gilleaspuig MacDhughail ann 's a chathair. Air do'n cheist a bhi air a deaspad, thug an Comunn breth nach robh e ceart coir bhuileachadh Eaglais a chuir air falbh gu cuibhte. Chaidh a shocrachadh air an oidhche so gu'm biodh Comunn riaghlaidh de gach ball de'n Chomunn Oiseanach air chois re an t-shamhraidh ann an Glaschu le comas seasamh an aite 'Chomuinn Oiseanaich ma's e 's gu'n d thig gnothach sonruichte sa bith ma'n coinneamh. 'S gu'm bi gach ni a ni iad air a chuir air beulaobh a Chomuinn Oiseanaich nuair choinnicheas iad mar is gnath ann 'san Oilthigh – Gum bi triuir na'n aireamh iomchuidh gu gnothach da bith thig mu'n coinneamh a dheanamh. Gum bi Gilleaspuig MacDhughail na cheann-suidhe air a chomunn riaghlaidh. Chaidh an sin Mr Niall McNiesh(?)⁹³ a ghabhail a stigh na bhall urramach.

Somhairle Cam'ron, A.M., R.C.

⁹¹ 25mh dhan Mhàrt 1836

⁹² 1d dhan Ghiblein 1836

⁹³ Chan eil mi ag aithneachadh an t-ainm seo agus chan eil e idir soilleir agam dè th'ann. McNicol ?MacNiesh ?

[MS Gen 1363/102]

Buill a Chomuinn Oiseanaich Sa bhliadhna 1836-37

- Mr Aonghas Logan *xxi*
2. [Mr] Donchadh Cleireach *iiii*
3. [Mr] Daibhidh Murray *###*
4. [Mr] Donull L. Conrain *#*
5. [Mr] Dughall McCellair *x i*
- 6 Dughall McDhghaill~~###~~ *i*
- 7 x Eobhan McCoinnich~~iii~~ *paid, 2/6*

- 9 Iain McCuarait Cam'ron *x paid, 2/6*
- 10 Iain McPhail *xxi*
- 11 Iain McThavish *xii*
- 12 Somhairle Cam'ron
- 13 Tearlach Macrath *iii*
- 14 Raibeart MacGhregair, M.C (?)~~###~~
- 15 Iain Mackim (?) *##*
16. Roibeart Caimbeul⁹⁴

[MS Gen 1363/103]

I. Mhionaid, 1836-37

Air an naoitheamh la' de mhios meadhaineach a gheamhraidh,⁹⁵ choinnich an Comunn Oiseanach anns an oilthigh, Mr Tearlach MacRath ann 's a chathair. Do bhrìgh's gu 'm bi so a cheud oidhche coinneamh cha' deachaidh a bheag do ghnòthach a chrìochnachadh.

Somhairle Cam'ron, Run-chleir[each]

[MS gen 1363/104]

II Mionaid

Air a sseatha la deug de mhios meodhaineach a gheamhraidh,⁹⁶ choinnich an Comunn Oiseanach ann 's an Oilthigh, Mr Tearlach MacRath ann 's a chathair. Chaidh na riaghailtean a leanas a dhealbhadh a choinneamh so.

1. Nach bi h-aon sa bith air a mheas na bhall de'n Chomann nach paigh gach bliadhna an t-shuim riaghailteach

⁹⁴ Tha cuideidign air a dhol thairis air an ain seo le peansail.

⁹⁵ 9mh dhan Dùbhlachd 1836

⁹⁶ 16mh dhan Dùbhlachd 1836

2. Gu'm bi an t-ainm-clar air a ghairm aig ceathramh an deigh sea uairean, 's gu'm faigh gach aon nach freagair ainm aig an am sia sgillinn de dhumhladh ged a thigheadh e rithist a lathair, 's mu 's e 's nach bi e idir an lathair aig a choinneamh, gu'm paigh e tri sgillinnean.

A cheist airson na h-ath oidhche: "co dhiu a tha'n urram air foghlum aig a

[MS gen 1363/105]

Ghreig no aig an Roimh?"

Mr D. Cleireach gu bhi na fhear cathrach

[Mr] D.S. M acDhughail [agus Mr] J. MacPhail, Fir labhairt

[Mr] J. MacThavish [agus Mr] S. Cam'ron, Fir fhreagairt

Chaidh Mr Iain Macuaraic Cam'ron, Dughal M'Cellair, Aonghas Logan a ghabhail a stigh na'm buill de'n Chomunn.

Somhairle Cameron, R.C.

[MS gen 1363/106]

III Mionaid

Air ann fhicheadamh la' de mhios deireannach a Gheamhraidh,⁹⁷ choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh, Mr Cleireach anns a chathair. Air do'n cheist a bhi air a deaspad thug an Comunn breth gun ann ris a Ghreig a bha 'n urram air foghlum. 'Si cheist a chaidh a shonruchadh airson na h-ath oidhche:

"Co dhiu as fear[r], searmoin a sgrìobhadh na gun a sgrìobhadh?"

Mr Iain Macuaric Cam'ron gu bhi sa chathair

[Mr] Iain MacThavish [agus Mr] Eobhan MacChoinnich, Fir labhairt

[Mr] Somhairle Cam'ron [agus Mr] Daibhidh Murray, Fir fhreagairt

Somhairle Cam'ron, R.C.

[MS gen 1363/107]

IV. Mionaid

Air a choigeamh là thar fhichead de mhios deireannach a gheamhraidh⁹⁸ choinnich an Comunn Oiseanach anns an oilthigh, Mr Iain M. Cam'ron anns a chathair. Leubh Mr D.S. Macdhughail oraid mu dheibhin 'na 'n atharachean a chum feaghais⁹⁹ a thainig air Ghaeltachd," a thaitinn ris a Chomunn. Air do'n cheist a bhi air a deaspad, thug an Comunn breth gu'm b fhear[r] searmoinean a sgrìobhadh na gun a sgrìobhadh.

⁹⁷ 20mh dhan Fhaoilleach 1837

⁹⁸ 25mh dhan Fhaoilleach 1837

⁹⁹ feabhais

'Si cheist airson na h-ath oidhche,

“Am bheil a foghlam a tha air an linn so air a sgaoileadh feadh na tir treanachdail”¹⁰⁰

Mr D.S. MacDhughail gu bhi sa chathair

[MS gen 1363/108]

[Mr] Iain MacThavish na oraidiche

[Mr] McPhail [agus Mr] Logan, Fir labhairt

[Mr] Cleireach [agus Mr] MacKellair, Fir fhreagairt

Ghabhadh a stigh air an oidhche so na'm buill do'n Chomunn

Mr Roibeart MacGhriogair, M.C.

[Mr] Iain Mackim

[MS 1363/109]

V. Mionaid

Air an treas la' de cheud mhios an Earraich,¹⁰¹ choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh, Mr D.S. MacDhughail anns a chathair.

Leubh Mr Iain MacThavish orraid mu dheibhinn na h-aithre bu choir a thabhairt do na suilean a thaitinn ris a Chomunn.

Air do'n cheist a bhi air a deaspad thug an Comunn breth gu robh a foghlum a tha air a sgaoileadh feadh na tir buannachdail.

'Si cheist airson na h-ath oidhche

“Co dhiu 's urramaiche, feallsanachd naduir na feallsanachd na h-inntinn?”

Mr MacThavish gu bhi sa chathair. Mr Iain M. Cam'ron gu bhi na oraidiche.

[MS gen 1363/110]

[Mr] McChoinnich [agus Mr] Murray, Na fir labhairt

[Mr] Cleireach [agus Mr] M'Kellair, Fir fhreagairt

Aig a choinneamh so shocruch an Comunn nach biodh dinneir aca mar Chomunn air a bhliadhna so. Chaidh Mr Roibeart Caimbeul a ghabhail a stigh na bhall de'n Chomunn air an oidhche so.

Somhairle Cam'ron, R.C.

¹⁰⁰ i.e. Soirbheachail? Seall 'treunachd' ann an Dwelly.

¹⁰¹ 3mh dhan Ghearran 1837

[MS gen 1363/111]

VI. Mionaid.

Air an deicheamh la de cheud mhios an Earraich,¹⁰² choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh, Mr MacCellair anns a chathair a thaobh's nach robh Mr McThavish a lathair.

Air do cheisd na h-oidhche a bhi air a deaspad, thug an Comunn breth gur e feallsanachd na h-inntinn as urramaiche –

A cheist airson na h-ath oidhche “an robh e ceart do na Gaeil eiridh an aobhar Phrionns Tearlach?”

Leubh Mr Iain Macuaraic Cam'ron oraid “Mu aois na Gaelic” a thaitinn ris a Chomunn.

Mr Iain MacC. Cam'ron gu bhi na fhear cathrach agus Mr Iain MacPhail na oraidiche airson na h-ath oidhche.

[MS Gen 1363/112]

Mr Iain M. Cam'ron [agus [Mr] Dughall S. M'Dhughail Gu bhi na fir labhairt

[Mr] McChoinnich [agus Mr] M'Thavish, Na fir fhreagairt

Somhairle Cam'ron, Run Chleireach

[MS gen 1363/113]

VII. Mionaid

Air an t-sheachda' la' deug de cheud mhios an Earraich,¹⁰³ choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh, Mr Iain M. Cam'ron anns a chathair. Leubh Mr Iain MacPhail oraid mu dheibhinn “An atharrachaidh banail a tha measg a chinne daoine” a thaitinn ris a Chomunn.

Air do'n cheist a bhith air a deaspad, thug an Comunn breth 'nach robh e ceart do na Gaeil eiridh le Prionns Tearlach'.

Cheist airson na h-ath oidhche,

“Bheil an t'Inleachd a thuaras a mach air deanamh fudair a chum buanachd?”

Mr McPhail gu bhi na fhir cathrach

[Mr] Cleireach – Oraidiche

[Mr] I. Cam'ron [agus Mr] Logan, fir labhairt

[Mr] Caimbeul [agus Mr] Cam'ron, fir fhreagairt

¹⁰² 10mh dhan Ghearran 1837

¹⁰³ 17mh dhan Ghearran 1837

[MS gen 1363/114]

VIII. Mionaid.

Air an treas la' de mhios meadhaneach an Earraich¹⁰⁴ choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh, Mr McPhail anns a chathair.

Air do'n cheisd a bhi air a deaspad thug an Comunn breth gu'n robh an t'Inleachd air deanamh an fhudair buannachdail.

Cheist airson na h-ath oidhche: "a bheil eilthireachas buannachdail do Bhreatan?"

Mr Cleireach gu bhi sa chathair, agus mar an ceudnaa ri oraid a leubhadh – Agus Mr MacChoinnich gu bhi na oraidiche air an oidhche na dheibhinn sin.

[Mr] D.S. MacDhughail [agus Mr] MacEallair, fir labhairt

[Mr] S. Cam'ron agus [Mr] McKim, fir fhreagairt

Somhairle Cam'ron, Run chleireach

[MS gen 1363/115]

IX. Mionaid.

Air an deicheamh la' de mhios meadhanach an Earraich¹⁰⁵ choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh. Leubh Mr Cleireach oraid "mu dheibhinn peacadh na h-inntinn nadurra" a thaitinn ris a Chomunn – na dheibhin sin ghabh Mr Cleireach a chathair. Air do'n cheisd a bhi air a deaspad, thug an Comunn breth gu'n robh eilthireachas buannachdail do Bhreatann – Si cheist airson na h-ath oidhche "co dhiu 's buannachdail do Bhreatann: tuathanachas na Marsandachd?"

Mr M'Cellair gu bhi na fhear cathrach. Mr Caimbeul gu bhi na oraidiche airson an darna oidhche coinneamh.

Mr Iain Cam'ron & [Mr] Roibeart Caimbeul – gu bhi na fir labhairt

[Mr] Cleireach & [Mr] McThavish – gu bhi na fir fhreagairt

Somhairle Cam'ron, R.C.

¹⁰⁴ 3mh dhan Mhàrt 1837

¹⁰⁵ 10mh dhan Mhàrt 1837

[MS gen 1363/116]

X. Mionaid

Air an tseachdamh la' deug de mhios meadhoin each an Earraich,¹⁰⁶ choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh, Mr McCellair anns a chathair. Air do'n cheist a bhi air a deaspad, thug an Comunn breath gur e tuathanachas as buannachdaile. Si cheist airson na h'ath oidhche " An coir do na h-Easpuigean guth a bhi aca an Tigh na Morearan ?"

Leubh Mr McChoinnich oraid mu dheibhinn "Fradhairc" a thatuinn ris a Chomunn. Airson na h'ath oidhche chaidh Mr McChoinnich a shonruchadh gu bhi na fhear-cathrach, Mr McRath gu bhi na oraidiche.

Mr S. Cam'ron & [Mr] D. MacCellair – gu bhi na fir labhairt
[Mr J. MacPhail & [Mr] A. Logan - gu bhi na luchd freagairt,

Somhairle Cam'ron, A.M., Run-chleir.

[MS gen 1363/117]

XI. Mionaid

Air a choigeamh latha do mhios deireannach an Earraich¹⁰⁷ choinnich an Chomunn Oiseneach anns an Oilthigh, Mr Tear[]ach MacRath anns a chathair. Thug an Comunn breth a thaobh ceisd despaid na h oidhche gum bu choir na h easpuigean guth a bhi aca ann an Tigh na Morearan.

Chunnacas iomchuidh nach biodh Comunn sa bith air a bhonn ann an Glascho re an t shamhraidh a sheasadh airson a Chomunn Oiseanaich.

Somhairle Cameron, A.M., R.C.

[MS gen 1363/118]

I Mionaid

Air an aon latha deug do dharna mhios a Gheamhruidh,¹⁰⁸ choinnich an Comunn Oiseanach anns an Oilthigh, Mr Tearlach MacRath anns a chathair. A thaobh Mr Cameron a bhi fagail an Oilthigh thug e suas leabhair na mionaid don Chomunn agus dh' ainmich o Mr Eoin MacTavish gu bhiodh na Run Chleireach na aite san. Agus dh aontaich an Comunn le aon run. Dh' eirich Mr Mac Thavish agus thubhairt e gum bu choir taing a Chomuinn a bhi air a thabhairt do Mr Cameron air son an doigh an[n]s an do ghiulan se e fein mar Run chleireach a Comuin re uine cia fada agus gum bu choir a ghabhail a stigh mar bhall urramach don Chomuinn, nitheadh an[n]s an d aontachd an Chomuinn.

¹⁰⁶ 17mh dhan Mhàrt 1837

¹⁰⁷ 5mh dhan Ghiblein 1837

¹⁰⁸ 11mh dhan Dùbhlachd 1837

Air a cheist air sona na h'ath oidche, am bheil e feumail gum falbhaidh na Gaelic do dhuchna ceine, F.C. Mr MacKinni (?); Oraidiche W Mac Thoisich

Mr Cleireach & Mr Eoin Cameron, fir labhairt
Mr MacRath & [Mr] MacCellair, fir fhreagairt.

E Mac T., Run C.

[MS gen 1363/119]

II. Mionaid

Air an darna latha thar fhichead do dharna mhios a gheamhaidh¹⁰⁹, choinnich an Comann Oisceanach ans an Oilthigh, Mr MacKinidh an[n]s a chathair. Leubh Mr Eoin MacThavish oraid mun doigh an[n]s an do rinneadh a cheud chanain – a thaitinn ris a Chomunn.

Air don cheist a bhi air a deaspuid thug an Comunn breth gun robh e a chum math na duchadh, so gum falbhadh na Gael do dhuchanan ceine.

Lugh Mr MacCuine rannan da'n Chomunn a thaitinn gu math rin agus troimh fhear no lathireach thugadh taing a Chomuinn dha air an son. Agus dh' ainmeachadh e bhi na bhall dan Chomann.

Air a cheist airson na ath oidche, am bu choir na laghanna a tha air son gun siol a leigeadh a stigh o dhuchana eile an dhubhadh a mach.

Fear cathaireach, Mr MacCellair. Oraidiche, Mr Cleireach.

Fir labhairt, Mr MacKinnidh & Mc Cleireach
Fir fhreagairt, Mr MacThavish & Mr Cameron

Eoin MacThavish, Run Cleireach

[MS gen 1363/120]

Mionaid III.

Air a chuigeadh latha do mhios deireanach a gheamruidh,¹¹⁰ choinnich an Comun Ossianach an[n]s an Oilthigh, Mr MacCellair an[n]s a chathair. Airson cheist a bhi air a deaspuid thug an Comunn breth nach bu choir na laghanna a tha air son siol a chumail a mach as an duthaich a dhubhadh a mach.

Air an oiche so, chaigh Mr Fionladh Mac Nab, Dughal MacKinnich agus Neil MacTavish air measadh gu bhi nam buil[!] don Chomunn.

¹⁰⁹ 22mh dhan Dùbhlachd 1837

¹¹⁰ 5mh dhan Fhaoilleach 1838

Si a cheist air son na h'ath oidche, ann robh e ceart do na Gael eirigh le Prionnsa Tearlach

Fear cathaireach, Mr Cleireach. Oraidiche, Mr Cameron.

Fear labhairt, Mr Cameron & [Mr] MacKellair.

Fir fhreagairt, [Mr] MacKinnich & [Mr] MacRath

Dhi chui[mh]nich mi a chuir sios an[n]s a mhionaid so gun do leugh Mr Cleireach a thaitinn ris a Chomunn.

Eoin MacTavish, Run chleir.

[MS Gen 1363/121]

Buil a Chomuinn

Mr Cleireach *iii*
J. Cameron *ii*
D. MacCellair *i*
E MacKinnidh *i*
T. MacRath *iii*
F. MacThavish
MacCuine *iii*
F. MacWat *i*
D. Mackinnidh *i*
W. MacThavish *i*
T. MacRath

[MS gen 1363/122]

IV. Mionaid.

Air an treas latha deug do mhios deireanach a Gheamhruidh,¹¹¹ choinnich an Comunn Ossionach an[n]s an Oilthigh, Mr Cleireach ans a cathair. Leigh Mr Cameron oraid mu bheatha agus ghnachadh¹¹² a cheud rìgh Tearlach a thaitinn ris a Chomunn. Air don cheist a bhi air a deaspuid, thugh an Comunn breth gun robh [e] ceart do na Gael eirigh le Prionnsa Tearlach.

¹¹¹ 13mh dhan Fhaoilleach 1838

¹¹² Ghnàthachadh – cleachdaidhean ?

I. Air an oidche so, shocruidh an Comunn gum biodh (1), do dh' umhladh an air fhear-cathaireach mur bidh e aig a choineadh idir, agus (2) nam biodh e anamach, an t' oraidiche mar an ceudna.

II. Gum bidh 6^d do dh' umhladh air aon sam bidh do na fir labhairt no fhreagairt nach bidheadh a lathair agus 3^d nam bidh e anamach.

III. Gum bidh 2^d do dh' umhladh air gach ball eile don Chomunn a bhios anamach agus 4^d mur bidh e idir san lathair

Thubhairt Mr MacThavish, agus dh' aontaich an Comunn, gun tagaireadh an Comun troimh fhear na cathaireach is fear labhairt no fhreagart sam bidh, gu sonruichte an ceud fhear labhairt no freagairt nan tigeadh iad air an aghaidh ag radh cho do smaointich mi air a cheist, no ni –eigin mar sin agus gum bidh sin air a chuir sios ann am mionaidean a' Chomuinn.

Si a cheist airson na h ath oidche, am bu choir peanas a bhais a bhi air a dhubhadh a mach.

Air an oidche so chaidh Mr Ian MacRath ainmeach gu bhi na bha[l] san Chomun.

Fear cathaireach, Mr Cameron. Oraidiche, Mr Mac Kiniudh.

Fir labhairt, Mr Cleireach & Mr Mac Cuine.

Fir fhreagairt: [Mr] MacThavish & [Mr] Mac Kinnidh

Eoin Mac Tavish, Run Chleireach

[MS gen 1363/123]

V. Mionaid.

Air a cheud latha thar fhichead do mhios deireanach a gheamhruidh,¹¹³ choinnich an Comunn Osseanach anns an Oilthigh, Mr Cameron anns a chathar. Leugh Mr MacKinidh oraid a thaitinnn ris a Chomunn, breth nach bu choir peanas a bhais a bhi air a dhubhadh a mach o leabhair nan laghana. – Air an oidche so chaidh Mr Cameron agus Mr Cleireach ainmeachadh leis a Chomunn gu frithealadh air Mr MacDhughail chum leabhraichean a Chomuinn iarraidh uaithe.

Si o cheist airson na ath oidche cho dhiugh as fear[r], clann fhoglum an[n] an sgoilean mora no aig an tigh.

Fear cathaireach, Mr MacKinidh. Oraidiche, Mr MacKelloir.

Fir labhairt, J. Cameron & F. MacNab. Fir fhreagairt, J. MacThavish, D. Mackinnidh

Eoin MacThavish Run -chleireach

¹¹³ 21mh dhan Fhaoilleach 1838

[MS gen 1363/124]

VI. Mionaid

Air a chuige latha deug to cheud mhios an Earraich,¹¹⁴ choinnich an Comunn Oissianach anns an Oilthigh, MacKinidh anns a chathair a thaobh agus nach b' urrain Mr MacCellair a bhi san lathair. Cha do leubh oraid air an oidche so – air don cheisd a bhi air a deaspuid thug an Comun breth gu fear[r] clann fhoghlum aig an tigh.

Chaidh Mr Cameron agus Mr Cleireach a chaint ri Mr MacDhughail, ach cho do thachair e orra, agus dhion an Comunn orra dol ga ionn[suidh] a ri[thi]s[t] roimh n ath choinnidh.

Si a cheist air son na ath oid[h]che, am bu choir peanas cuirp a cleachdadh an[n] an sgoilean.

Oraidiche, Mr MacCellair.

Fir labhair, D. Cleireach & J. MacTavish.

Fir fhreagairt, D. MacKinidh, C. Macrath.

J MacThavish, Run chleireach.

[MS gen 1363/125]

VII Mionaid.

Air an darna latha do mhios meadhonach an Earraich,¹¹⁵ choinnich an Comun Ossianach a[n]ns an Oilthigh, Mr Fionlath MacNab anns a chathair. Leubh Mr I. MacRath oraid an aite Mhaighstir MacCellair a thaitinn gu maidh ris a Chomunn. Air don cheist a bhi air a deaspuid, thug an Comunn breth gum bheil e ceart peanas cuirp a cleachdadh an[n] an sgoilean.

Air an oidche so shonruich an Comunn Mr E. MacCinnidh agus Mr F. MacNab a chum labhairt ti Mr MacDhughail mu leabhruichean a Chomuinn.

Si a cheist air son na ath oidche an choir na laghanna mu thiomchuil sealgaireachd a dhubhadh a mach.

Fear cathaireach, Mr T. MacRath. Oraidiche, Mr MacCellair.

Fir labhairt, MacCellair & MacCinnidh.

Fir fhreagairt, MacFhraing.

¹¹⁴ 15mh dhan Ghearran 1838

¹¹⁵ 2mh dhan Mhàrt 1838

[MS gen 1363/126]

I. Mionaid

Air an t sheachdamh latha do mhios meadhanach a gheamhruidh¹¹⁶ choinnich an Comunn Oissaineach anns an Oilthigh, Mr MacCinnich anns a chathair. A thaobh agus gum bi so a cheud oidche cha robh ceist sam bith air a deasboireachd ach leugh Mr Cleireach oraid a thaitinn ris a Chomunn.

Si a cheist air son na ath oidche am biodh e nis mo chum math na ducha so gum biodh na Canada's air an sgaradh¹¹⁷ no iad a bhi mar a tha iad.

Oraidiche, Mr MacCinnich.
Fir labhairt, Mr Cleireach & MacNab.
Fir fhreagairt, MacThavish & MacRath.

J. MacThavish

[MS gen 1363/127]

II. Mionaid

Air a cheathramh latha deug do mhios meadhanach a gheamhruidh¹¹⁸ choinnich an Comunn Oiusseanach anns an Oilthigh, Mr N. MacThavish anns a chathair. Air do na daoine uaisle a chaidh ainmeachadh air an oidche roimhid a bhi air an gabhail a stigh nam buil don Chomunn, leugh Mr MacCinnich oraid anns an robh moran do Ghaelic mhaith.

Air don cheist a bhi air a deasboireach, thug an Comunn breth nach biodh e chum math na ducha so gum biodh na Canadas air an sgaradh uaiphe.

So a cheist airson na ath oidche – am bu choir comas a bhi aig na maighistirean sgoil an cuis a thogail folbh [o]n bhresbytery gu cuirtean as airde

F.C. Mr MacCinnich.
Fir labhairt, F. MacNab, MacCellair.
Fir fhreagairt, MacRath, J. MacNab.

J. MacThavish, R.C

¹¹⁶ 7mh dhan Dùbhlachd 1838

¹¹⁷ Bha ar-a-mach fuilteach air a bhith ann an Canada goirid ron àm seo.

¹¹⁸ 14mh dhan Dùbhlachd 1838

[MS gen 1363/128]

III Mionaid

Air an chuig latha do threas mhios a gheamhruidh,¹¹⁹ choinnich an Comunn Oisceanach anns an Oilthigh, fear cathaireach, Mr Cleireach. A lathair, Mr Fionlath MacNab, Seumas MacNab, Alastair Caimpeul, Neil Chaimpeul agus Iain MacThavish a thaobh agus nach robh Mr MacCellair an lathair, cha do leughadh oraid air an oidche so.

Air don cheist a bhi air a deasboireach thug an Comunn breth nach biodh e freagarrach comas a bhi aig na maighistearan sgoil an cuis a thogail chum cuirtean as airde na [h-] eaglais.

Si a cheist air son na h-ath oid[h]che – am bu choir peanas a bhais a bhi air a dhubhadh as a mach a leabha na laghanna.

Oraidiche, Mr J. MacNab.
Fir labhairt, Cleireach, MacThavish.
Fir fhreagairt, Caimpeul, S MacNab.

Iain Mac Thavish, R.C.

[MS gen 1363/129]

IV. Mionaid

Air an aon latha deug do mhios deireanach a gheamhruidh,¹²⁰ choinnich an Comunn Oisceanach anns an Oilthigh, Mr Friseal anns a chathair. A lathair, Mr Cleireach, F. MacNab, Seumas MacNab, Neil MacThavish, agus Eoin MacThavish. Air don cheist a bhi air a deasboireach, thug an Comunn breith nach bu choir peanas a choir a bhi air a dhubhadh a mach o leabhar nan laghanna. Si a cheist airson an ath oidche, an robh e ceart do na Gaidheil eirich le Prionnsa Tearlach. Leubh Mr F. MacNab oraid a thaitinn ris a Chomunn.

Fir labhairt, J. Cameron & J. MacThavish
Fir –fhreagart, F. MacNab & T. MacRath

Eoin MacThavish

¹¹⁹ 5mh dhan Fhaoilleach 1839

¹²⁰ 11mh dhan Fhaoilleach 1839

[MS gen 1363/130]

V. Mionaid

Air an ochda latha deug do mhios deireannach a gheamhruidh¹²¹ choinnich an Comunn Oisceanach anns an Oilthigh, fear cathaireach, Mr Seumas MacNab. A lathair, Alexr Campbell, Eoin Cameron, F. MacNab, Eoin MacThavish agus Neil MacThavish.

Air don cheist a bhi air a deasboireachd, thug an Comunn breth gun robh e ceart do na Gaidheal eiridh le Brionnsa Tearlach.

Si a cheist air son na ath oidche, am bu choir do luchd riaghlaidh, no riochd, comhradh a dheanamh le muinntir air am bheil toil falbh do dhuchanan cein.

Air an oidche so chaidh Mr Alexr Cameron agus Mr Alastair Buchanan a ghabhail a stigh mar bhuiil[] don Chomunn so.

Fear cathaireach Mr MacNab.

Oraidiche, Mr MacRath.

Fir labhairt, Eoin Cameron.

Fir fhreagairt D. Cleireach & S. MacNab

Eoin MacThavish

[MS Gen 1363/131]

I. Mionaid, 1840

Air a choigeamh latha deug do cheud mhios an earraich,¹²² choinnich an Comunn Oisceanach ann an tigh sheshain eaglais St Cholumba, do bhrìgh s nach robh e ceaduichte do leithid so do Chomunn bhi air a gheamhradh seo, co-cheangailte ris an Oilthigh. A thaobh s gum bi so a cheud oidche cha robh ceist sam bith air a deasboireachd. Leubh an runchleireach don Chomunn litir thuca o Chomann Oisceanach Chillrimhinn anns an robh iad ag iarraidh son tabhairt misneachd agus comhairle. Thaitinn i ro mhath ris a Chomunn agus dhorduich iad fios freagart dhi bhi sgrìobhte gun mhoille. Thug an Comunn an sin fainear, gu robh e ro iomchuidh gun d thugadh iad gach cuideachadh a burrainn dhaibh do n Teachdair ur a tha tighinn a mach a dh' aithghearr airson math na Gaeltach, agus tha gu bhi air ainmeachadh "Cuairteachan nam Beann."

Ghabhadh a steach aig a choinneamh sa ainmean nan daoine uaisle bha toileach a bhi nam buill don Chomunn – agus shuidhicheadh gum bi a cheist airson an ath la – An e eilthireachas am meadhon as freagarraich airson leas na Gaeltachd air an am sa?

Oraidiche Mr MacRath.

Mr Munro & [Mr] Mc'Il' Dhuinn na fir labhairt.

Mr Frisheal¹²³ & [Mr] McLeathuin na fir fhreagairt/

Tearlach MacRath, F.C.

Fionnladh McNab, R.C.

¹²¹ 18mh dhan Fhaoilleach 1839

¹²² 15mh dhan Ghearran 1840

¹²³ Tha "St Clair" air a sgrìobhadh os cionn seo le peansail. Tha luaidh air ball leis an t-ainm Donnchadh 'St Clair' air an ath dhuilleag (132).

[MS gen 1363/132]

Buill a Chomuinn Oiseanaich Sa Bhliadhna 1840

Tearlach MacRath
Fionnladh MaRath, R.C.
Domhnuil Frishail
Ioain McLeaain
Donnacha St Clair
Aonghas MacIll Dhuinn
Roibeart Harstone
Domhnuil Munro
Uileam Munro
Roibeart McGillivray
Uilleam MacThavish
Ian MacLeoid
Thomas

[MS gen 1363/133]

II Mionaid - 1840

Air an darna latha thar fhichead do cheud mhios an Earraich,¹²⁴ choinnich an Comunn Oiseanach ann an Tigh Sessean Eaglais Naomh Cholumkill, Mr St Clair anns a chathair. Leugh Mr McRath oraid a thaitinn ris a Chomunn, ach a chionn nach d thainig na fir labhairt uile air an adhart, cha robh a cheist air a deaspoid air an oidhche so.

Air an naoidheamh latha thar fhichead don mhios,¹²⁵ choinnich an Comunn san aite cheudna, Mr McRath anns a chathair. Air don cheist bhi air a cuir, “an e eilthireachas am meadhan is freagarraich airson math na Gaeltachd mu an amsa,” agus air do na daoine uaisle chaidh chomharrachadh labhairt ris a cheist, thugadh breth leis a Chomunn, gur e dhol air imrich gu duthaich cein am meadhan is freagarraich.

Si cheist airson an ath oidhche, “ne gaoil no gloirmhiann a bhuidh inntinn as treasa?

Mr Uileam Munro na fhear-cathrach
Mr MacNab & _____ na fir labhairt
Mr MacRath & Mr McLeaain, na fir-fhreagairt

¹²⁴ 22mh dhan Ghearran 1840

¹²⁵ 29mh dhan Ghearran 1840

[MS gen 1363/134]

**Buill a Comuinn Oiseanaich
'sa bhliadhna 1841-42**

Fionnla MacNab
Aonghas McIll'Dhuinn
Iain Munro McCormick
Donald Mackenzie
A. Reid
Allan MacPherson
Eber Kennedy¹²⁶
Tearlach McNab
Alaistir McIll' Dhuinn
Alaistir Stiubhart
Donach Caimbeul
Ian MacLaurin
Dugald MacMillan
Ian McDonald
Domhnul McRae
Dughall Mac Coirmich

[MS gen 1363/135]

Air an t'seachdamh latha do dhara mhios a gheamhruidh¹²⁷, choinnich a Comunn Oisceanach ann an Oil-thigh Ghlaschu chum a Comunn ath – orduchadh an deibh ga bhi da bhliadhna coinneach ann an Eaglais St Columba. Bha Mr A. Mcill'Dhuinn an sa chathair agus an deigh dhan innseadh gu deas-chainnteach c'arson a b' abhaist d'on Chomunn cruinneachadh do na daoine uaisle bha lathair airson a cheud uair agus nach cuala iad roimhe. Chaidh so dheanamh agus thainig gach aon air aghart gu bhi air ghabhail stigh na ball, dhe'n Chomunn. Chaidh a cheisd a leanas a shonruchadh chum a cheud choinneachadh: "An coir a Ghaelic a mhuch no tachd?" Choinnich a Comunn air an ceathramh latha deug de mhios so¹²⁸ chum deasboireachd mun cheisd chudromach so.¹²⁹

Bha Mr MacMillan anns a

[MS Gen 1363/136]

chathair. Mr Macpherson agus Fionnla MacNab na fir labhairt agus Mr D. MacCoinnich agus Mr Mac Ill'dhuin nam fir freagairt. Bha moran deas – labhairt agus tagradh air gach taobh, chaidh barail a thabhairt nach bu chor cur as do na Ghaelich air dhoibh air bi.

¹²⁶ Is dòcha 'Eber' a' seasamh airson 'Ebe[nneeze]r' ?

¹²⁷ 7mh dhan Dùbhlachd 1841

¹²⁸ 14mh dhan Dùbhlachd 1841

¹²⁹ Tha comharra cheist air a chuartachadh le cearcall a' leantainn an fhacal 'so' aig an àite seo anns an làmh-sgrìobhainn.

Chaidh a cheist a leanas a shonruchadh chum na h-ath oidhche, “An còrr no bhiodh e feumail d’ h-oileanaich bhi cruinneachadh gach seachdain am suidhe na College, [a] dheasboireachd

Fir labhairt A. Reid, D MacMillan.
Fir freagairt, Eben. Kennedy, Alaistir Stiubhart

Fionnla MacNab, R.C.

Air an t-aona ladha thar fhichead do threas mhios a gheamhraidh,¹³⁰ bha’n Comunn Oiseanach cruinn ann an Oilthigh Ghlaschu.

[MS gen 1363/137]

Mionaid I – 1843

Ann an Glaschu agus ann an Tigh Osd Iain MhicThomais, aireamh 21 Sraid Arraeghaieil air an 17 la deug den cheud mhios 1843 choinnich an Commun Osianach, Maighstir Aonghas MacilleDhuinn anns a chathair. A measg gnothuichean eile thug Lachlan Macilleain fa chomhair a Chomuinn gum bu choir Maighstir Iain Foirbeis, Maighstir Scoile Chillchumean a roghadh na bhall onarach den Chomunn Ossianach. Dh’ aontaich Seumas Macanaba agus bha ’n Comunn uile a dh’ aon inntinn mun chuis. Dh’ orduich an ceann suidhe don Run chleireach sgrìobhadh gu Maighstir Foirbeis agus innseadh dha mun onair a chuireadh air gun a h’ iarraidh.

Aonghas Mac’Ill’Dhuinn

Tearlach MacanAba

[MS gen 1363/138]

Buill a Chomuinn Oisceanach

Maighstir Aonghas Mac Ille Dhuinn
[Maighstir] Domhnull Mac Farlain
[Maighstir] Roibeart MacGillivray
[Maighstir] Tearlach Macanaba
[Maighstir] R. H. Macdonald
[Maighstir] Alex Sutherland
[Maighstir] John Kenny
[Maighstir] Donald Nicolson

¹³⁰21mh dhan Fhaoilleach 1842 (?)

Mionaid I. Bliadhna 1845

Air an aon latha diag de dhara mìos an t-samhraidh¹³¹, chruinnich còmhlan de'n Chomann Oisiannach anns an Ol-tigh, chruinneachadh, 177 Sraid Earraghaidheill an Glaschu, iar dhaibh Lachunn MacGhilleain a thaghadh mar fhear cathrach, chuireadh ' nam mein le Gilleaspuig MacEachrann gun deant' Eoghan MacGhilleain a thaghadh mar chleireach – diurrais¹³² do'n Chomunn . Rinneadh sin leotha gu h-aon inntinneach. Chuireadh a rithist fa'n comhair le Lachainn Mac Ghill'Eain gu'n deante Iain Sobieski Stiubhart agus Tearlach Iomhair Stiubhart a thaghadh mar bhuill urramach de'n Chomunn Oiseannach, Rinneadh an taghadh mar sin gu h-aon bheachdach. An sin chuireadh fa'n comhair le Paruig Caimbeul gum taghte Seumas Rothach, ughdair a

[MS gen 1363/139]

Ghràmair Ghaidhlig às fearr a chuireadh a mach¹³³, agus Baintighearna Choiremhonaidh¹³⁴ mar bhuill urramach de'n Chomann, agus rinneadh sin gu h-aonsgeulach agus gu tèò-chridheachd. Fa dheoidh¹³⁵ chuireadh fa'n comhair le Lachunn MacGhilleain gu'n deanta Donnacha Dùghallach a thaghadh mar bhall de'n Chomunn agus le Paruig Caimbeul gu'n deante Calum Mac an t'Saoir a thaghadh mar bhall de'n Chomunn. Iar dhaibh sin a dheanadh, dh' orduich iad don Chleireach gach nì 'chur sios 'n an leabhar cuimhneachain dìreach mar a thachair le

Eoghan MacGhilleain, Cleireach diurrais a Chomuinn Oiseannaich.

Mionaid II.

Air an 22^d de'n 9^{mh} mìos¹³⁶, chruinnich an Comunn Oissianach ann an air^{mh} 177 Sraid Earraghaidheal, Pàraig Caimbeul anns a chathair. Chuireadh mu'n coinneamh le Lachunn MacGhilleain agus chuir Dùghall Mac na Céirde an taice ris gu'n rachadh Dòmhnall MaGilleMhìcheil, Somhairle MacChalmain, Donncha MacGhriogair, Rob MacGhilleain, Uilleam Caimbeul, Dòmhnall Stiubhad, Gilleaspuig Dùghlasach, Gilleaspuig Mac na Cèirde a thaghadh mar bhallaibh de'n Chomunn agus dh' aontaicheadh gu cridheil gu'n deante sin agus dh' orduicheadh do'n chleireach- diurrais sgrìobhadh a dh' ionnsuidh nan uaislean sin mar a rinneadh.

Eoghan MacGhilleain, F.D.

¹³¹ 11mh dhan t-Ògmhios 1845

¹³² Chan eil an fhacal seo soilleir. Do bhrìgh rudeigin coltach ri 'sealach', is math dh' fhaoidte?

¹³³ B'e seo James Munro, 1794-1870, *A Gaelic primer : containing rules for pronouncing the language, with numerous examples* (2nd ed., Glasgow, 1832). Chaidh seo fhoilleachadh an toiseach ann an 1828 agus thàinig iomadh èagran eile am follais an dèidh a bhàis. Is dòcha gur e seo an aona dhuine a rinn *An t-Ailleagan* (1830). Mas e b'ann à Loch Abair a bha e agus bha e na thidsear ann na Gleann Caradail, Cinntire, ann an 1832. J. Reid, *Bibliotheca Scoto-Celtica* (1832) 97.

¹³⁴ Chan eil e soilleir cò bha seo. Bha teaghlach nan Granndach a' cleachdadh tiotail rudeigin coltach ri seo.

¹³⁵ Fa dheòigh (Mu dheireadh thall)

¹³⁶ 22mh dhan t-Sultain 1845

[MS gen 1363/140]

Mionaid I. Bliadhna 1846

Air an 1^d mhios¹³⁷ an 28^d ann an air^{mh} 177 Sràid Earraghàidheil choinnich an Comunn Oissianach, Lachunn MacGhilleain anns a chathair. Thugadh fa’n comhair le Domhnull Stiubhart agus chuireadh leis le Somhairle MacChalmoin ann an briathraibh dhrùighteach fosgarra gu’n deanta Dòmhnall Mac Ghriogair, Roibear Macna Ceirde, Seumas Meinnearach, Cailean MacChoinnich, Dòmhnall MacChoinnich, Eoghan MacGhillebhrà, agus Donnacha Mac na Ceirde, thaghadh mar bhallaibh de’n Chomunn agus dh’ aontaich na bha ’s an lathair gu suilbhearra. Thugadh fo’n comhair le Callum Mac an t-Saoir agus chuireadh ri chùl le Pàruig Caimbeul gu’n deante an t-Urramach Iain MacPharlain agus Aonghas MacChalmain a thaghadh mar bhallaibh de’n Chomann agus rinneadh sin gu h-aonsgeulach leis a chuideachda agus dh’ orduicheadh do’n fhear-diùrrais sgrìobhadh do na h-uaislean sin mar a thachair.

Eoghan MacGhilleain

Mionaid II

An 5^{mh} de’n 1^d mhios¹³⁸ ann am Baile Mòr Ghlaschu, chruinnich an Comunn Oissianach an[n] an air^{mh} 177 Sràid Earraghàidheil, Somhairle MacChalmain ’s a chathair. Leughadh ainmean na muinntreach a thugadh fa chomhair a Chomuinn ri bhi air an taghadh mar bhallaibh, aig a choinneamh mu dheireach ’s an àite cheudna, agus air do’n cheist

[MS Gen 1363/141]

a bhi air a cur “an deante ’n taghadh mar bhallaibh de’n Chomunn Oissianach “dh’aontaich gach neach ’s an lathair gu’n tagh-te na h-uaislean a leanas mar bhallaibh do’n Chomunn – Domhnull MacLachuinn, Dùghall MacGhillios, Uilleam Mac a Chleirich, _____ Mac Aonghais, Seumas MacGhillePhadruig, Deorsa MacChorcuindail, Iain Caimbèul, Aonghas Mac an Aba, Alasdair Robustanach, agus na Urramaich Domhnull MacChòlla agus Donnacha MacGhilleain. Air do Shomhairle MacChalmain a chathair fhagail, thaghadh Dùghall Mac na Ceirde ’n a fhear cathrach, agus thugadh fa chomhair a Chomuinn le Donnacha Mac na Ceirde agus chuireadh leis ann an briathraibh freagarach neo chearbach le Lachunn MacGhilleain gu’n taghte Somhairle MacChalmain mar fhear sporain do’n Chomunn Oissianach agus le rùn aon inntinneach dh aontaicheadh sin a dheanadh agus chomh aontaich esan an dreuchd sin a ghabhail air fein agus dh orduicheadh do’n fhear-dhiùrrais gach nì thachair a chur sios ann an leabhar cuimhneachain a Chomuinn.

Eoghann MacGhilleain, F. D.

¹³⁷ 28mh dhan Fhaoilleach 1846

¹³⁸ Dh’ fhaodadh gur e mearachd an rinn Eoghan MacGhilleain an seo leis a’ cheann latha. ‘An 2a mìos’ bu chòir a bhith seo. B’ann air an 28mh dhan Fhaoilleach a bha an coinneamh mu dheireadh aca, le seo tha e coltach gur ann air Diardaoin, a’ chòigeamh latha dhan Ghearran 1846 a bha seo.

Mionaid III

An 4mh la den 3d Mios,¹³⁹ choinnich an Comunn Oissianach ann an Tigh Seisein Eaglais I Challum Chille an Glaschu agus air dhaibh Paruig Caimbeul a thaghadh gu suidhe sa chathair thugadh fo'n comhair le Eoghann MacGhilleain agus chuireadh [ri]

[MS gen 1363/142]

Ri chùl le Gilleaspuig Dùghallach gu n deante Iain Mac na Ceirde' thaghadh'na bhall de'n Chomunn Oissianach agus air dhaibh sin a dheanadh gu h-aon inntinneach, dh'ainmichead seachd'near uaislean ri bhi air an toin fa chomhair na h-ath choinneamh'chum an taghadh mar luchd riaghlaidh thar cùisean a Chomuinn agus air dhaibh aontachadh air coinneachadh anns an àite cheudna air an 11^d de'n mhios. Chuireadh air leth a cheist, "Ciu' bhios na rathaidean iarrainn 'nam buannachd no 'nam mì-bhuannachd do n Ghàidhealtachd" gu bhi air a tagairt an lathair na cuideachd air an oiche sin.

Eoghan MacGhilleain, F. D.

Mionaid IIII

Ann an taigh-seisein Eaglaise Chalum Chille'an Glascho air an 11d de'n 3d mios 1846, choinnich an Comunn Oiseannach Pàruig Caimbeul anns a chathair agus air do'n cheist a bhi air a cur fo'n comhair "Ciu' bhios na rathaidean-iarruinn 'n am buannachd no'n am mì-bhuannachd do'n Ghàidhealtachd," dh' èirich Maighstir MacFarlain agus labhair e gu deasbhriathrach, coimhleanta, seadhail, a' cumail a mach gu'm biodh na rathaidean-iarruinn 'n am buannachd do'n Ghaidhealtachd. Rinneadh a fhreagairt le Mr C. Mac an t-Saoir ann an cainnt dhruichtich, bhriogail.¹⁴⁰ Labhra ro uaisle an aite air gach taobh a thug dearbhadh nach deachaidh cainnt

[MS Gen 1363/143]

Oisiann idir an dio-chuimhn orra agus air do'n cheist a bhi air a cur bho'n chathair thugadh breith le seachdnar 'an aghaidh còigear "Gu 'm biod[h] na rathaidean iarrainn 'n am buannachd do'n Ghaidhealtachd agus an d'on fhear-diùrrais ainmeannan nan uaislean a rinneadh a chomharrachadh air an oiche mu dheireadh a bhathas cruinn a leughadh thaghadh le deagh rùn agus le inntinn shuilbhearra, Gilleaspuig Dùghlasach, Dòmhnall MacPharlain, Eoghan MacGhilleain, Pàruig Caimbeul, Somhairle MacChalmain, Lachunn MacGhilleain agus R. H. Domhnallach mar luchd riaghlaidh a Chomuinn agus shonruicheadh a cheist "Ciu' dhiu 's motha de chron no 'math a ta Ghaidhlig a deanadh do na Gàidhealibh: Mr Mac na Ceirde air taobh na Gàidhlig agus Mr C. Mac an t-Saoir air an taobh eile agus, air dhaibh Mr S. Dughlasach a chur air leth gu suidhe 's a chathair aig an ath choinneamh, sgaoil iad an an run coinneachadh anns an àite cheudna air an 18d.

E. MacGhilleain, F.D.

¹³⁹ 4mh dhan Mhàrt 1846

¹⁴⁰ Cruth de bhrioghmhor? Seallaibh Faclair E. Dwelly.

Mionaid V.

An t-ochdamh latha deug den treas mìos,¹⁴¹ choinnich an Comunn Oiseannach ann an Taigh-seisein Eaglais Chillum Chille an Glaschu, an t-uasal Gilleaspuig Dughlasach anns a chathair. Air do'n diùrrasaiche mionaid na h-oeiche ma dheireadh a bhathas cruinn a leughadh agus ceist na coinneamh "An call no buannachd a ta anns a Ghàidhlig do na Gàidhealaibh," dh' éirich Mr Mac na Ceirde agus ann am briathraibh deas-labhrach, eagnaigh, nochd e neart, treoir agus

[MS gen 1363/144]

maise na Gàidhlig ann an coimeas ri cainnt sam bith eile agus a' cumail a mach nach robh e comasach nach buannachd 's cha chall a ta i deanadh de gach neach a thuigeas i. Fhreagair Mr Callum Mac ant-Saoir, a' strì ri dhearbhadh gur call a bha i deanadh dhaibh agus nach robh ach aineolas agus buirbe ri fhaotainn anns gach aite 'n robh i air a labhairt. Thug Mr MaPharlain an aghaidh air gu fileanta, sgaiteach, a leigeadh fhaicinn nach i Ghàidhlig bu cheann aobhair do'n aineolas a dh' ainmicheadh agus gu'n robh tuille aineolas a measg dhaoine aig nach robh facall ach Béurla na bha measg nam Gaidheal.

Fhreagair Mr MacLachuinn air an taobh eile agus an déigh mòrain cainnte air gach taobh, thugadh breith le coigear an aghaidh ceathrar gur buannachd a bh' ann sa Ghaidhlig do na Gaidhealaibh agus air dhaibh na h-uaislean, Alasdair Mac an t-Saoir, Roibeart MacPharlain, Tearlach Caimbéul agus Gilleaspuig Caimbeul a thaghadh mar bhallaibh de'n Chomunn, chuireadh air leth a cheist "Am buannachd no call do Rìoghachd na h-Albann a bhi comh-cheangailte ri Sasgunn," Mr MacLachunn ri tagairt gur buannachd agus Mr Dùghlasach nach buannachd do Albainn a rinn an coimhcheangal ri Sasgunn agus air do Mr Mac an t-Saoir a bhi air a shonruchadh chum suidhe 's a chathair aig an ath choinneamh, rinn ias suas gun tachradh iad 's an àite cheudna air an 25^d.

Eoghan MacGhilleain

[MS gen 1363/145]

Mionaid V

An 25^d an 3^s,¹⁴² chruinnich an Comunn Oissianach ann an taigh-seisein Eaglaise Chillum Chille an Glascho agus iar dhaoibh Eoghan Mac Ghilleain a thaghadh gu suidhe sa chathair, an ionad Mr C. Mac an t-Saoir nach d' thainig a làthair, léughadh ceist na oeiche: "Am buannachd no call do Albainn a bhi comh-cheangailte ri Sasgunn." Agus, dh' éirich Mr MacLachuinn 's labhair e gu spreigeil a cumail a mach gu n robh buannach mhòr do Albainn a bhi comh-cheangailte ri Sasgunn. Labhair Mr Dùghlasach na aghaidh le mòr eolas agus le cainnt chomasaich a dearbhadh gu'n do rinneadh call agus anaceartas do Albainn nuair a rinneadh an comhcheangal ri Sasgann, iar do thuille uaislean moran cainnt a labhairt air gach taobh, thugadh breith le sèanar an aghaidh dithis gu'm bu bhuanachd mhòr do Albainn a bhi com-cheangailte ri Sasgunn. An sin thaghadh Iain Mac a

¹⁴¹ 18mh dhan Mhàrt 1846

¹⁴² 25mh dhan Mhàrt 1846

Ghobhann agus Cailean Maclonmhuinn mar bhallaibh de’n Chomunn agus shonruicheadh an cheist: “ Ciu s fearr posadh no fuireach gun phosadh” air son deasboireachd ’s an ath choinneamh, Mr MacLachainn ri labhairt an aghaidh pòsaidh agus Mr Mac an t-Saoir air taobh posaidh. Iar dhaibh sonruchadh gu’n coinnicheadh iad ’s an àite cheudna air an ath sheachdain, Mr MacGhilleain ri bhi sa chathair, sgaoil iad.

[MS gen 1363/146]

Mionaid I, 1847-8

Air an 20mh la do mhios deireannach a gheamhruidh,¹⁴³ shuidh an Commun Oiseanach ann an ionad teagaisg na h’Eabhra, san Oilthigh, a reir gnatha nan oileanach a b abhaist cruinneachadh an ceann a cheile ’chum cainnt nam beann a chumail na snas ’s na h’ ordheireas. Thugadh air aghart amhghairibh nan Gaidheal a tha iad a fulang air an am so on ghorta throm tha mach air an tir. Chaidh caochladh dhoighean chum an staid athleasachadh a thoirt fanear le uaislean duineil dileas don duthaich, gu sonruichte le Mr MacPharlain ann an cainnt bhrìghmhor, dhruidhteach.

Nuair a chunnacas agus a bheachd-smuaineas air a ghainntir bho m bheil iad a fulang agus a bhochduin chruaidh anns am bheil iad air an caramh, chuir an Commun an cinn cuideachd gu cruinneachadh a dheanamh as an leth, ni a rinneadh gu fial leis gach aon a bha lathair.

Shonruicheadh fadhgheoidh ceist gu bhi air a deasbud air chuir na h’ath ardhelie¹⁴⁴ agus bi so i.

Am buanaich na Gaidheil tuilleadh le imrich do America, na le fuireach nan duthaich air chumhnant gum biodh iad air an suidheachadh anns an staid anns an robh an athraichean san tim a dhalbh. Ghabh na huaislean a leanas taobh fa leth na ceisde.

Mr Domhnul Caimbeul, Mr Raibeart MacPharlain, Mr Alastair Mac An t-Saoir, Mr Tearlach Caimbeul: Airson Imrich.

Mr Callum Mac An t-Saoir, Mr Maca Phearsain, Mr Mac An Líos, Mr Mac na Cearda air an taobh eile.

Chaidh, mar an ceudna, na hanimeanan so a

[MS Gen 1363/147]

chuir sios mar dhream air an sonruchadh gu bhi air an gabhail a steach nam buil[!] dhan Choman.

Mr Domhnul Caimbeul	[Mr] Donnacha MacCallum
[Mr] Eoghan MacLachuinn	[Mr] Donnacha MacConeachdail
[Mr] Alastair Beatun	[Mr] Ruairidh Mac Coneachdail
[Mr] Aonghas Mclomhair	[Mr] Nial Mac a Phearsain
[Mr] Seumas MacFàidean	[Mr]Seumas Ruiseal
	[Mr] Alastair Domhnullach

¹⁴³ 20mh dhan Fhaoilleach 1847

¹⁴⁴ Àrd – fhèille ?

Air do thaing a thoirt do fhear na Cathracha, Mr Domhnul MacPharlan – sgaoil a chuideachd gu riaghailteach, Shonruchadh Mr Beatun gu bhi na fhear cathreach air an ath chodhail.¹⁴⁵

Iain Mac na Cearda, R. C. re seál

Mionaid II

Air an t'seachdamh la fichead don mhios,¹⁴⁶ shuidh an Commun Oiseanach anns an Oilthigh, Mr Beatun anns a chathair. Dheirich Alasdair Mac an t-Saoir a leigeil ris na sochairibh a tha sruthadh o imrich do riog'hdaibh cein – a gabhail mar argumaid staid neo-uireas'ach nan eilthireach a dhág an duthaich o chionn fhada, agus staid mhuladach na doring¹⁴⁷ a dh fhag iad as an deigh.

Air an taobh eile sheas Calum Mac an t'Saoir a deanamh a mach gu'n robh moran ann am bochduinn eadhain an deigh dol a null 's nach d' fhuair s nach faigh [iad] a chuid as fearr deth. Labhradh le mor dhèine air gach taobh le uaislean eile agus an deigh don cheist a bhi air a cur, thugadh breith gum b' fhearr don na Gaidhail fuireach

[MS gen 1363/148]

nan tír fein. An sin chaidh a cheist a leanas a chuir an leth mar steigh chonnspaid air chuir na h' ath chodhail. Am bheil dibhe laider na buannachd no na call don righ'chd!

Aonghas Maclomhair, _____ Connul, Domhnul Mac Cug, gu bheil i na buannachd.

Uistean Domhnullach, Alasdair Beatun gu bheil i na milleadh don duthaich.

Tha na foghlumichean a leanas gu bhi air an taghadh nam buill don Chomun:
Domhnul MacCug, Seumas MacGhilleMhaoil, Iain MacGrigair, Uistean Domhnullach, Maighstir Raibeart MacPharlain ri bhi anns a chathair.

Iain Mac na Cearda, R.C re seal

Mionaid III

Ann an Oilthigh Ghlaschu air 3 la de'n darna mios anns a bhliadhna 1847.¹⁴⁸ Choinnich an Comunn Oisianach agus air do Mhaighistir Raibeart MacPharlain suidhe 's a chathair, dh' eirich Mr Domhnull MacCug a nochdadh gu'm bu mhor buannachd do'n rioghachd gu am biodhte 'deanamh dibhe laidir agus 'ga cleachda le muinntir na tìre. Dh' eirich Uistean Conullach 'na aghadh, a leigeadh ris nach buannachd ach trom-chall a bh' ann do'n rioghachd agus sgrios do shluagh na dùcha. Labhradh le uaislean eile air gach taobh agus dhearbhadh iad uile nach do leig iad cainnt bhinnfhoclach fhileanta nam beann air dio-chuimhn'. Chuireach a cheist bho'n chathair ris a chuideachda agus thug iad breith "Gur buannachd do'n Rioghachd a bhi 'deanamh dibhe laidir. Thaghadh na uaislean mar

¹⁴⁵ còmhdhail

¹⁴⁶ 27mh dhan Fhaoilleach 1847

¹⁴⁷ Chan eil fhacal seo soilleir – dòruinn?

¹⁴⁸ 3mh dhan Ghearran 1847

bhallaibh de'n Chomunn a chuireadh sìos an ainmeanaibh air an oei che ma dheireadh agus dh' ainmicheadh Seumas MacPhàidein, Nial Mac a Phearsain,

[MS gen 1363/149]

Caiptein _____ mac a Bhreitheamh gu bhi ri thaghadh air an ath chomdhail. Chuireadh ris a chuideachda le Domhnull MacPharlain agus dh' aontaicheadh leis gu n deante air an ath oei che coinneamh an aite na conspaideachd, sgeulachd, eachdraidh, dànachd agus òraidean a labhairt le uaislean sam bith a ghabhadh fos laimhe e agus dh' ainmicheadh iad seo air a shon sin. Béatanach, oraid. Tearlach Caimbeul, sgeul. Domhnull MacPharlain, sgéul, Eoghan MacGhilleain, danachd.

Eoghan MacGhilleain, F.D.

Mionaid IV.

Chruinnich an Comunn ann an Oilthigh Ghlaschu air an t-seachdamh deicheadh la' deug de'n dara mìos,¹⁴⁹ Maighstir Iain Mac na Cearda ann s a chathair. Leughadh oraid air creideamh le Maighstir Béatan a rinn moran onarach dhasan, agus thugadh seachad sgéul air Bonoparte le Mr Tearlach Caimbeul, Sgéul deaschainnteach air réul-iuileachd le Mr Domhnull MacPharlain agus a thug fìor thoileachadh do'n chuideachd agus chanadh rannaibh bardachd le Eoghan MacGhilleain. Thaghadh airson na h-ath choinneamh mar cheist "Am còir bàis a dhioladh mar dhuais do neach sam bith an éirig aon chionta' tha na chomas a chur an gnìomh",

Fir tagraidh airson bàis

Mr Beaton
Mr Maclomhair
Mr Roibeart MacPharlain

An aigh bàis

Mr MacDhòmhnail
Mr MacCaog
Mr Tearlach Caimbeul

agus dh' ainmicheadh chum an taghadh mar bhallaibh, Tearlach Caimbeul, Alasdair Mac an t-Saoir agus

[MS gen 1363/150]

Iain MacEachran. Dh' ainmicheadh mar fhear cathrach airson na h-ath choinneamh Domhnull Caimbeul.

Eoghan MacGhilleain, R.C.

Mionaid V.

Oil-taigh Ghlaschu, an seachdamh la' deug de'n dara mìos,¹⁵⁰ Coinneamh a Chomuinn Oisseannaich. Maighstir Domhnull Caimbeul anns a chathair. Léughadh ceist na h-oei che agus dh' eiridh Maighstir Alasdair Béatan a dhearbhadh, gu'n robh bàs na pheanas freagarach do chiontaich. Dh' eirich Mr Domhnull MacCaog a chur na aghaidh. Mr Raibeart MacPharlain a chur le Mr Béatan, agus Mr

¹⁴⁹ 10mh dhan Ghearran 1847

¹⁵⁰ 17mh dhan Ghearran 1847

MacDhomhnuill na aghadh. Fhreagair a sin, Mr Béatan agus air do fhear na Chaithreach a cheist a chur, thugadh breith “nach bu choir bàs a dhìoladh an èirig cionta ’sam bith” le seachdnar an aghaidh seachdnar: agus le ath-ghuth fir na caithreach, ghiulaineadh a bhreith. An sin, chuireadh air leth Mr MacDhomhnuill a chum oraid a thoirt seachad air an ath-shuidhe, agus roghnaicheadh a cheist a chum deasboid “Am bheil e ceart do neach a thaobh naduir traillean a dheanadh do

[MS gen 1363/151]

Chomh-chréutairibh.”Gu labhairt, thaghadh air taobh:

“Nach coir”

Gur coir

Mr MacLachuinn
Mr Ruairi Mac Neacail
Mr Seumas Mac a Mhaoilein

Mr Calum Mac an t-Saoir
Mr Seumas Ruiseal
Mr Seumas MacPhaidein

agus Mr Eoghan MacGhilleain gu suidhea anns a chathair agus air taing mhoir a thoirt do’n uasal anns a chathair, sgaoil iad.

Eoghan MacGhilleain

Mionaid VI.

Choinnich an Comunn Oisceanach ann an Oilthigh Ghlaschu air an 24 la fichead de’n dara mìos,¹⁵¹ Mr MacGhilleain anns a chathair. Air do Mr MacDhomhnuill oraid ghasda ’leughadh, rinneadh ceist na coinneamh a thoirt fo ’n comhair le fear na caithreach: “Am beil no nach eil e ceart, traillean a dheanadh de’r comh-chreutairean.” Labhradh le Mr MacLachuinn gu sgairteil an aghaidh traillealachd agus labhair Mr Ruiseal air an taobh eile. Dh’ eiridh caochladh uaislean air gach taobh a nochd am beachd mu’n chuis ann am briathraibh freagarach agus thugadh breith leis a chuideachd “nach bu choir traillean a dheanadh de r comh chreutairean.” An sin chuir air leth airson na h-ath choinneamh, Mr Alasdair Mac an t-Saoir, Mr Mac Cug, Mr C. Mac an t-Saoir, agus Mr MacMhaoilein gu oraid agus sgeul

[MS gen 1363/152]

-achdan a thoirt seachad air an ath oieche. Chuireadh air leth Mr M’Dhonuill gu suidhe s a chathair aig an ath choinneamh.

E. MacGhilleain, R.C.

¹⁵¹ 24mh dhan Ghearran 1847

Mionaid VII

An treas la de'n Mhàrt¹⁵² ann an Oilthigh Ghlaschu – an Comunn Oissiannach cruinn - Mr MacDhomhuill anns a chathair, dh' éirich Mr Alasdair Mac an t-Saoir agus thug e seachad oraid urramach mu 'n t-Sabaid. Thug Mr MacCaog seachad seanchas gasda mu Washington agus dhiult Mr Calum Mac an t-Saoir labhair ach dh' éirich Mr Tearlach Caimbeul na àite – agus cha bu dhuilichinn gu 'n do dhiult Mr Mac an t-Saoir, fhuair sinn seanchas sonraichte mu Wallace bho Mr Caimbeul. 'N a dheigh sin roghnaicheadh airson na h-ath choinneamh a chum deasboireachd “Am math no cron ata 'n tombaca deanadh dhaibhsa ata 'g a ghabhail.

Son math
Mr Tearlach Caimbeul
Mr E MacGhilleain

Nach math
Mr Domhnull Mac Lachuinn
Mr Alasdair Mac an t-Saoir

Raghnaicheadh Mr Calum Mac an t-Saoir airson oraid a sgrìobhadh agus a leughadh air an ath oidhche. Thaghadh Mr MacCaog mar fhear-caithreach agus air taing a thoirt do Mr MacDhomhuill airson a ghiulain suairce anns a chathair, dh' eirich iad.

Eoghan MacGhilleain, R.C.

[MS gen 1363/153]

Mionaid VIII

Oilthigh Ghlaschu, an deiceamh la de'n Mhàrt¹⁵³ – an Comann Oissianach cruinn – Mr MacCaog anns a chathair. Ghairmeadh an t-ainm chlar aig deich mionaidean an déigh seachd uairean agus rinneadh ùmhladh a chur orrasan nach do fhreagair d'a 'n ainm. Mar an ceudna, ghairmeadh air Mr Calum Mac an t-Saoir airson na h-oraid a bha e ri sgrìobhadh a leughadh, ach cha d' thainig e 'lathair agus chaidh ùmhladh air a shon. Léughadh a cheist le fear na caithreach: “Am math no cron a ta 'n tombaca dean[a]dh dhaibhsan a ta 'g a gabhail” agus labhradh gu filleanta le Mr Tearlach Caimbeul a chumail amach gur feum mòr a bha 'n tombaca 'deanadh dhaibh. Dh' éirich Mr Conallach an àite Mhr. 'ic Lachuinn agus ann am briathraibh fosgarra, deaschainnteach, làidir, chùm e mach gur cron agus milleadh a bha e deanadh dhaibh. Labhradh le uaislean eile air gach taobh agus n' uair 'chuir fear na cath'rach a cheist ris a chuideachda, thug iad breith gur cron a bha'n tombaca 'deanadh dhaibhsan a bha 'g a ghabhail.

Dh' ainmaicheach agus thaghadh Mr Tearlach Caimbeul mar fhear – cath' reach airson na h-ath choinneamh – chomharraicheadh Mr Conallach airson oraid a sgrìobhadh agus a leughadh. Roghnaicheadh a cheist airson deasboireachd “Ciù ta coinneas an duine 'sruthadh bho'n nàdur, no bho chleachdadh, no iùnsachadh agus shònraicheadh gu labhairt air taobh:

Nàduir
Mr MacPharlain
Mr Béutanach
Mr MacDhomhnuill

Cleachdaidh no Iùnsachadh
Mr Caimbeul
Mr MacCaog
Mr MacBreith

¹⁵² 3^{mh} latha dhan Mhàrt 1847

¹⁵³ 10mh dhan Mhàrt 1847

Ann sin, dh' aontaich iad gu'n cruinnicheadh iad còmhla aig suipeir air oiech:eiginn mu'n sgaoileadh an seisein agus an deigh beagan ghnothaichean eile 'chur ceart, dhealaich iad.

Eoghan MacGhilleain, R.C

[MS gen 1363/154 - chan eil dad de sgrìobhadh air an duilleag seo]

[MS gen 1363/155]

Mionaid I., 1848-9

Ann an taigh seisein Eaglais Chalum Chille, 'an Glascho, air an 8mh la do mhios deireannach a gheamhruidh,¹⁵⁴ choinnich an Commun Oisceanach air a cheug uair sa bhliadha so. Nuair a bha 'lathair comhlan de dh' uaislean oga (oileanaich) aig am bheil an cridh lan do ghradh do dhuthaich, agus do chanain nam beann, a chum deasbad an[n]s a chanain sin, gu finealta, foghlumte, agus eolach mar abhaist don athraichean agus a bhuineas do chanain bhlada thir nam beann.

Chaidh a ghluasad le Eoghan MacGhilleain, agus air chuirte chul le Roibeart McPharlain, gun gabhadh Gilleaspuig Dughlasach a chathair. An sin labhradh le cuid don 'a buill a toirt misneach do chach a cheile gu dol air an aghaidh le reachd agus le sean agus le rian.

Na dheigh so chaidh an Comunn riaghluidh a leanas a thaghadh air son na bliadhna so, Gilleaspuig Dughlasach, Domhnull MacPharlain, Iain MacCearde, Domhnull MacPhaidein agus Roibeart MacPharlain, Eoghan Mac Ghilleain gu bhith air a chumail na Ruin Chleiricach urramach agus Roibeart MacPharlain gu bhith na ruin chleireach oibreachidh, agus na fhear gleidhidh an ionmhais. A ris, chaidh na h uaislean a leanas a thoirt air an aghaidh mar bhuill don Chomunn: Roibeart MacAonghas, Neall Mac an Leisteir, agus Uisdean Mac ih Phi a bha air an gabhail de miann a Chommuin.

[MS gen 1363/156]

Bha a nis ceisd air a cuir air leth airson na h' ath oidhche, am bheil, no nach eil buanachd a bhi deasboid na Gailic.

Domhnull Mac Pharlain agus Neal Mac an t-Saoir ag radh nach eil, Dhomhnull MacPhaidein agus Roibeart MacPharlain ag radh gu bheil. Domhnull MacLachunn gu bhi anns a chathair.

Roibeart McPharlain, R. Chl.

¹⁵⁴ 8mh dhan Fhaoilleach 1848

Mionaidh II - 1848

Ann an taigh seisein Eaglais Chillum Chille, an Glascho, air a choige la deug de mhios deireannach a gheamhruidh,¹⁵⁵ choinnich an Comunn Oissanach, Domhnall MacLachuinn sa chathair. Dheiridh a nis Roibeart M'Pharlain, a leigeadh ris am mor bhuannachd a bha g'eiridh mathadh o bhi ga deasboid, na dheigh san dh' eirich Niall M'ant'Saoir ag ragh nach robh agus Domhnall McPhadein ag radh nach robh buannachd sam bith ann a bhith deaspoid na Gailic. Dheirich a ris Roibeart McPharlain, a leigeadh ris am mor bhuannachd a bha g'eiridh mathadh o bhi ga deasboid, na dheigh san dheirich Niall M'ant'Saoir ag ragh nach robh agus Domhnall McPhaidein ag [radh] gu robh. Leanadh iad le uaislean eile air gach taobh gus na chuireadh a cheist on chaithair, agus thug iad uile breith gu 'm bu bhuannachd mhor a bhi a deasboid ma Gailic.

Chaidh an sin a cheist a leanas a chuir air leth airson na h' ath oieche: co dhiù as mo do mhath na do olc a sruthadh o bhardachd mhi-naomha.

Iain Mc Cuch agus Alexr MacAnt'Saoir ar taobh math, Domhnall McLachlunn agus Niall McAnt'Saoir as taobh eile. Callum McAnt'Saoir sa chathair

Roibeart Mc Pharlain, Run Chleireach.

N.B. Tha an teacs a' leum bho dheireadh mhionaid II (15/01/1848) gu teis mheadhan na treas mionaid (Mionaid III, Gearran 1849). A rèir choltais tha aona dhuilleag a dhìth ann an seo.

[MS gen 1363/157]

Alas[dai]r Mac An t'Saoir ann an caint laidir chalma, leanadh iad le uaislean eile. Thug iad uile deasbheachd gun do bhlaiss agus gun do dhith iad aran agus sithinn sliochd Oissian. Chaidh ansin a cheist a chuir o chathair. Thugadh breith nach bu choir lugh a ghraim (?¹⁵⁶) a thoirt air fol[b]h. Na dheigh so thug Mr Macleinn a taigh na litrichean, seachadh mion sgrudadh air co-shuidheachadh nam fuaimhneach agus nansnagan sa Ghaelic, gu sonraichte, i.y. agus E. rinn e so le sgile agus le eolas mor ann an caint fhinealta agus ro-fhreagarach.

Chaidh an sin a cheist a leanas a thag[h]adh airson no h ath oidhche. An coir no nach coir do Bhreatunn cuideachadh a thoirt do dh Iurin¹⁵⁷ an am bochdainn. Roibeart McPharlain agus Iain MacCuch ag radh nach coir. Niall Mac an t-Saoir agus Domhnall MacLachluinn gur coir. Ebenezer MacAlcorn a gu bhith sa chathair.

Raibeart MacPharlain, Ruin chleireach

¹⁵⁵ 15mh dhan Fhaoilleach 1848

¹⁵⁶ Lagh a' ghreum?

¹⁵⁷ ('Iurin') = Iùrin > Iùran > fiùran > fiurain = òigridh ? Tha e soilleir gur e an aibidil 'I' a th' aig tòiseach an fhacail air a leantainn le sia buillean (minims) anns na litrichean a leanas an 'I' tùsail.

Mionaid VI, 1849

Ann an taigh seisein Eaglais Chillum Chille an Glascho air an treas Iar Fich^{ad} de'n dara mìos,¹⁵⁸ choinnich an Commun Oissianach, Ebenezer M^cAbcorn sa chathair. Dheirich Roibeart MacPharlain agus Iain MacCuch a cumail a mach nach bu choir cuideachadh a thoirt do Iurain,¹⁵⁹ thugadh freagradh dhoibh le Niall MacAntSaoir agus Domhnall MacLachluinn. Leanadh iad le uaislean eile, dhearbhadh iad uile nach robh iad aineolach air lagh agus air coir an ducha. Chaidh a cheist a chuir fhar chathair. Thugadh breith nach bu choir.

Chaidh a cheist a leanas a thogadh airson na h' ath oidhche: am bheil no nach eil e chum math na rioghachd gun rachadh na Gaidheil air imrich. Eb^r. MaAbcorne, Callum Macantsaoir agus Domhnall MacLachluinn ag radh nach eil, Iain MacCuch, Niall Mac An t-Saoir agus Roibeart MacPharlain ag radh gu bheil. Iain MacDhomhnuill sa chathair.

Roibeart McPharlain, Ruin Chleireach

[MS gen 1363/158]

Mionaid VII, 1849

Ann an Taigh Seisein Eaglais Chillum Chille an Glaschu air an dara Iar de'n treas mìos,¹⁶⁰ choinnich an Commun Oisseanach, Iain Domhnallach sa chathair. Dheirich Domhnall MacLachluinn agus Callum MacAnt-saoir ag ràdh gum bh fhearr do na Gaidheil fantuinn aig an taigh. Thugadh freagradh dhoibh le Roibeart MacPharlain agus Iain McCuch a leagadh ris gun robh feum mor gun rachadh na Gaidheil air imrich. Leanadh iad le uaislean eile. Chaidh a cheist a chuir bhon chathair, thugadh breidh gum bu mhath do na Gaidheil falbh air imrich. Chaidh an sin a cheist a leanas a chuir as leth airson na h' ath oidhche. Co dhiu as mò a rinn: an claimhibh, no 'm peann do mhaith an t'saoghal.

Domhnall McPhadein agus MacLachluinn air taobh a chlainhibh. G[illea]sb[aig] Dughlasach agus Roibeart McPharlain air taobh a phinn. Domhnall MacLachluinn gu oraid a thabhairt airson an ath oidhche. Niall MacAntSaoir gu bhith sa chathair.

Roibeart McPharlain, Run chleireach

¹⁵⁸ 23mh dhan Ghearran 1849

¹⁵⁹ Iùran, iùrain; fiùrain, òigrìdh ?

¹⁶⁰ 2mh dhan Mhàrt 1849

Mionaid VIII, 1849

Ann an taigh session Eaglais Chillum Chille an Glascho air an naoinⁿ la de'n treas mìos,¹⁶¹ choinnich an Commun Oissianach, Niall M[ac]AntSaoir sa chathair. Thugadh seachad oraid air beantean losgeach, Bhesubhius le Mr McLachluinn. Dheirich Domh[nall] M[ac]Phaidein a[gus] McLachluinn air taobh a chlaimhibh, fhreagradh iad le Mr Dughlasach agus Ro[ibear]t McPharlain airson a phinn. Labhradh le uaislean eile, thugadh breith air taobh a chlaimhibh. Chaidh a cheist a leanas a chuir air leth airson na h' ath oidhche – co dhiu as mò a tha do bhuidh - aig Gaoil na [aig] urram air an duine. Iain McCuch agus M[ac] an Leisteir air taobh gaoil, Ala[sdai]r M[ac] an tSaoir, Iain Domhnullach air taobh urram.

Niall M[a]cantSaoir airson oraid – Domhnull MacPharluin sa chathair.

Ro[i]b[ear]t MacPharlain, Run Chleireach

[MS gen 1363/159]

Mionaid IX, 1849

Ann an taigh seisein Eaglais Chillum Chille an Glascho air an 15^{mh} den 3^a mìos,¹⁶² choinnich an Commun Osseanach, Domhnull MacPhadein sa chathair. Thugadh seachad oraid air a Chommun Oisseanach le Nial MacantSaoir. Dheirich Iain MacCuch, Niall McAntSaoir agus Roibeart McPharlain a cumail a mach gum bu mho a tha do bhuidh aig gaoil air an duine. Fhreagradh iad le Domhnall MacPharlain MacPharlan (sic) agus Callum McAntSaoir agus aig radh gum bu mho a bha do bhuidh aig urram. Chaidh a cheist a chuir, thugadh breith gum bu mho a bha aig urram do bhuidh air an duine. Chaidh an sin a cheist a leanas a chuir as leth airson na h' ath oidhche. Co dhiu as mo do mhath a tha tuathanachd no malairt a deanamh don duthaich. Domhnull M[ac]Lachluinn agus MacPharlain air taobh tuathanachd, Niall agus Callum McAntSaoir ar taobh malairt. Domhnull McPhadein gu oraid a thoirt, Iain Domhnullach gu bhith sa chathair, labhrach an sin mo thiomchioll a choinnibh bhliadhnail a bha gu bhi, chaidh Commun riaghlaidh a chur er leth airson a faotainn an ordugh. Niall McAntSaoir, Domhnull McPhaidein agus Ro[i]bea]rt M[ac]Pharlain. A choinnibh gu bhi air 22^{ead} de'n treas mìos.

Robt. McPharlain, Run chleireach

¹⁶¹ 9mh dhan Mhàrt 1849

¹⁶² 23mh dhan Mhàrt 1849

Mionaid X., 1849

Ann an taigh seissein Eaglais Chillum Chille, Glascho, air 23rd den 3^{as} mìos, choinnich an Commun Oisceanach, Iain Domhnullach sa chathair. Thug Donchadh McPhaden comhradh gasda seachad mar oraid dhuin, [Dh'èirich] Domhnull McLachluinn agus McPhaidein agus Ro[ib]eart air taobh tuathanachd. Dheirich Niall agus Callum McAn tSaoir ar taobh malairt. Labhair iad uile le eolas mor, thugadh breith gum bu mhò a rinn tuathanachd. Chaidh a cheist a leanas a chuir air leth airson na h'ath oidhche: "Co aca as fearr mar choimhearsnach, an droch dhuine a ni naill as a dhroch dheanadas, no an duine a cheileas e?"

G[il]l[a]s[puig]. Dughlas[ach] agus Seumas Ruisseal ar taobh an neach a cheileas e. Iain McCuch agus Domhnullach air taobh an neach a ni uail[l]. Iain Domhnullach gu oraid a thoirt. Callum McAntSaoir sa chathair.

Roibeart MacPharlain, Run Chleireach

Mionaid XI, 1849

Ann an taigh Seissean Eaglais Chillum Chille an Glascho, air 30^{eas}, 3^{eas} mìos¹⁶³ choinnich an Commun Oisceanach,. Callum McAnt'Saoir sa chathair. Thug Mr Domhnullach seachaid oraid athanabarach freagarach. Dheirich Gil[lea]s[puig] Dughlas[ach], Seumas Ruisseal, agus Domhnull McLachluinn, a t' agradh air taobh an droch dhuinne a chealas a chionnta, thugadh freagradh dhoibh le Iain McCuch, Domhnullach agus Roibeart McPharlain air taobh an duine a ni uail. Chaidh a cheist a chuir air a chathair. Thugadh breith gum fhearr mar choimhearsnach an duine a a (sic) ni uail a dhroch dheanadas. Do bhrìgh gum be so an oidhche mo dheireadh air a bhliadhna so, chuireadh air leth an truir a leanas chum an Comunn a ghairm air an ath bhliadhna, cho luath sa dhosgladh an t' oilthigh. Domhnull McPhadein, Niall McAn tSaoir agus Roibeart McPharlain. Chaidh mar an ceudna, a chuir air leth gu labhairt ris an Dr McLeod a chum agus gun sgrìobhadh earan gu ard cheannard a Chommun, Marchas Dhughlais, gu beagan airgid fhaotainn airson leabhar lann don Chommun airson an suim chaidh duais a dhearbhuinn leis an Dr McLeod airson na trì oraidean a fhearr ni _____; 2£, 2s.; 1£, 3s; 1£, gu bhith air an tabhairt a stigh nuair a thigeadh [an] Coman[n] ar ais.

Robt McPharlain R.Ch.

¹⁶³ 30mh dhan Mhàrt 1849

[MS gen 1363/160]

Ballaibh a Chomuinn mar a thugadh air an 11^m an 6 mìos, 1845

Iain Sobieski Stiubhart, B.U.
Tearlach Iomhair Stiubhart, B.U.
Séumas Rothach, B.U.
Baintighearna Choiremhonaidh, B.U.
Donncha Dughallach . 2:6
Callum Mac an t-Saoir 2:6

An 22^d an 9^{mh} mìos 1845

Domhnull MacGhillemhìcheil 2: 6
Somhairle MacChalmain 2: 6
Donncha MacGriogair
Roibeart MacGhilleain
Uilleam Caimbeul
Domhnull Stiubhart... 2: 6
Gilleaspuig Dughlasach
Gilleaspuig Mac na Ceirde 2: 6

An 1^d mhios, an 28^a, 1846

Domhnall MacGriogair
Roibeart Mac na Ceirde
Seumas Meinnearach
Cailein MacChoinnich
Domhnull MacChoinnich
Eoghan MacGhillebhrà
Donncha Mac na Ceirde 2: 6
Iain Mac Pharlain (ministeir)
Aonghas MacChalmain

5^{mh} de'n 1^d mhios 1846

Domhnull MacLachluinn
Dùghall MacGhillios
Uilleam Mac a Chléirich
Donncha¹⁶⁴ Mac Aonghais
Séumas Mac Ghillepadruig
Déorsa Mac Chorcadail

¹⁶⁴ Seo air a sgrìobhadh le làmh eile ann am peansail (seach ince mar an còrr) an dèidh làimh.

Iain Caimbeul
Aonghas Mac an Aba
Alasdair Roibeastan
Domhnall Mac Chollach (an t-Urramach)
Donnchadh (?) MacGhilleain (an t-Urramach)